

Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan Buidheann VisitScotland

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021

Prìomh naidheachd

Tabhartasan Taic




18 maoinean air an òbair
le luach iomlan de
còrr is £77 millean

5,197
iarrtasan air am faighinn



Fhuair còrr is
3,850
gnìomhachasan taic

230
Luchd-obrach air an
glusad gu obair air na
maoinean



Conaltradh gnìomhachais

1.4 millean
seallaidhean air susbaint
mu COVID-19

13,000
70 cuairt-litir-D air an cur gu
gnìomhachas

Gnìomhachas



6.6 millean
Com-pàirteachadh Twitter

Còrr is 8,000

Gnìomhachasan air clàradh airson

Sgeama

Deiseil

Is

Deònach



246
postaichean-bloga air an
cur air LinkedIn



Clàr-innse

Ro-ràdh a' Chathraiche	5
Aithris an Àrd-oifigeir	7
Cùl-fhiosrachadh reachdail	9
Prìomh amasan, ceistean agus cunnartan ro-innleachdail	10
Freagairt ri COVID-19	11

A' TOGAIL BRANND DHAN ÀITE A BHIOS A RÈIR MIANNAN AN LUCHD-TADHAIL

A' togail brannd dhan àite a bhios a rèir miannan an luchd-tadhail	22
A' tasgadh ann an coimhearsnachdan turasachd agus tachartasan na h-Alba	34
A' furastachadh tionnsgalachd agus a' gabhail ri atharrachadh ann an eaconamaidh didseatach eadar-nàiseanta	46
VisitScotland a' cur chùisean an comas: math gu fìor mhath gu ìre an t-saoghail	52
Farpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne 2023	56
Prìomh Chomharran Coileanaidh	60
Prìomh amas poileasaidh	62
So-sheasmhachd	66
Suidheachadh Ionmhasail	68

AITHISG CUNNTACHALACHD

Aithisg Cunntachalachd	72
Am Bòrd	74
Aithris air Riaghladh	76
Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach	83
Aithisg Cunntachalachd Phàrlamaideach	90

AITHRISÈAN IONMHAIS

Aithris air caiteachas lom iomlan VisitScotland agus na Buidhne airson na bliadhna gu 31 Màrt 2021	96
Aithisg air suidheachadh ionmhais VisitScotland agus na Buidhne air 31 Màrt 2021	97
Aithris air sruth-airgid VisitScotland agus na Buidhne airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021	98
Aithris aig VisitScotland agus na Buidhne air atharraichean ann an earrainnean luchd-pàighidh chisean airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021	99
Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail	100

Ro-ràdh a' Chathraiche



Am Fìor Urr. Morair Inbhir Theòrsa

Tro dhùbhlain a' ghalair lèir-sgaoilte, tha cothrom mòr ann cuideachd turasachd ath-shuidheachadh, a bhith a' togail air ais nas uaine agus nas cunntachaile .

Chan eil teagamh sam bith ann nach eil an aithisg bhliadhnail seo mun àm as neo-àbhaistiche sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, agus gun robh buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte air turasachd agus tachartasan fìor dhona.

Tha e na dhearbhadh air tapachd a' ghnìomhachais, taic nan riaghaltasan, agus soirbheachas saidheans meidigeach an latha an-diugh gun robh banachdaichean againn ro dheireadh na bliadhna agus gun robh sinn a' gabhail cheumnan beaga a dh'ionnsaigh ath-bheothachadh.

Tha an ceannas a sheall VisitScotland tro na 12 mìosan doirbhe seo air a bhith ro-chudromach ann a bhith a' cuideachadh a' ghnìomhachais gus ullachadh airson an àm ri teachd.

A dh'aindeoin nan duilgheadasan a bha mu ar coinneamh, agus nan dùbhlain fìor phearsanta a tha an lùib a' ghalair lèir-sgaoilte, tha Alba fhathast na ceann-uidhe a tha am measg nan ciad roghainnean do mhòran de luchd-tadhail eadar-nàiseanta agus dachaigheil.

Tha seo na dhearbhadh air cho mòr 's a bha oidhirpean ghnìomhachasan agus bhuidhnean air feadh na h-Alba, a tha air a bhith ag obair gu cruaidh gus ar bathar a chumail tarraingeach agus gus ùidh an luchd-amais againn a chumail.

Tha VisitScotland air àite mar phrìomh bhuidheann turasachd nàiseanta a ghlèidheadh: a' toirt stiùireadh agus taic do ghnòthachasan thairis air an eaconamaidh luchd-tadhail gu lèir; a' brosnachadh iarrtas airson siubhal a dh'Alba nuair a bha e sàbhailte sin a dhèanamh; a bharrachd air a bhith ag adhartachadh ar n-obair air turasachd cunntachail, a' daingneachadh ar dealas a bhith air thoiseach air càch san t-saoghal ann an turasachd sheasmhach.

Rè a' ghalair lèir-sgaoilte, fhreagair VisitScotland gu h-èifeachdach ri atharrachadh ann an cuingealachaidhean siubhail.

Chuir sgiobaidhean margaidheachd fòcas air a bhith a' cumail Alba air aire dhaoine a dh'fhaodadh a thighinn a dh'Alba san àm ri teachd, gar cuideachadh a bhith air thoiseach air cinn-uidhe eile nuair a bhios e nas fhasa siubhal a-rithist.

Tha fios againn gu bheil iarrtas làidir ann airson siubhal eadar-nàiseanta agus gu bheil ùidh a' sìor fhàs ann an turasachd chunntachail air a stiùireadh le luachan – agus tha Alba ann an deagh shuidheachadh airson feum a dhèanamh den dà rud seo.

Tro dhùbhlain a' ghalair lèir-sgaoilte, tha cothrom mòr ann cuideachd turasachd ath-thòiseachadh, a bhith a' togail air ais nas uaine agus nas cunntachaile.

Tha mi air leth toilichte gur e VisitScotland a' chiad bhuidheann turasachd nàiseanta a ghabh anns a' ghluasad Turasachd ag Ainmeachadh Èiginn Gnàth-shìde, anns an t-Samhain 2020, bliadhna ro cho-labhairt atharrachadh gnàth-shìde COP26 ann an Glaschu, a tha a' cur turasachd chunntachail, sheasmhach a chuidicheas coimhearsnachdan agus soirbheachadh aig cridhe ath-bheothachaidh.

Tha seo a' co-thaobhadh gu math ri ro-innleachd nàiseanta na turasachd Outlook 2030 agus targaid Riaghaltas na h-Alba gus cothromachadh carboin a ruighinn ro 2045.

Tha luchd-cleachdaidh cuideachd a' sìor fhàs mothachail air an fheum air siubhal ann an dòigh nas cùramaiche agus tha VisitScotland a' togail bunait airson seo tro bhith a' brosnachadh cleachdaidhean turasachd agus tachartasan gnìomhachais cunntachail.

A dh'aindeoin duilgheadasan, tha ùr-ghnàthachadh air leantainn, le adhartas didseatach a' tachairt nas luaithe do mhòran gnìomhachasan mar thoradh air a' ghalair lèir-sgaoilte.

Dh'atharraich gnìomhachas nan tachartasan gus taisbeanaidhean air-loidhne a libhrigeadh, a' comharrachadh Alba mar “an t-Àrd-ùrlar as fheàrr” airson tachartasan an dà chuid gu bhiortail agus gu pearsanta, agus bha gnìomhachasan turasachd a' co-roinn nan eòlasan aca aig ìre na cruinne air-loidhne.

Bidh seo gar cur ann an deagh shuidheachadh nuair a dh'ath-bheothaicheas turasachd eadar-nàiseanta agus prìomh thachartasan a-rithist, a' dèanamh cinnteach gu bheil Alba fhathast air mullach liostaichean 'feumar tadhal' air feadh an t-saoghail. Cuidichidh na

chaidh ionnsachadh bho bhith a' cumail thachartasan bhiortail rè a' ghalair lèir-sgaoilte an gnìomhachas ann an Alba gus an làthaireachd air-loidhne aca a thogail agus gus ar cuideachadh le bhith a' cumail an t-seòrsa taisbeanaidh seo san àm ri teachd.

Tha sinn airson co-obrachadh a bhrosnachadh, ùr-ghnàthachadh didseatach a stiùireadh, sgìrean agus tachartasan ionadail a chur air adhart, agus airson dèanamh cinnteach gu bheil turasachd air aithneachadh airson na buaidh adhartach a bheir e air Alba.

Tha ullachadh a' dol air adhart airson Farpaisean Rothaireachd na Cruinne UCI 2023, far am bi an luchd-rothair as motha san t-saoghal a' tighinn còmhla air feadh na h-Alba airson farpais aig an ìre as àirde ann an 13 co-fharpaisean.

Ach a bharrachd air sin. Tha na Farpaisean a rèir na lèirsinn againn de sheasmhachd san àm ri teachd agus a' tabhann fìor chothrom a bhith a' taisbeanadh mar a dh'fhaodas turasachd agus tachartasan a bhith nam meadhanan airson atharrachadh adhartach.

Tha e na amas aig na Farpaisean atharrachadh giùlain a chur air adhart air feadh na h-Alba bhon àm seo fhèin gu fada às dèidh an tachartais. Cruthaichidh seo d'ileab, a' taisbeanadh cumhachd a' bhaidhc gus deagh bhuaidh a thoirt air an àrainneachd agus air slàinte is sunnd nan coimhearsnachdan againn.

Tha turasachd agus tachartasan nan nithean adhartach, a' cur ri cuideachadh choimhearsnachdan agus soirbheachadh, a' cur ri soirbheachas eaconamach agus ag obair gus Alba a dhèanamh na ceann-uidhe airson turasachd chunntachail. Bidh oidhirp leantainneach agus ath-leumachd a dhìth bhon a h-uile duine againn sa ghnìomhachas gus dèanamh cinnteach gun urrainn dha ath-thogail.

Tha neartan a' gnìomhachais agus aig Alba mar cheann-uidhe fhathast againn.

Chan eil teagamh sam bith ann nach eil daoine aig cridhe turasachd agus tachartasan agus bu mhath leam na stiùirichean agus an luchd-obrach air fad a mholadh a tha air a bhith ag obair gu cruaidh anns na h-amannan doirbhe seo.

Tha luchd-obrach VisitScotland air a bhith sùbailte agus tapaidh mu choinneamh dhùbhlain mòra agus a' leantainn air adhart le bhith a' stiùireadh na lèirsinn gun tèid aithneachadh gu bheil turasachd na h-Alba aig ìre an t-saoghail.

Mu dheireadh, tha mi taingeil airson taic agus gnìomhan mo choobraichean air a' Bhòrd agus bu toil leam taing a thoirt dhaibh uile airson an cuid dealais agus an comhairle ghlic. Còmhla ri mo choobraichean air a' Bhòrd bu mhath leam cuideachd taing a thoirt do Mhalcolm Roughead agus dhan sgioba-stiùiridh airson an cuid obair chruaidh agus an dìchill tron bhliadhna dhùbhlaich seo.

Aithris an Àrd-oifigeir



Malcolm Roughead OBE

Rud a dh'fhàs gu math soilleir tràth, 's e gun robh feum air freagairt èifeachdach agus tha an aithisg bhliadhnail againn am-bliadhna a' sealltainn mar a thug VisitScotland làn chruth-atharrachadh air obair agus dèanamh cinnteach gum maireadh an gnìomhachas.

Tha a' bhliadhna a chaidh seachad air a bhith eu-coltach ri bliadhna sam bith eile air chuimhne; thòisich i le gnìomhachas na turasachd is nan tachartasan cha mhòr dùinte, rud a thug fìor dhroch bhuaidh, agus fiù 's nuair a bha e comasach do ghnìomhachasan a bhith fosgailte a-rithist fo chuingealachaidhean sònraichte, tha soirbheas an ath-bheothachaidh air a bhith measgaichte.

Rud a dh'fhàs gu math soilleir tràth, 's e gun robh feum air freagairt èifeachdach agus tha an aithisg bhliadhnail againn am-bliadhna a' sealltainn mar a thug VisitScotland làn chruth-atharrachadh air obair agus dèanamh cinnteach gum maireadh an gnìomhachas.

Fhad 's a lean obair ann an raointean gus taic a thoirt do na ceithir colbhan ro-innleachdail againn, chuir sinn mòran den fhòcas againn gu sònraichte air freagairt dhan ghalair lèir-sgaoilte.

Thairis air a' bhliadhna, ghluais VisitScotland bho bhith na bhuidheann margaidheachd sa mhòr-chuid, gu buidheann taic-airgid is gnìomhachais, a' riarachadh airgead agus a bhith na stòr comhairle deatamach do ghnìomhachas.

Gus seo a dhèanamh, bha oidhirp mhòr ann a bhith ag ath-shuidheachadh luchd-obrach agus ag ath-chuimseachadh oidhirpean. Bha feum air co-obrachadh dlùth le ar com-pàirtichean agus Riaghaltas na h-Alba. Agus bha feum air conaltradh èifeachdach le gnìomhachasan.

Chleachd sinn na com-pàirteachasan agus dòighean conaltraidh againn gus taic a chumail ris a' ghnìomhachas agus thar na bliadhna a dh'fhalbh tha sinn air taic nach fhacas riamh roimhe a lìbhrigeadh - £50 millean do 3,850 gnìomhachas agus buidheann air feadh roinn na turasachd is nan tachartasan.

Chaidh am maoinachadh deatamach seo a lìbhrigeadh cho luath 's a ghabhadh gus an gnìomhachas a chuideachadh gus cumail a' dol.

Feumar moladh mòr a thoirt do luchd-obrach VisitScotland a chruthaich na maoinan, a chuir air-loidhne iad, a rinn dreuchdan eadar-dhealaichte sa bhliadhna a dh'fhalbh gus cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh nam maoinan sin - tha pàirt chudromach air a bhith aca ann a bhith a' dìon obraichean agus a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan roinn ath-bheothachadh agus ath-nuadhachadh.

Mo thaing cuideachd dhan fheadhainn a chùim gnìomhachas a' dol mar as àbhaist agus feadhainn eile a chaidh a chur gu obair eile agus dhaibhsan a bha deatamach gus ar gluasad gu obair air-astar.

A bharrachd air taic gnìomhachais, lìbhrig sinn comhairle cuideachd, a' cleachdadh na làraich-lìn corporra mar thùs fiosrachaidh dhan gnìomhachas. Chuidich sin gnìomhachasan gus tuigsinn na bha stiùireadh Riaghaltas na h-Alba a' ciallachadh agus dè a' bhuaidh a bhiodh aige air an obair aca.

Tha sinn air obrachadh còmhla ri grunn bhuidhnean gus freagairt a' ghnìomhachais dhan ghalar lèir-sgaoilte a dhèanamh nas fhasa le bhith nar cathraiche air Buidheann Freagairt Èiginn Turasachd na h-Alba (*Scottish Tourism Emergency Response Group* - STERG). Leig am fòram seo le buidhnean san roinn a bhith cho ceangailte 's a ghabhas ris an fhreagairt againn do COVID-19 ach thug e cuideachd àrd-ùrlar dhuinn gus an cluinneadh ministearan mu na ceistean mur coinneamh.


Chaidh Buidheann Comhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan (*Events Industry Advisory Group* - EIAG) a stèidheachadh cuideachd gus roinn nan tachartasan is nam fèisean a riochdachadh às dèidh buaidh sgriosail a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19 gus guth co-òrdanaichte a thoirt seachad tron phlanadh airson freagairt is ath-bheothachadh nàiseanta.

Thug am-bliadhna cothrom dhuinn cuideachd ar n-oidhirpean ath-chuimseachadh air turasachd agus tachartasan a tha air an stiùireadh le luachan agus sinn air feuchainn ri prìomhachas a thoirt do ath-bheothachadh gnìomhachais ann an dòigh chiallach. Tha coimhearsnachdan agus bòidhchead nàdarraich na dùthcha nan stòrasan ro-chudromach do bhrann na h-Alba a tha ainmeil air feadh an t-saoghail agus bu chòir dhaibh buannachd fhaighinn bho turasachd an àite turasachd a bhith a' toirt droch bhuaidh orra. Tha ar n-obair air stiùireadh luchd-tadhail agus turasachd chunntachail air luathachadh thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, aon rud math a tha air tachairt ann am bliadhna a bha air leth dona dhan gnìomhachas againn.

Aon rud a tha an galar lèir-sgaoilte air sealltainn, 's e dìreach cho cudromach 's a tha an eaconamaidh luchd-tadhail ann a bhith a' cumail taic ri coimhearsnachdan agus bith-beò ri daoine; tha turasachd a' toirt buaidh fharsaing a tha a' cumail suas gnìomhachasan eile agus a' cumail taic ri daoine. Thog e cuideachd aire air cho cudromach 's a tha turasachd a thaobh sunnd, le faisg air cairteal de dhaoine às an RA agus Èirinn a' gabhail saor-làithean ann an Alba ann an 2020 gu sònraichte gus an slàinte-inntinn a dhìon bho bhuaidh COVID-19.

Bheir ath-bheothachadh grunn bhliadhnaichean de dh'obair. Tha raointean den gnìomhachas, gu sònraichte ann an tachartasan, nach robh comasach air obrachadh idir rè a' ghalair lèir-sgaoilte gu ruige seo. Cha ruig sinn na h-ìrean luach ron ghalar lèir-sgaoilte sa bhad. Sin as coireach gum bi co-obrachadh leantainneach agus obair a dh'ionnsaigh ath-bheothachadh còmhla cho cudromach 's a bha e a-riamh anns a' bhliadhna a tha romhainn agus nas fhaide air adhart.

Cùl-fhiosrachadh reachdail



Tha VisitScotland a' toirt taic ri miann a' ghnìomhachais airson 2030 gum bi Alba air thoiseach air càch ann an turasachd san 21mh linn.

CÙL-FHIOSRACHADH REACHDAIL

Chaidh VisitScotland a stèidheachadh an toiseach mar Bhòrd Turasachd na h-Alba fo Achd Leasachadh na Turasachd 1969. Dh'atharraich Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006 ainm Bòrd Turasachd na h-Alba gu foirmeil gu VisitScotland. Fo Achd 1969, b' e prìomh obair VisitScotland muinntir Bhreatainn a bhrosnachadh gus tadhal air Alba, agus saor-làithean a ghabhail ann an Alba, agus comhairle a thoirt dhan Rìghaltas agus do bhuidhnean poblach air cùisean co-cheangailte ri turasachd ann an Alba. Tha Achd na Turasachd (Brosnachadh Thall Thairis) (Alba) 1984 a' toirt ùghdarras do VisitScotland Alba a mhargaidheachd thall thairis.

Tha prìomh oifis VisitScotland ann an Dùn Èideann, agus tha lìonra de dh'ionadan iCentre VisitScotland agus oifisean ionadail air feadh na dùthcha cuideachd.

Prìomh amasan, ceistean agus cunnartan ro-innleachdail

'S e prìomh adhbhar VisitScotland, mar a tha air a mhìneachadh sa Phlana Chorporra, a bhith a' libhrigeadh fàs seasmach is in-ghabhalach air feadh na h-Alba. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh pàirt chudromach againn ann a bhith a' libhrigeadh àrd-amas coitcheann a' ghnìomhachais mar a tha air a mhìneachadh ann an Turasachd Alba 2020 de bhith a' fàs teachd-a-steach na turasachd le £1bn ro 2020 bho bhun-loidhne de £ 4.5bn.

Gus ar prìomh adhbhar a libhrigeadh, ghabh VisitScotland ris na colbhan ro-innleachdail a leanas airson 2020/21:

- Colbh 1 - A' togail brandd dhan àite a bhios a rèir miannan an luchd-tadhail
- Colbh 2 - A' tasgadh ann an coimhearsnachdan turasachd agus tachartasan na h-Alba
- Colbh 3 - A' furastachadh tionnsgalachd agus a' gabhail ri atharrachadh ann an eaconamaidh dhìdseatach eadar-nàiseanta
- Colbh 4 - A' cur an comas math gu fìor mhath gu ìre an t-saoghail

Tha na ro-innleachdan mar fhrèam airson nam modhan tomhais coileanaidh agus airson an fhrèam-obrach stiùireadh cunnairt againn (td 78-80).

Tha na prìomh chunnartan ro-innleachdail airson VisitScotland air am mìneachadh air taobhan-duilleig 79-80. A' coimhead air adhart, feumaidh VisitScotland cuideachd beachdachadh air na cùisean a leanas:

- mar as urrainn do VisitScotland taic a thoirt dhan ghnìomhachas gus faighinn seachad air buaidh Covid-19
- mar a nì a' bhuidheann cinnteach gu bheil dealas ann do Phrògram na Turasachd Cunntachail
- mar a chumas e taic èifeachdach ri, agus mar a bhios com-pàirteachas aige le, gnìomhachasan turasachd
- mar a nì e am feum as motha de theicneòlas didseatach a chùim leas gnìomhachas na turasachd ann a bhith a' libhrigeadh buannachd eaconamach is coimhearsnachd san fharsaingeachd

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol (taobh-duilleig 71)

Ann a bhith a' libhrigeadh nan ro-innleachdan againn tha sinn air cur ri libhrigeadh nan ceithir colbhan a tha air am mìneachadh ann an Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba gu h-ìosal:



TASGADH

- Càileachd is Seasmhachd
- Frèama Leasachaidh Nàiseanta na Turasachd
- Air a stiùireadh le dàta



ÙR-GHNÀTHACHADH

- Com-pàirteachasan margaideachd
- Didseatach / dàta
- Plana feòrachaidh
- Ro-innleachd nam meadhanan sòisealta
- Prògram Coimhearsnachd



EADAR-NÀISEANTACHD

- Càileachd is Seasmhachd
- Frèama Leasachaidh Nàiseanta na Turasachd
- Air a stiùireadh le dàta



FÀS IN-GHABHALACH

- Turasachd shòruigsinneach
- Turasachd shòisealta
- Prògram Nàiseanta nan Tachartasan

Freagairt ri COVID-19

Thòisich freagairt VisitScotland ri COVID-19 cho luath 's a dh'fhàs a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith aig a' bhòras soilleir agus chan eil obair air stad gus taic a thoirt do ghnìomhachas turasachd is thachartasan na h-Alba gus dèiligeadh ris an èiginn bhon uair sin.

Leis gu bheil dùbhlain mhòra air a bhith aig gnìomhachasan a thaobh atharrachadh bacaidhean a' ghlasadh-sluaigh, tha VisitScotland air taic, ceannardas agus stiùireadh a thoirt seachad tron àm air fad. Mar as còir, tha a' bhuidheann air a ghnìomhachdan atharrachadh agus chaidh mòran luchd-obrach ath-shuidheachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ar freagairt dhan èiginn air dèiligeadh ri feumalachdan gnìomhachas turasachd is thachartasan na h-Alba aig a h-uile ceum den t-slighe.

Tha a' chiad earrann seo den Aithisg Bhliadhnail againn a' toirt sealladh farsaing den fhreagairt agus de na gnìomhachdan againn co-cheangailte ri COVID-19. Tha gnìomhachd eile a tha co-cheangailte ris na colbhan ro-innleachdail againn a' leantainn san aithisg seo, ach mar thoradh air tachartasan air leth 2020-21, bha cha mhòr a h-uile pìos obrach am-bliadhna ceangailte ann an dòigh air choreigin ri COVID-19

BUIDHEANN FREAGAIRT ÈGINN TURASACHD NA H-ALBA (STERG)

Bho mheadhan a' Mhàirt 2020, tha VisitScotland air a bhith na chathraiche air coinneamhan seachdaineil STERG, buidheann air a dèanamh suas de riochdairean bho na trì Buidhnean Iomairt – Iomairt na h-Alba (SE), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) agus Iomairt Ceann a Deas na h-Alba (SoSE) - COSLA, Leasachadh Sgìlean na h-Alba (SDS), Caidreachas Turasachd na h-Alba (STA), agus Sgioba Turasachd Riaghaltas na h-Alba. Is e dleasan na buidhne freagairt COVID-19 nam prìomh bhuidhnean poblach a tha an sàs ann an turasachd a cho-òrdanachadh; fòram a thoirt seachad airson cruinneachadh, co-roinn, anailis agus sgaoileadh fiosrachaidh co-cheangailte ri buaidh COVID-19 air turasachd na h-Alba; agus a bhith mar an aon thùs conaltraidh ùghdarrasail airson gnìomhachas turasachd na h-Alba a thaobh COVID-19.

Thar na bliadhna tha a' bhuidheann air plana gnìomh iomlanach a chumail le fòcas air na ceithir A-an – Ath-fhreagairt, Ath-shuidheachadh, Ath-thòiseachadh, Ath-bheothachadh. Tha e air trì sgrùdaidhean rannsachaidh gnìomhachais a bharantachadh, gu ìre mhòr tro VisitScotland; air comhairle agus taic a thoirt do chòrr is 5,000 gnìomhachas, rianaich e còrr is 20 maoin eadar-dhealaichte airson a' ghnìomhachais; thug e buaidh air susbaint Mapa-slighe ath-fhosgladh an Riaghaltais agus stiùireadh turasachd is aoiigeachd; cho-òrdanaich e obair Buidheann Gnìomha na Turasachd agus am Plana Ath-bheothachaidh; chùm e taic ri obair Buidheann Stiùiridh Luchd-tadhail; dh'obraich e gu dlùth le sgiobaidhean margaidheachd VisitScotland gus dèanamh cinnteach gun robh teachdaireachdan ceangailte gu dlùth ri gnìomhachd iomairt agus gu bheil e a-nis a' libhrigeadh gnìomhachd Plana Ath-bheothachaidh ìre a h-Aon.

Thug Roinn Lèirsinn VisitScotland taic dhìreach agus ro-chudromach do STERG nan oidhirpean gus planadh airson ath-bheothachadh. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh diofar shuidheachaidhean a chuidich le bhith a' cumadh smaoineachadh mu dhùilean agus riatanasan airson an àm ri teachd. Chaidh an obair seo a sgaoileadh a-mach às dèidh sin, tro ghoireas agus bùthan-obrach, do bhuidhnean gnìomhachais.

COMHAIRLE AGUS TAIC DO GHNÌOMHACHAS

Chaidh Comhairlichean Dearbhadh Càileachd, còmhla ri Manaidsearan Dàimh Gnìomhachais, ath-shuidheachadh air prògram gus còrr air 5,500 gairmean a chur gu gnìomhachas gus na dùbhlain a thuigsinn, beàrnannan ann an comhairle is taic a chomharrachadh agus gus an cur air adhart gu tùsan taic is comhairle.

Fhad 's a bha an obair seo a' dol air adhart, lean an sgioba Dearbhadh Càileachd (QA) orra a' libhrigeadh taic do gnìomhachas tron bhliadhna. Chaidh cìsean QA a leigeil seachad airson còrr is 4,000 ball den sgeama tro 2020 agus a-rithist airson 2021/22, agus chaidh tursan aghaidh-ri-aghaidh a chur dheth rè a' ghalair lèir-sgaoilte, ach lean comhairle air a' fòn agus air-loidhne.

Lean còmhraidhean mu chàileachd le 2,700 gnìomhachas rè na h-ùine seo, bho phròtacalan glanaidh agus an luach a bhith a' brosnachadh com-pàirt ann an sgeama 'Deiseil is Deònach', chun an fheadhainn a chunnaic cothrom agus a dh'iarr comhairle air mar a gheibh iad ìre rionnag nas àirde agus mar a thogas iad air ais nas fheàrr airson coinsiumair às dèidh COVID.

MOMENT FOR CHANGE AGUS LÈIRSINNEAN

Tha am prògram *Moment for Change* againn de cho-labhairtean-lìn agus susbaint comhairleachaidh a' stiùireadh aire gu ath-thòiseachadh agus ath-bheothachadh san àm ri teachd agus a' gabhail a-steach inneal planaidh shuidheachaidhean agus prògram coileanta de thaic airson sgilean didseatach. Lean obair am-bliadhna gus togail air na chaidh ionnsachadh bhon phrògram digitaltourismScotland.com (DTS) na bu thràithe agus chaidh tar-ghluasad susbaint gu àrd-ùrlar VisitScotland.org a chrìochnachadh nuair a bhathar a' freagairt air a' ghalair lèir-sgaoilte.

Bha pàirt ro-chudromach aig Roinn Lèirsinn VisitScotland ann a bhith a' cumail taic ri freagairtean agus oidhirpean ath-bheothachaidh, a tha a' tighinn às dèidh an dà sgrùdadh

gnìomhachais a rinneadh tràth sa chiad ghlasadh-sìos.

Rinneadh sreath eile de rannsachadh am measg gnìomhachasan turasachd, gus tuigse fhaighinn air a' bhuidheachadh a bh' orra agus gus am beachdan fhaighinn air an taic a bha a dh'ìth orra. Ag aithneachadh na buaidh mòire air roinn nan tachartasan, chaidh dà shuirbhidh a dhèanamh cuideachd gus seallaidhean fhaighinn bhon t-sèine solair thachartasan.

TAIC AGUS LEASACHADH ROINNEIL

Thàinig an àrd-sgioba roinneil còmhla ri buidhnean ath-bheothachaidh agus freagairt air feadh na dùthcha cho luath 's a chaidh a' chiad ghlasadh-sìos a thoirt a-steach. Tron bhliadhna, bha an conaltradh sin stèidhichte air a bhith a' co-roinn fiosrachadh, lèirsinn agus gluasadan agus gnìomhachd VisitScotland a thaobh margaidheachd, maoinachadh agus iomairtean taic gnìomhachais.

Chaidh prògram de sheiseanan conaltraidh coimhearsnachd a libhrigeadh air feadh na dùthcha as t-samhradh 2020, air thoiseach air lasachadh a' ghlasadh-sluaigh, gus fois-inntinn agus ùrachaidhean a thoirt do choimhearsnachdan far an robh dùil ri àireamh mhòr de luchd-tadhail. Dh'èist an sgioba ri draghan agus cho-roinn iad fuasglaidhean agus deagh-chleachdadh a thaobh gealltanasan luchd-tadhail, a thaobh na dòigh margaidheachd agus iomairtean leithid *Deiseil is Deònach*.

Le bhith ag obair gu dlùth le cinn-uidhe agus roinnean, chuidich seo le bhith a' cumadh nàdar na taic ionmhais a bha a dh'ìth airson buidhnean roinne is cinn-uidhe agus thug e seachad prìomh lèirsinnean do STERG agus dhan Riaghaltas.

Le bhith ag obair gu dlùth le cinn-uidhe agus roinnean, chuidich seo le bhith a' cumadh nàdar na taic ionmhais a bha a dh'ìth airson buidhnean roinne is cinn-uidhe agus thug e seachad prìomh lèirsinnean do STERG agus dhan Riaghaltas.

ATH-LEUMACHD GNÌOMHACHAIS

Tha Plana Riaghlaidh Leantainneachd Gnìomhachais aig VisitScotland, air a stiùireadh leis an sgioba ghoireasan againn, a tha ag amas air a' chunnart, an dà chuid dhan bhuidhinn agus do chliù, do ghnìomhachdan gnìomhachais a lùghdachadh agus gus deagh riaghladh corporra a thoirt seachad. Rinneadh deuchainnean gu leantainneach air a' phlana seo thar grunn bhliadhnaichean agus rinneadh ath-sgrùdadh air tro bhùthan-obrach beò, eacarsaichean deasg agus slatan-tomhais thar grunn bhliadhnaichean. Chaidh a chur gu làn fheum nuair a dh'fhàs buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte soilleir agus chuidich am plana gluasad gu obair dachaigh gu rèidh.

B' e fear de na gnìomhan tòiseachaidh deatamach leigeil leis a h-uile roinn a bhith ag obair bhon taigh gus na h-àrainneachdan dachaigh agus na siostaman aca a dhearbhadh agus gus atharrachaidhean a dhèanamh gus am biodh cùisean deiseil. An uair sin chaidh planaichean a chur air dòigh a thaobh buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte air prìomh raointean nuair a bha a' bhuidheann a' gluasad gu bhith a' cleachdadh àrainneachd bhiorail agus dh'fhàs iad tapaidh a thaobh na bha, agus a tha fhathast, na àm de dh'atharrachadh fìor mhòr.

Chaidh buidheann na bu mhotha de dh'àrd-luchd-obrach a bha a' riochdachadh na buidhne air fad a chur an àite na buidhne leantainneachd gnìomhachais traidiseanta. Bho thòisich an galar lèir-sgaoilte choinnich a' bhuidheann seo gach latha agus an uair sin rinneadh buidhnean nas lugha de seo a bhiodh a' coinneachadh gach seachdain le fòcas air leantainneachd gnìomhachais, ath-bheothachadh feachd-obrach agus taic leantainneach ri obair dachaigh. Bha coinneamh ath-leumachd na bu mhotha ann cuideachd de Stiùirichean agus Ceannardan Roinnean gus co-dhùnaidhean agus fiosrachadh a cho-roinn a choinnich gach seachdain an toiseach ach a tha air gluasad bhon uair sin gu gach cola-deug. Tha na coinneamhan sin air a bhith seasmhach tron bhliadhna agus tha iad a-nis air an leabachadh sa bhuidhinn agus i a' leantainn air adhart a' cur aghaidh air a' ghalair lèir-sgaoilte.

Tha VisitScotland air a bhith an làthair aig lìonra ath-leumachd Gnothachas na h-Alba a tha air a dhealbh airson a h-uile buidheann poblach a bhith ag obair còmhla nas fheàrr air ro-innleachdan ath-sheasmhachd, trèanadh, bùthan-obrach agus deagh chleachdadh. Bhon fhiosrachadh a chaidh a cho-roinn, thàinig e am follais gun robh VisitScotland a' coileanadh gu math anns a h-uile prìomh raon de dh'ath-leumachd. Tha seo cuideachd a rèir toraidhean suirbhidh an luchd-obrach far an robh am fios air ais 97% fàbharach mu mar a tha a' bhuidheann air dèiligeadh ris a' ghalair lèir-sgaoilte.

Thug an obair a rinneadh thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh gus ar ro-innleachd IT Corporra a libhrigeadh, is e sin gluasad gu siostaman co-obrachail stèidhichte air Neul agus a bhith a' toirt seachad innealan gluasadach, cothrom do luchd-obrach gluasad gu math luath gu bhith ag obair bhon

dachaigh. Tha an obair seo a rinn na sgiobaidhean IT, Ionmhais, Solarachaidh agus HR air cothrom a thoirt seachad àite-obrach didseatach a chruthachadh a bha mar-thà a' toirt seachad bhuanachdan ro ghalair lèir-sgaoilte ach a bha e riatanach gus leigeil leis a' bhuidhinn obrachadh ann an dòigh èifeachdach ri linn a' ghalair lèir-sgaoilte. Tha an obair seo air siostaman ùr-nodha a thoirt seachad, air piseach a thoirt air co-obrachadh agus air piseach a thoirt air ath-leumachd didseatach.

Tha a bhith a' toirt taic do cho-obraichean agus dhan bhuidhinn gu h-iomlan tron ìre 'fuireach aig an taigh' air a bhith deatamach do phlanadh leantainneachd gnìomhachais VisitScotland. Bha an taic seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad uidheamachd obair-dachaigh, rèiteachaidhean ùra gus taic a chumail ri obair èifeachdach a' gabhail a-steach 'uair shàmhach' agus 'ceum air falbh', agus atharrachadh air prìomh phoileasaidhean. Mar eisimpleir:

- Chruthaich sinn raon ùr air an làraich eadra-lìon againn le sanasan agus molaidhean a thaobh sunnd. Bhiodh an earrann seo den làraich cuideachd a' toirt seachad ùrachaidhean cunbhalach a thaobh atharrachaidhean air stiùireadh
- Thug sinn a-steach buidheann Taic Phàrantan gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn do cho-obraichean a tha a' toirt seachad foghlam san dachaigh no a' cothromachadh cùram-chloinne le obair bhon dachaigh a bhith a' co-roinn na dh'fhiosraich iad agus a' faighinn na taic a bha a dhìth orra.
- Thug sinn seachad uidheamachd, an dà chuid IT agus oifis, gus taic a thoirt dhan àrainneachd obrach san dachaigh
- Bhrosnaich sinn puingeann faighinn-fios le luchd-obrach air feadh a' ghnìomhachais gus taic a chumail ri sunnd luchd-obrach ge b' e dè an suidheachadh pearsanta aca
- Dh'iarr sinn beachdan luchd-obrach tro dhà sgrùdadh luchd-obrach
- Thug sinn seachad taic agus trèanadh gus am feum as fheàrr a dhèanamh de Microsoft Teams, a' toirt cothrom dhuinn cabadaich, gairmean a dhèanamh, coinneachadh agus co-obrachadh air beachdan

An-uiridh, stèidhich an sgioba HR Buidheann Co-chomhairleachaidh Luchd-obrach, ag obair le aonadh PCS agus riochdairean bho air feadh a' ghnìomhachais gu lèir. Tha a' bhuidheann seo air cuideachadh le bhith a' cruthachadh nam poileasaidhean agus nan dòighean-obrach tron ùine seo.

Thug a' ghnìomhachd seo gu lèir cothrom dhan bhuidhinn chan ann a-mhàin cumail a' dol le a h-obair rè a' ghalair lèir-sgaoilte ach gus an t-airgead Taic Gnothachais ùr a libhrigeadh gu soirbheachail nuair a dh'iarr Riaghaltas na h-Alba oirnn sin a dhèanamh.

MAOINEAN GNÒTHACHAIS AIR AN RIANACHD GUS TAIC A CHUMAIL RI GNÌOMHACHAS TURASACHD IS THACHARTASAN NA H-ALBA

Aig deireadh 2020, a bharrachd air airgead a chaidh a chur air bhog agus a chaidh a stiùireadh na bu thràithe air a' bhliadhna, dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba gum biodh gnìomhachasan turasachd is thachartasan air feadh na h-Alba a' faighinn buannachd bho phasgan maoin eachaidh luach £104.3m, le £25m a bharrachd air ainmeachadh sa Ghearran 2021. Chaidh iarraidh air VisitScotland £73m den mhaoin eachaidh seo a lìbhrigeadh.

Bhon Dùbhlachd 2020, ghluais sinn ar fòcas bhon phrìomh gnìomhachd againn gu fòcas air lìbhrigeadh 14 maoinean, ag ath-shuidheachadh còrr air 230 neach-obrach gus dèanamh cinnteach gun deach cuideachadh a lìbhrigeadh do ghnìomhachasan cho luath 's a ghabhas.

PRÒISEAS

Stèidhich sinn buidheann stiùiridh prògram air a bheil an Stiùiriche, Ceannard Goireasan Daonna agus Ceannard Ionmhais. Bha gach maoin air a stiùireadh mar phròiseact le manaidsèar pròiseict sònraichte, sealbhadair pròiseict agus sgiobaidhean taic. Bha na sgiobaidhean taic a' gabhail a-steach sgrùdairean gnìomhachais, luchd-leasachaidh agus luchd-deuchainn shiostaman, measadairean prìomh shlatan-tomhais, agus taic le bogsaichean puist. Thug eòlaichean cuspair, a' gabhail a-steach eòlaichean lagha agus ionmhais, taic do na maoinean fa leth uile.

Stèidhich a' bhuidheann pròiseas soilleir bho thoiseach gu deireadh gus dèanamh cinnteach gun robh na smachdan iomchaidh an sàs aig a h-uile ìre gus an cunnart bho fhoill a lùghdachadh.

Bha prògram sgrùdaidh taobh a-staigh ann am fìor-àm a' ruith eadar an Dùbhlachd 2020 agus am Màrt 2021 gus shlatan-tomhais na maoine, pròiseasan measaidh agus ath-thagraidh a shuidheachadh gus dèanamh cinnteach gun gabhadh moladh sam bith a chaidh a dhèanamh a chur an gnìomh ann an fìor-àm airson na h-ath mhaoin a bhiodh air a thoirt seachad. Chaidh ceithir sgrùdaidhean a dhèanamh aig an àm seo, agus cha deach molaidhean susbainteach sam bith a dhèanamh.

Thug pròiseas an in-sgrùdaidh fa-near: *“Tha VisitScotland air smachdan làidir agus èifeachdach a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil airgead a tha air a thoirt seachad dhan roinn turasachd is thachartasan às leth Riaghaltas na h-Alba fo smachd measadh cunbhalach mu choinneamh slatan-tomhais ion-roghnachd ro-mhìnichte.”*

CO-OBACHADH SAN ROINN

Rinn sinn co-chomhairleachadh farsaing le buidhnean gnìomhachais agus roinnean ann an ìre planaidh agus suidheachadh shlatan-tomhais na maoine gus dèanamh cinnteach gun robh an taic cheart air a lìbhrigeadh do na gnìomhachasan agus na daoine fa leth a bha feumach air. Chaidh a h-uile maoin a thoirt còmhla le taic chudromach bho na buidhnean sin, ag èisteachd ri fios air ais agus a' comharrachadh dhùbhlain a dh'fhaodadh a bhith ann.

A bharrachd air obair STERG, chuidich VisitScotland le stèidheachadh Buidheann Comhairleachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan. Tha taic maoin eachaidh airson roinn thachartasan na h-Alba air a bhith deatamach airson a chumail beò, às dèidh fios air ais mu staid a' ghnìomhachais tro bhùthan-obrach, suirbhidhean sèine-solair, agus obair leantainneach an EIAG.

Airson gnìomhachasan turasachd agus tachartasan, cho-roinn sinn fiosrachadh tro STERG agus EIAG le Riaghaltas na h-Alba, gus comharrachadh far an robh cunnart ann gun rachadh dearmad a dhèanamh air roinnean no seòrsaichean gnìomhachais eile.

Mar thoradh air an dòigh-obrach cho-obrachail seo chaidh stiùireadh atharrachadh gus a bhith cho in-ghabhalach 's a ghabhas, le bhith a' gabhail a-steach sreathan ùra de mhaoin eachaidh airson roinn nan Cuairtean Latha agus ostailean nach robh ion-roghnach air a' chiad sreath maoin eachaidh.

Far an robh e comasach, bha com-pàirtiche gnìomhachais air a ghabhail a-steach dhan phannal tagraidh airson gach maoin gus an t-eòlas sònraichte aca a thoirt dhan gnìomhachd agus airson airgead Ceann-uidhe is Roinne bha riochdachadh bhon taobh a-muigh againn cuideachd air pannalan co-dhùnaidh.

Thug an luchd-sgrùdaidh fa-near: *“Mar phàirt den phròiseas gus slatan-tomhais ion-roghnachd aontachadh airson an dà mhaoin, stèidhich VisitScotland conaltradh agus com-pàirteachas cunbhalach le prìomh luchd-ùidh sa gnìomhachas. Chunnaic sinn cuideachd eisimpleirean de bheachdan air ais bhon luchd-ùidh sin, a chaidh an uair sin a chur anns na slatan-tomhais ion-roghnachd.”*

MAOINEACHADH AIR A LÌBHRIGEDH

Chaidh a h-uile maoin airson 2020-2021 a chur air bhog agus chaidh an dùnadh do thagraidhean ùra ro 31 Màrt 2021 agus chaidh còrr is £50m a phàigheadh a-mach ron cheann-latha sin. Thug seo taic do chòrr is 3,850 gnìomhachas tron àm.

MAOINEAN AIR AN LÌBHRIGEDH LE VISITSCOTLAND | 2020:

Sa Cèitean 2020, chaidh a' **Mhaoin Ceann-uidhe Turasachd agus Taic Roinneil** luach £515,000 fhosgladh do gach buidheann ceann-uidhe agus roinne le bunait ballrachd air a dhèanamh suas gu tur no gu ìre mhòr de ghnìomhachasan turasachd. Dh'fhaodadh tagraichean soirbheachail suas ri 50% den teachd-a-steach ballrachd aca fhaighinn a bha fo chunnart mar thoradh air a' chorònbhioras. Thàinig a' mhaoin seo gu dìreach bho phrìomh bhuidseit VisitScotland fhèin.

Anns an Lùnastal 2020, chaidh **Maoin Taic Gnìomhachas nan Tachartasan** luach £5.07m (luach deireannach) a chur air bhog gus taic dhìreach a thoirt do shèine solair nan tachartasan.

Anns an Fhaoilleach 2021, chaidh maoin eachadh a bharrachd a chur ris gus pàigheadh a bharrachd a thoirt seachad còmhla ri bhith a' stèidheachadh dàrna cuairt den mhaoin, **Maoin Taic Gnìomhachas nan Tachartas 2**, airson tagraichean ùra às dèidh do chuingealachaidhean a' ghlasaidh dàil a chuir air ath-thòiseachadh a' gnìomhachais.

Anns an Lùnastal 2020, chaidh a' **Mhaoin Fèin-fhrithealaidh (self-catering)** de £1m a thoirt seachad do ghnìomhachasan nach d' fhuair taic sam bith tro mhaoin eile mar thoradh air a' ghalair lèir-sgaoilte, a' tabhann thabhartasan suas ri £10,000. Chaidh a' mhaoin seo a chur ri chèile leis an Association of Scottish Self Caterers (ASSC).

San t-Samhain 2020, chaidh **Maoin Ath-bheothachaidh Thachartasan na h-Alba** luach £2.75m, a stèidheachadh gus roinn thachartasan na h-Alba a chuideachadh le bhith a' planadh agus a' lìbhrigeadh thachartasan gu deireadh 2021, a' toirt seachad taic fhad 's a bha an gnìomhachas a' freagairt air, agus ag atharrachadh a rèir, buaidh COVID-19. Chaidh a' mhaoin seo a chur an àite prògraman maoin eachaidh Nàiseanta is Beacon EventScotland air stèidh eadar-amail,

a bharrachd air a bhith ag amalachadh an dà chuid maoin Fèisean Geamhraidh na h-Alba agus maoin thachartasan Cinnidhean is Figearan Eachdraidheil na h-Alba. Anns na sia mìosan às dèidh cur air bhog na maoin air a bheil fèill mhòr, chaidh faisg air £1.8m a thoirt do 159 tachartas, le àireamh a bharrachd de thagraidhean gam measadh aig an àm seo. Seo an àireamh as àirde de dhuaisean a thug EventScotland seachad thairis air na maoin gu lèir aige ann am bliadhna sam bith.

Anns an Dùbhlachd 2020, chaidh **Maoin Gnìomhachasan Cudromach nan Tachartasan** a stèidheachadh gus tabhartasan eadar £25,000 agus £150,000 a thoirt do ghnìomhachasan tachartais aig a bheil prìomh obair mar luchd-eagrachaidh, solaraichean, cunnradairan agus ionadan deatamach airson maireannachd roinn nan tachartasan ann an Alba, agus air a bheil gnìomhachas nan tachartasan san fharsaingeachd agus an t-sèine solair an eisimeil airson na h-obrach aca. Chaidh prìomhachas a thoirt do mhaoin eachadh do na gnìomhachasan sin (106 gu h-iomlan) a b' urrainn dearbhadh gu bheil pàirt chudromach aca tro ghnìomhachas nan tachartasan air fad ann an Alba agus a bha ann an duilgheadas ionmhais mar thoradh air COVID-19 gu dìreach.

MAOINEAN AIR AN LÌBHRIGEDH LE VISITSCOTLAND | 2021:

Thug **Maoin Ath-thòiseachadh Turasachd Mara is A-muigh** luach £4m tabhartasan seachad suas ri £15,000 gach companaidh do chompanaidhean turasachd cunntachail a tha a' toirt seachad gnìomhachdan seasmhach co-cheangailte ris a' bhàr a-muigh do luchd-tadhail air tìr agus ann an àrainneachd na mara. Chaidh a' mhaoin a chruthachadh ann an co-obrachadh leis na buidhnean roinneil Wild Scotland agus Sail Scotland.

Thug **Maoin Taic Luchd-tadhail** luach £10m seachad tabhartasan suas ri £50,000 do àiteachan turasachd le tionndadh bliadhna nas àirde na £10,000 gus an cumail a' dol fhad 's a bha cuingealachaidhean riaghaltais fhathast an sàs. Chaidh a' mhaoin seo a chur ri chèile leis an Association of Scottish Visitors Attractions (ASVA).

Thug **Maoin nan Companaidhean Turais** grantaichean luach £15m seachad thairis air dà shreath shònraichte, aon ag amas air tursan a-steach agus am fear eile airson tursan latha, gus taic a thoirt do raon de ghnìomhachasan ann an roinn nan companaidhean turais. Chaidh a' mhaoin a chruthachadh tro cho-obrachadh le Caidreachas Turasachd na h-Alba, Comann Riaghladh Cinn-uidhe na h-Alba, Comann Luchd-obrachaidh Tursan Goilf na h-Alba, UK Inbound agus Comann Luchd-obrachaidh Tursan Neo-eisimeileach na h-Alba.

Thug **Maoin Treòraichean Turais** anns an robh luach de £3m, tabhartasan de suas ri £5,000 seachad gus cuideachadh le bhith a' cumail luchd-iùil turais ag obair fhad 's a bha cuingealachaidhean fhathast an sàs agus gus taic a thoirt dhaibh ullachadh airson obair nuair a chaidh cuingealachaidhean a lùghdachadh. Chaidh a' mhaoin seo a chur ri chèile leis an Scottish Tourist Guides Association (STGA).

Thug **Maoin Companaidhean Coidsichean na h-Alba** aig an robh luach £10m, tabhartasan seachad thairis air dà shreath shònraichte, gus taic a thoirt do na gnìomhachasan sin a bha a' ruith nam busaichean as ùire fhad 's a bha cuingealachaidhean fhathast an sàs. Chaidh a' mhaoin seo a chur ri chèile ann an com-pàirteachas le Co-chaidreachas Còmhdhail an Luchd-siubhail.

Thug **Maoin nan Ostailean** anns an robh luach de £2.8m, tabhartasan seachad thairis air dà shreath shònraichte, gus taic a thoirt do dh'ostailean de dhiofar mheudan. Chaidh a' mhaoin a chruthachadh ann an co-obrachadh le Ostailean Neo-eisimeileach na h-Alba, Ostaladh Alba agus Ostailean Neo-eisimeileach na RA.

Thug **Maoin nan Spòrs Dùthchail**, anns an robh luach de £1m, taic do roinn nan spòrs dùthchail, a' gabhail a-steach buidhnean spòrs, seirbheisean spòrs treòraichte, gnìomhachasan spòrs stèidhichte air fearann agus luchd-obrachaidh siartairean iasgaich. Chaidh a' mhaoin a chruthachadh ann an co-obrachadh le Buidheann Turasachd Spòrs Dùthchail na h-Alba agus Comann Bhreatainn airson Sealg is Glèidhteachas.

Thug **Maoin Obrachaidh is Ullachadh Roinn is Ceann-uidhe** anns an robh luach de £1.4m, tabhartasan seachad de suas ri £50,000 do Bhuidhnean Roinn Turasachd agus Buidhnean Ceann-uidhe stèidhichte na h-Alba gus taic a thoirt dhaibh anns na prìomh ghnìomhan obrachaidh aca agus gus dèanamh cinnteach gun robh buidhnean comasach air Alba adhartachadh gu gnìomhach nuair a chaidh cuingealachaidhean a thoirt air falbh.

Thug **Maoin Bhan-campair agus Dachaidhean-motair**, anns an robh luach de £1m, taic do ghnìomhachasan màil bhanaichean campachaidh agus dachaidhean-motair gus cumail orra ag obair fhad 's a bha cuingealachaidhean fhathast an sàs agus gus taic a thoirt dhaibh ullachadh airson obrachadh a-rithist. Chaidh a' mhaoin seo a chur ri chèile ann an co-obrachadh le Comann Proifeiseanta nan Bhan-campair agus Dachaidhean-motair (CaMPA)).

SGRÙDADH CÙISE

Maoin Ath-bheothachaidh Tachartasan na h-Alba a' cuideachadh gus Granite Noir a chumail a' dol ann an 2021

Nuair a chaidh a chur air-loidhne mar thoradh air cuingealachaidhean COVID-19, ghabh fèis Granite Noir, fèis sgrìobhadh eucoir na h-Alba ris a' ghluasad gu deònach agus chleachd iad am maoineachadh bho Mhaoin Taic Gnìomhachas Tachartas na h-Alba gus prògram didseatach àrd-inbhe a lìbhrigeadh dhan luchd-èisteachd làidir is dìleas aice, agus aig an aon àm thug seo cothroman nach fhacas riamh roimhe airson luchd-èisteachd ùr a bhith air am bogadh ann an uisgeachan dorcha eucoireach na fèise.

Lean am prògram air adhart a' tabhann deagh mheasgachadh de dh'ùghdarran Albannach is eadar-nàiseanta le cothrom aig luchd-èisteachd pàirt a ghabhail an dà chuid ann an còmhraidhean beò agus ro-chlàraichte le sgrìobhadairean, còmhraidhean pannail, bùthan-obrach cruthachail agus tachartasan do dhaoine òga.

Tha Granite Noir cuideachd freumhaichte gu domhainn san àite agus ghlèidh e faireachdainn de dhachaigh na fèise – Obar Dheathain agus Ear-thuath na h-Alba – tro ìomhaighean de shuidheachadh agus comharran-tìre a bharrachd air a bhith a' gabhail a-steach sgeulachdan, eachdraidh agus dualchas na sgìre sa phrògram.

B' e an cothrom an luchd-èisteachd a leudachadh an t-eadar-dhealachadh buannachdail as motha bho Granite Noir a bhith didseatach. Thairis air deireadh-seachdain na fèise fhuair e 14,000 sealladh bho 52 dùthaich airson 12 tachartas agus tha an àireamh seo fhathast a' fàs tro sheallaidhean air-iarrtas. Ràinig e daoine nach robh comasach air a bhith an làthair roimhe seo air sgàth astair no suidheachadh pearsanta.

Chuidich am maoineachadh tro Mhaoin Ath-bheothachaidh Tachartasan na h-Alba le bhith a' cumail Granite Noir, fèis caran ùr, a' dol airson bliadhna eile leis an luchd-eagrachaidh ga dhèanamh soilleir nach biodh fèis 2021 air a bhith ann às aonais seo.

Thuirt Jane Spiers, Ceannard Ealain Cluich Obar Dheathain : *“Cha robh teagamh sam bith ann nach biodh Granite Noir 2021 ann. 'S e cruth ùr inntinneach a th' ann a bhith didseatach, an cothrom rudan a chur air dòigh ann an dòigh beagan eadar-dhealaichte agus ceanglaichean ùra a dhèanamh. Bheir e fios dhan luchd-èisteachd againn gu bheil sinn fhathast an seo dhaibh agus seo tòrr a bharrachd na bhith dìreach a bhith "a' cumail an t-suidheachain blàth". Chuir e iongnadh dha-rìribh oirnn cho math 's a bha an fhreagairt. Taing mhòr do Chomhairle Baile Obar Dheathain, Alba Chruthachail agus EventScotland airson taic a chumail ris an fhèis am-bliadhna. Cha bhitheamaid an seo às ur n-aonais!*

CONALTRADH CORPORA

Tha conaltradh èifeachdach air a bhith aig cridhe na freagairt againn dhan ghalar lèir-sgaoilte. Bha conaltradh corporra aig cridhe ar cuid obrach bho bhith a' cumail taic ris a' ghnìomhachas air sruthan maoineachaidh gu bhith a' toirt an fhiosrachaidh as ùire do luchd-obrach.

Cho luath 's a bhuail COVID-19, chuir a' bhuidheann am plana conaltraidh èiginn an gnìomh mar phàirt den phròiseas leantainneachd gnìomhachais againn. Bha sàr phlanadh agus co-obrachadh aig cridhe na ro-innleachd conaltraidh againn – ag obair le luchd-ùidh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh sinn na b' urrainn dhuinn de ghnìomhachasan.

B' e am prìomh fhòcas agam taic a chumail ris a' ghnìomhachas tron èiginn seo. Bha làrach-lìn a' ghnìomhachais againn, visitscotland.org, na prìomh àite airson an fhiosrachaidh agus na naidheachd as ùire, le còrr is 1.4 millean sealladh air susbaint COVID-19 agus còrr is 2 mhillean sealladh thairis air susbaint na làraich gu lèir.

Chomharraich na seanailean eile againn, a' gabhail a-steach na cuairt-litir seachdaineil againn Tourism Insider, LinkedIn, Twitter agus Facebook visitscotland.org gus dèanamh cinnteach gun robh cunbhalachd ann.

Chuir sinn a-mach 40 cuairt-litir-d COVID-19 Tourism Insider eadar-dhealaichte gu 13,000 gnìomhachas agus luchd-ùidh. B' e an ìre fosglaidh a b' àirde 51% agus b' e an ìre briogan-troimhe as àirde 40%. Tha seo an coimeas ri ìre chuibheasach de 38% le briogan-troimhe aig 7% ron ghalar lèir-sgaoilte. Chaidh 30 cuairt-litir eile mu chuspairean sònraichte a chur gu gnìomhachas (am measg nan cuspairean, bha suirbhìdh COVID-19, airgead agus brathan riaghaltais).

Sgaoil sinn fios mu chothrom air na sruthan maoineachaidh a lìbhrig sinn às leth Riaghaltas na h-Alba, a' stiùireadh ghnòthachasan chun na maoine ceart dhaibh agus a' toirt misneachd dhaibh gun robh sinn a' dèanamh ar dìcheall gus maoineachadh a chur air dòigh agus a phàigheadh cho luath 's a ghabhas.

Chleachd sinn LinkedIn gus cuimseachadh gu soirbheachail air gnìomhachasan turasachd, a' postadh 246 blogaichean is sgeulachdan. Bha còrr is 1.1 millean beachd, 3,695 co-roinn agus ìre com-pàirteachaidh cuibheasach de 5.27%. Tha sinn air còrr is 11,000 neach-leantainn ùr fhaighinn san ùine seo agus tha sinn a' teannadh air clach-mhìle ùr de 40,000 neach-leantainn.

Ruith an sgioba còrr is 40 webinar co-cheangailte ri COVID-19, a' ruighinn còrr is 12,000 neach.

Fhuair an sgioba naidheachd againn timcheall air 3,500 pìosan naidheachd, le ruigsinneachd de 388 millean. Bha ìre com-pàirteachaidh Twitter againn de 6.3 millean airson na bliadhna agus bha e air aon de na prìomh shianalan gus naidheachdan a sgaoileadh gu sgiobalta.

Thug sinn taic dhan ghnìomhachasan le bhith ag ath-thòiseachadh gu sàbhailte às dèidh a' chiad agus an dàrna glasadh-sluaigh, le fiosrachadh mun Sgeama Deiseil is Deònach, stiùiridhean Riaghaltas na h-Alba agus an obair ionmholt a rinn an ghnìomhachas airson tòiseachadh a-rithist. Am measg nan toraidhean tha timcheall, chlàraich 9,000 gnìomhachas airson an Sgeama *Deiseil is Deònach* agus bha còrr is 65,000 seallaidhean air susbaint visitscotland.org.

SGRÙDADH CÙISE

visitscotland.org

Tha àite ro-chudromach air a bhith aig Visitscotland.org, an làrach-lìn chorporra againn agus an co-ionad didseatach airson a' ghnìomhachais, tron ghalar lèir-sgaoilte COVID-19 ann a bhith a' cumail na comhairle, an stiùiridh agus na taic as ùire ri gnìomhachasan na turasachd aig àm air leth duilich.

Dh'fhoillsich an sgioba a' chiad duilleag COVID-19 air an làrach air 5 Gearran 2020, còrr is mìos mus deach a' chiad glasadh-sìos san RA ainmeachadh, agus bhon cheann-latha seo chaidh faisg air 450 duilleag de shusbaint agus 300 artaigil naidheachd co-cheangailte ri COVID-19 fhoillseachadh air an làrach-lìn oifigeil.

Tro 2020/21, chaidh susbaint COVID-19 air an làrach ath-sgrùdadh, ùrachadh agus leudachadh gu leantainneach mar fhreagairt air feumalachdan caochlaideach a' ghnìomhachais. Chaidh ionad comhairle COVID-19 sònraichte a chruthachadh airson na prìomh susbaint comhairleachaidh againn agus thug sinn a-steach bratach COVID-19 air feadh na làrach gus an gabhadh a ruigsinn gu dìreach.

Mar thoradh air seo bha àrdachadh bliadhna às dèidh bliadhna ann an seallaidhean duilleag de chòrr is 200% (1 Giblean 2020 - 31 Màrt 2021 an coimeas ri 1 Giblean 2019 - 31 Màrt 2020) agus chaidh luchd-cleachdaidh ùr suas 120%, agus bha co-ionad COVID-19 daonnan mar an t-àite as mòr-chòrdte air an làrach, le còrr is 1.4 millean sealladh duilleag uile gu lèir thar an àm seo.

Mar thoradh air cur air bhog ar n-iomairt 'Get Tourism Ready' gus taic a thoirt do ghnìomhachasan gus fosgladh a-rithist gu sàbhailte bha trafaig gu math àrd ann tron Ògmhios agus san Iuchar 2020, le còrr is 48,000 sealladh air an duilleig seo a-mhàin thairis air an dà mhìos sin.

Chlàraich an làrach an uair sin an trafaig a b' àirde a-riamh air 23 Sultain 2020, le còrr is 15,000 sealladh-duilleige air leth air an latha sin, nuair a sgaoil sinn fios mu chuingealachaidhean ùra bho Riaghaltas na h-Alba.

Thàinig àrdachadh mòr air trafaig a-rithist aig toiseach 2021 nuair a chuir sinn na prògraman maoineachaidh ùra air bhog, gan rianachd às leth Riaghaltas na h-Alba.

Eadar am Faoilleach agus am Màrt 2021 chunnaic sinn còrr is 160,000 sealladh air an earrainn maoineachaidh air an làrach agus fhuair a' bhuidheann còrr is 5,000 tagradh airson na maoin sin tro fhoirmean didseatach a chaidh a chruthachadh às ùr air an làrach. Ro dheireadh a' Mhàirt, bha còrr is £50m de mhaoineachadh air a sgaoileadh gu gnìomhachasan aig an robh feum air tron mhaoin seo.

Tha Visitscotland.org fhathast na cho-ionad didseatach airson a' ghnìomhachais leis a' chonaltradh uile a' comharrachadh a bheirteas fiosrachaidh. Tha am fòcas againn air ath-bheothachadh a' ghnìomhachais agus bidh sinn ag obair le, agus a' toirt taic do ghnìomhachasan gus dèanamh cinnteach gun tèid a' phàirt ro-chudromach seo de dh'eaconamaidh na h-Alba ath-thogail.

MARGAIDHEACHD: DREAM NOW, TRAVEL LATER

Fhad 's a bha an RA a' freagairt ris a' ghalar lèir-sgaoilte chruinneil agus an glasadh-sìos air feadh na dùthcha a' dol an gnìomh sa Mhàrt 2020, b' fheudar do VisitScotland gluasad gu sgiobalta gus dòigh-obrach ro-innleachdail ùr a dhealbhadh leis na 4 A-an: Ath-fhreagair, Ath-shuidheachadh, Ath-thòiseachadh agus Ath-bheothachadh. Às dèidh dhuinn dèiligeadh ris an dùbhlán tòiseachail gus na h-iomairtean againn a chur dheth, thòisich sinn air dèanamh cinnteach gum biodh Alba fhathast air aire ar luchd-tadhail. Chaidh a' bhidio againn 'Absence make the heart grow fonder' a dhèanamh leis an sgioba in-thaigh againn ann an dà sheachdain agus chaidh a sgaoileadh tro phost-d, lìonraidhean sòisealta agus lìonraidhean chom-pàirtichean. Chaidh barrachd susbaint air-loidhne a chruthachadh, a' gabhail a-steach clasaichean Sketching Scotland agus Stargazing a bha a' cleachdadh zeitgeist a' chiad glasaigh-sluaigh gus sgilean ùra a thogail.

Chaidh planaichean a chur an sàs gus am biodh e comasach dhuinn dèiligeadh gu sgiobalta cho luath 's a lùghdaich cuingealachaidhean. San Ògmhios 2020, bha e comasach dhuinn tòiseachadh air tursan latha a bhrosnachadh a-rithist. Ag aithneachadh nam faireachdainn aig cuid de choimhearsnachdan nach robh deiseil gus fàilte a chur air luchd-tadhail, nuair a bha cuid de ghnìomhachasan turasachd eile deònach ath-thòiseachadh, chruthaich sinn iomairt fìor ionadail ùr gus Albannaich a bhrosnachadh gus tadhal air àiteachan tarraingeach air an stairsneach aca fhèin. Gus cur ri sùbailteachd, stèidhich sinn gnìomhachd meadhanan sòisealta le 40 sanas eadar-dhealaichte air feadh na h-Alba, a' toirt cothrom dhuinn cuimseachadh gu luath air na sgìrean agus an luchd-èisteachd ceart.

Anns na margaidhean eadar-nàiseanta againn, bha e cudromach a bhith a' cumail Alba air aire dhaoine, gus an urrainn dhuinn brath a ghabhail air an iarrtas airson siubhal eadar-nàiseanta nuair a thòisicheas siubhal a-rithist. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun obair conaltraidh againn le margaidhean eadar-nàiseanta agus dachaigheil aig duilleagan 25-28.

A' RIAGHLADH LUCHD-TADHAIL

Nuair a chaidh cuingealachaidhean COVID-19 a thogail an-uiridh, 2020, bha àrdachadh mòr ann an luchd-tadhail dachaigheil do sgìrean dùthchail agus cladaich le àrdachadh mar thoradh air seo air a' chuideam air ar coimhearsnachdan, goireasan agus bun-structar.

Ged nach robh ach beag-chuid de luchd-tadhail an sàs ann, chaidh mòran aithrisean mu dhol a-mach mì-shòisealta a sgaoileadh anns na meadhanan agus le buidhnean coimhearsnachd. Bha mòran choimhearsnachdan ionadail a' faireachdainn nach robh iad deiseil airson dèiligeadh ris an àrdachadh seo ann an luchd-tadhail agus cha robh mòran den luchd-èisteachd dachaigheil ùr mothachail air stiùireadh coitcheann mu ghiùlan luchd-tadhail cunntachail agus Còd Slighean Dùthchail na h-Alba. Ann am mòran cheàrnaidhean den dùthaich, cha robh faireachdainn thaiceil aig coimhearsnachdan a thaobh luchd-tadhail.

Chaidh Buidheann-stiùiridh a chruthachadh gus ro-innleachd agus dòigh-obrach cho-òrdanaichte a chruthachadh do dh'Alba gus dèiligeadh ri cuid de na cùisean sin agus gus luchd-èisteachd oideachadh agus a bhrosnachadh gus tlachd a ghabhail às an dùthaich againn gu cùramach. Le VisitScotland sa chathair, tha a' bhuidheann a' gabhail a-steach NatureScot, Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh, Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, Coilltearachd is Fearann Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Poileas Alba agus Còmhdhail Alba.

Chaidh trì sruthan-obrach le fo-bhuidhnean a chomharrachadh airson Foghlam is Margaidheachd (le VisitScotland sa chathair), Tasgadh is Bun-structair, agus Ro-chasg, Riaghladh is Misneachadh – a' toirt còmhla com-pàirtichean roinneil is nàiseanta. Tha taic air a chumail ris na sruthan-obrach seo le Buidheann Gnìomh Co-òrdanachaidh le NatureScot sa chathair, a bhios an uair sin a' biadhach a-steach do Bhuidhinn-stiùiridh na Ro-innleachd.

Bidh VisitScotland a' stiùireadh gnìomhachd margaidheachd is conaltraidh air stiùireadh luchd-tadhail gus mothachadh a thogail gum feumar spèis a thoirt do na coimhearsnachdan air am bi daoine a' tadhal, fiadh-bheatha a dhìon agus gus tlachd chiallach fhaighinn às gach ceann-uidhe.

Tro dhòigh-obrach ioma-bhuidhneach, ag obair le 12 sgiobaidhean margaidheachd is conaltraidh eadar-dhealaichte, b' e an t-amas againn dèanamh cinnteach gum biodh daoine a' cur suim ann, a' dìon agus a' faighinn tlachd às an dùthaich - #RespectProtectEnjoy. Chaidh an taga-hais a chleachdadh 11,760 tursan air Twitter, 1,420 tursan air Instagram agus 238 tursan air Facebook thairis air seanalán corporra is luchd-cleachdaidh. Fhuair am post a chuir an iomairt air bhog air @VisitScotNews 72,700 buillean.

SGRÙDADH CÙISE

Iomairt turasachd chunntachail

Chaidh Iomairt turasachd chunntachail cho-obrachail a chur air bhog air 22 Màrt 2021 leis a' phrìomh amas a bhith a' brosnachadh luchd-tadhail gus tlachd fhaighinn às a' bhlàr a-muigh agus às na goireasan tarraingeach againn san dòigh as cùramaiche agus gus 'coimhead às dèidh Alba', cuspair a chaidh a shnàthadh tro obair na Buidhne-stiùiridh Foghlaim is Margaidheachd Luchd-tadhail.

Lìbhrig an oidhirp cho-òrdanaichte seo plana de ghnìomhachd turasachd cunntachail a chùim taic ris na h-amasan ro-innleachdail againn ris an dealas againn dhan ghnìomhachas agus aig an aon àm a bha a' taisbeanadh an raoin eadar-mheasgte agus farsaing de bhathar agus eòlasan turasachd Albannach chunntachail agus air an taobh a-muigh.

Am measg nam margaidhean targaid bha prìomh luchd-amais na h-Alba – deugairean nas sine/inbhich òga, teaghlaichean agus Albannaich uile a tha a' beachdachadh air turasan latha/oidhche air falbh; airson ìrean a bharrachd feuchaidh sinn ris an luchd-amais dàrnach a ruigsinn sa chòrr den RA agus, nuair a tha an t-àm ann, feuchaidh sinn ris an luchd-amais treas ìre de luchd-tadhail eadar-nàiseanta a ruigsinn - daoine san AE faisg air làimh sa chiad dol a-mach.

B' e prìomh theachdaireachd na h-iomairt **Scotland, yours to enjoy All of ours to care for.**

Mar phàirt den iomairt, chaidh gealltanas luchd-tadhail a bhrosnachadh thairis air seanalan VisitScotland, a gheibhear an seo <https://www.visitscotland.com/responsible-tourism-promise> Chaidh duilleag lanndaidh agus film gaisgeach sònraichte a chur air dòigh airson na prìomh theachdaireachd **Scotland, yours to enjoy. All of ours to care for** mar phàirt de chur air bhog na h-iomairt - <https://www.visitscotland.com/about/responsible-tourism>

Am measg clàr làidir ioma-mheadhanan a bha a' taisbeanadh na h-iomairt, bha rèidio, sgaoileadh bhon dachaigh agus sna meadhanan sòisealta a' gabhail a-steach seanalan mar Teads, Tik Tok, YouTube agus Facebook; agus chuidich com-pàirtichean nàiseanta sinn gus an teachdaireachd a sgaoileadh nas fharsainge thairis air na seanailean aca.

FIOSRACHADH

Dhùin lìonra nan iCentre mar thoradh air cuingealachaidhean COVID-19 ann am meadhan a' Mhàirt 2020. Dh'obraich sinn gu dlùth le ar co-obraichean air feadh na buidhne gus dèanamh cinnteach gum biodh sinn deiseil gus fosgladh a-rithist nuair a rachadh cuingealachaidhean a lughdachadh. Nuair a bha na h-aonadan dùinte, bha an sgioba ag obair air a' Cho-ionad Eòlais (*Knowledge Hub*) againn, a' dèiligeadh ri ceistean bho chustamairean air-loidhne tro sheirbheis Messenger, agus thug iad seachad comhairle agus stiùireadh do sholaraidhean Shop Local a bharrachd air taic pròiseict airson gnìomhachd eile.

Anns an Dùbhlachd 2020, bha aig na iCentres ris na dorsan aca a dhùnadh a-rithist agus thug sgiobaidhean taic do raon de phròiseactan agus ri solar fiosrachaidh tro shianalan eile a-rithist. Bha luchd-obrach iCentre cuideachd ag obair còmhla ri co-obraichean eile air feadh na buidhne gus dèanamh cinnteach gun robh na maoinean air an rianachd gu h-èifeachdach.

TACHARTASAN

Mar thoradh air a' ghlasadh-sluaigh, bha aig a' bhuidhinn ri freagairt air feumalachdan a' ghnìomhachais le mòran de na ciad beagan sheachdainean a' cuimseachadh air a bhith a' toirt seachad stiùireadh sa bhad dhan roinn tro bhith a' cruthachadh earrann sònraichte mu ChOVID-19 air eventscotland.org agus a' toirt seachad comhairle aon-ri-aon.

Anns a' Ghiblean agus sa Chèitean 2020, dh'aithnich a' bhuidheann gun robh e deatamach tuigse fhaighinn air na cùisean a bha mu choinneamh na roinne sa bhad a' gabhail a-steach luchd-eagrachaidh thachartasan, ùghdarrasan ionadail, ionadan agus an t-sèine solair. Bha còrr is 120 riochdaire bho air feadh na roinne an làthair aig 21 fòram co-chomhairleachaidh bhiortail. Chaidh grunn draghan a' nochdadh uair is uair, a' gabhail a-steach sruthan teachd-a-steach, sèine solair, àrachas agus luchd-obrach thar nam bùthan-obrach – agus chaidh seo uile a cho-roinn le Riaghaltas na h-Alba agus a bhith mar bhunait do Phlana Ath-bheothachaidh seasmhach.

Chaidh dà sgrùdadh air-loidhne a dhèanamh a bha ag amas air sèine solair gnìomhachas nan tachartasan cuideachd san Ògmhios agus san Dùbhlachd 2020 gus fiosrachadh deatamach a chruinneachadh mu bhuidheann leantainneach COVID-19 air gnìomhachasan a tha ag obair san roinn. Chaidh sruthan-obrach taobh a-staigh buidheann-stiùiridh nan tachartasan a stèidheachadh cuideachd mar thoradh air an fhiosrachadh a chaidh a chruinneachadh mu mhaoineachadh, comhairle agus stiùireadh, tachartasan bhiortail agus taic do shèine-solair nan tachartasan. Tha taic maoineachaidh airson roinn thachartasan na h-Alba air a bhith ro-chudromach gus a cumail beò. Chaidh £31.5 millean de thaic COVID-19 a chur a-steach do roinn nan tachartasan. Tha buidheann-stiùiridh thachartasan VisitScotland air am maoineachadh seo a libhrigeadh tro thri maoinean sònraichte (faic tdXX airson barrachd fiosrachaidh).

BUIDHEANN COMHAIRLEACHAIDH GNÌOMHACHAS NAN TACHARTASAN (EIAG)

Dhaingnich na fòraman co-chomhairleachaidh cuideachd gun robh feum èiginneach air buidheann airson a' ghnìomhachais air fad gus guth co-òrdanaichte a thoirt seachad tron fhreagairt nàiseanta agus fhad 's a thathar a' planadh airson ath-bheothachadh. Mar thoradh air seo chaidh an EIAG a stèidheachadh sa Chèitean 2020 le Peter Duthie, Ceannard Àrainn Tachartasan na h-Alba (SEC) sa chathair.

Anns a' bhuidheann tha àrd-bhuill bho air feadh a' ghnìomhachais a' riochdachadh raon de thachartasan a' gabhail a-steach spòrs proifeasanta, ceòl, cultar agus gnìomhachas, a bharrachd air luchd-eagrachaidh thachartasan, ionadan, ùghdarrasan ionadail agus an t-sèine solair. Tha e cuideachd air a h-oidhirpean a chuireadh air grunn phrìomh shruthan-obrach a' gabhail a-steach; Maoineachadh, Eaconamaidh Slàinte is Sunnd, Slàinteachas is Astar Corporra, Conaltradh is Cor a' Phobaill, Ùr-ghnàthachadh is Deagh Chleachdadh agus Conaltradh leis an Riaghaltas

ATH-THÒISEACHADH THACHARTASAN AGUS TACHARTASAN GEATA

Tha a' bhuidheann-stiùiridh thachartasan, tro a h-obair fhèin agus tro cho-obrachadh mar bhall den EIAG, air a bhith a' riochdachadh beachdan na roinne còmhla ri Ministearan agus Riaghaltas na h-Alba a thaobh an Fhrèam Ro-innleachdail agus a thaobh obair leantainneach gus planaichean agus àireamhan frithealaidh ullachadh airson ath-thilleadh nan tachartasan ann an Alba.

A bharrachd air sin, dh'obraich EventScotland agus Riaghaltas na h-Alba air Pròiseas Gateway a libhrigeadh gus leigeil le beagan prìomh thachartasan gnìomhachais, spòrs is cultair eadar-nàiseanta a dhol air adhart as t-Samhradh 2021.

A' togail brannd dhan àite a bhios a rèir miannan an luchd-tadhail


Tha VisitScotland a' brosnachadh gaol fad-beatha air Alba le bhith a' togail dhàimhean fad-ùine le daoine a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-tadhail. Nì sinn seo le bhith a' cruthachadh brannd nàiseanta làidir agus tarraingeach, le taic bho sheata de shianalan didseatach ùr-ghnàthach a nì cinnteach gun lean fàs na h-eaconamaidh luchd-tadhail.

Tron chobh seo bidh sinn ag obair gu dlùth le com-pàirtichean gnìomhachais agus roinneil agus a' co-òrdanachadh leudachadh fiosrachaidh, brosnachaidh agus comhairle do luchd-tadhail. Tha seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil turasachd air a sgaoileadh air feadh na dùthcha againn, a' toirt buannachadh do choimhearsnachdan, co-dhiù tha iad ann an cathair-bhailtean, bailtean-mòra, no àiteachan dùthchail.


Bidh sinn cuideachd a' faighinn agus a' lìbhrigeadh tachartasan spòrs, cultarach agus gnìomhachais fìor mhath a tha a' taisbeanadh nan tàlantan againn agus a' cur ris a' chliù againn mar an t-àrd-ùrlar as fheàrr airson tachartasan.

Colbh a h-Aon



Iomairt Latha Fhèill Anndrais



visitscotland.com



#Hametowntourist



A' togail brannd dhan àite a bhios a rèir miannan an luchd-tadhail

MARGAIDHEACHD


B' iad na leanas na prìomh phrionnsapalan stiùiridh a bh' againn airson margaidheachd na h-Alba nuair a chaidh cuingealachaidhean galar lèir-sgaoilte fhuasgladh:

- Cuidich turasachd na h-Alba gus ath-bheothachadh cho luath 's a ghabhas ann an dòigh chiallach
- Cuir air dòigh dòigh-obrach shùbailte gus tursan a bhrosnachadh bho na margaidhean as tràithe a tha ag ath-bheothachadh
- Dèan prìomhachas air ath-bheothachadh luach seach ath-bheothachadh meud
- Taisbean an raon eadar-mheasgte agus farsaing de rudan nach fhaighear ach A-mhàin ann an Alba / bathar turasachd a-muigh agus cunntachail ann an Alba
- Brosnaich luchd-tadhail gus taic a thoirt do choimhearsnachdan agus a bhith dèidheil air sgìrean ionadail le bhith a' faighinn eòlas, a' ceannach, ag ithe agus ag òl gu h-ionadail air na turasan aca

Gu cudromach, bha ar freagairt air a stiùireadh le lèirsinn, an dà chuid a thaobh gluasadan luchd-cleachdaidh agus faireachdainn agus giùlan luchd-siubhail. Cho-obrach roinn lèirsinn VisitScotland leis na bùird turasachd nàiseanta eile gus rannsachadh tracadh gu cunbhalach a chur air dòigh. An toiseach, bha seo a' cuimseachadh air luchd-còmhnaidh taobh a-staigh na RA, ar margaidh dachaigheil, le mion-sgrùdadh a bharrachd air luchd-còmhnaidh na h-Alba. Nas fhaide air adhart sa bhliadhna, thòisich rannsachadh le fòcas air margaidhean eadar-nàiseanta. Tha an dà phròiseact rannsachaidh sin a' leantainn air adhart agus a'

toirt sealladh dhuinn air faireachdainnean agus rùintean dhaoine gus tursan a ghabhail. Fhuair seo taic bho raon de rannsachadh dàrnach agus de dh'èisteachd shòisealta na h-aithisgean fiosrachaidh margaidh foillsichte fhiosrachadh agus gus cuideachadh le planadh ghnìomhachdan. Chaidh an rannsachadh againn gu lèir fhoillseachadh gu sgiobalta air VisitScotland.org. Bha seo na ghoireas cudromach do bhuidhnean is ghnìomhachasan eile.

Thar a h-uile margaidh, bha e cudromach a bhith a' toirt seachad susbaint bhrosnachail is tharraingeach gus Alba a chumail air aire dhaoine. Ag obair gu dlùth le buidhnean gnìomhachais agus roinneil, chomharraich sinn eòlasan sònraichte gun samhail ann an Alba. Tha an conaltradh againn leis an roinn turasachd-àiteachais na eisimpleir den ghnìomhachd cho-obrachail èifeachdach seo.



SGRÙDADH CÙISE

Turasachd àiteachais

Tha sgioba tar-roinneil sònraichte aig VisitScotland, a tha a' gabhail a-steach Margaidheachd Luchd-tadhail, Lèirsinn, Conaltradh Corporra agus Leasachadh Gnìomhachas agus Cinn-uidhe, air a bhith ag obair gu dlùth le ceannard na roinne, Caroline Miller. Chùm seo taic ri leasachadh turasachd àiteachais ann an Alba agus bha e a' tabhann susbaint ùr gus aire an luchd-tadhail a ghluasad nuair nach robh e comasach siubhal.

Bha am prìomh fhòcas air a bhith a' cruthachadh agus a' lìbhrigeadh susbaint ùr, iomairtean meadhanan sòisealta leithid an iomairt Lambathon le Go Rural a bha air leth soirbheachail. B' e sreath de chraolaidhean Facebook Live a bh' ann an iomairt Lambathon a chaidh a chumail le tuathanaich a bha airson fios a cho-roinn mu breith nan uan as t-earrach.. Thug an t-susbaint aca am blàr a-muigh a-staigh aig na h-amannan gun samhail seo - deagh fhaochadh do na daoine a bha ag ionndrainn blàr a-muigh na h-Alba - agus thug e sealladh brosnachail do luchd-amhairc air na rudan sònraichte ri dhèanamh ann an Alba agus de na h-àiteachan sònraichte anns am bi iad a' tachairt. Ann an 2022, choimhead còrr is 10,000 dachaighean air tursan beò air-loidhne de thuathanasan na h-Alba aig àm a' ghlasaidh-sluaigh. Bha mòran den fheadhainn a bha a' coimhead a' fuireach taobh a-muigh na h-Alba, le riochdachadh làidir bho dhùthchannan eile san RA, na Stàitean Aonaichte, Canada agus an Roinn Eòrpa.

A bharrachd air sin, bha a bhith ag toirt piseach air èifeachdas einnsean luirg airson turasachd àiteachais agus a bhith a' cruthachadh susbaint ùr air visitScotland. com co-cheangailte ri ceithir cuspairean: A' fuireach, Tursan, Biadh is Deoch agus ceannach toradh ionadail air Tuathanasan Obrachail. Thòisich an sgioba Lèirsinn againn obair air Tracadair Fàs airson Turasachd-àiteachais agus chuir an sgioba Com-pàirteachaidh againn fòcas air a bhith a' cruthachadh bathar ùr agus a' comharrachadh gnìomhachasan loidhne-pioba ùra san roinn airson eadar-nàiseantachd

AIG BAILE

Chaidh ainmeachadh gum fosgladh turasachd na h-Alba a-rithist ann am meadhan an Iuchair 2020 agus chuir sinn iomairt mhòr air bhog ann an Alba thairis air TBh, rèidio agus didseatach gus daoine a bhrosnachadh saor-làithean a ghabhail ann an Alba. A bharrachd air sin, tro Sky TV, sanasachd didseatach agus air na meadhanan sòisealta pàighte ann an Sasainn, bha e comasach dhuinn turasachd a bhrosnachadh targaichte a dhèanamh far an robh e sàbhailte sin a dhèanamh. Mar thoradh air droch bhuaidh a' ghalair lèir-sgaoilte air na cathair-bhailtean againn, chaidh taic a bharrachd a thoirt seachad gus taic a chumail ri saor-làithean sna cathair-bhailtean agus gus àiteachan sa bhlàr a-muigh sna cathair-bhailtean a bhrosnachadh.

Mar thoradh air sin, chunnaic co-dhiù 4.5 millean Albannach (còrr air 80% den t-sluagh) a' ghnìomhachd iomairt seo; agus chunnaic sinn àrdachadh mòr (gu 34%) de dh'Albannaich ùra a' fosgladh ar puist-d le àrdachadh mòr air na daoine a bha sinn a' ruigsinn air sianalan sòisealta nach eil gar leantainn.

AN ROINN EÒRPA

Tron 2020 chunnaic sinn iarrtas luchd-tadhail Eòrpach ag èirigh gu luath aon uair 's gun robh crìochan a' fosgladh a-rithist thairis air an t-samhradh agus b' urrainn do luchd-tadhail a thighinn a-steach a dh'Alba a-rithist. Le cuingealachaidhean a' teannadh agus le iarrtas air a dhol suas nach gabhadh a shàsachadh aig an àm, bha sinn airson dèanamh cinnteach gun cumamaid oirnn a' togail mothachadh air Alba mar cheann-uidhe a tha fàilteachail agus furasta a reic ri daoine, a' toirt misneachd agus brosnachadh do luchd-turais agus do proifeiseantaich turasachd nar prìomh mhargaidhean Eòrpach agus mu dheireadh gus daoine a thoirt a dh'Alba ann an 2021/22. A bharrachd air iomairt bhidio do coinsiumairean Ullaich airson Alba a chur air bhog, stèidhich sinn com-pàirteachasan susbaint le prìomh fhoillsichearan malairt siubhail air feadh na Gearmailt, na Frainge agus na h-Òlaind le bhith a' sgaoileadh ar bhidio B2B ùr, susbaint cuairt-litir shònraichte, sanasan agus sanasan taisbeanadh.

A' cur ris a' ghnìomhachd seo, thug sinn seachad raon de cho-labhairtean-lìn mu Thrèanadh Ceann-uidhe agus fhrithheil sinn grunn thachartasan malairt siubhail tron bhliadhna gus cumail oirnn a' brosnachadh a' ghnìomhachas siubhail agus a' dèanamh cinnteach gun robh Alba air a cumail air aire dhaoine mar cheann-uidhe airson tadhal nuair a bha an t-àm ann.

USA

Bha e na phrìomhachas anns na Stàitean Aonaichte Alba a chumail air aire dhaoine. Bha sinn airson dèanamh cinnteach gun rachadh saor-làithean sam bith an Alba a chaidh a chuir dheth ath-chlàradh airson 2021 agus bha sinn airson daoine le creideas an siubhail sùbailte a bhrosnachadh gus gluasad gu saor-làithean Albannach san àm ri teachd. Cho-roinn sinn ar bhidio 'Absence' leis an lìonra TBh NBC sa Ghiblean, agus air sgàth neart na dàimhe againn, chaidh a chraoladh ann am mòr-sgìre New York, agus thar na bliadhna, chaidh na prògraman sònraichte leth uair a thìde mu Alba a rinn sinn ann an com-pàirteachas le NBC ath-chraoladh.

A bharrachd air an sin, chuir sinn ris an t-susbaint a rinn sinn mu Alba do phrìomh chompanaidhean agus riochdairean turais, a' toirt seachad co-labhairtean lìn mu Thrèanadh Ceann-uidhe agus bhidio, ìomhaighean agus susbaint mu Alba gus na cliantan aca a bhrosnachadh. Tha an gnìomhachd seo air iarrrtas mòr a chruthachadh ann an Alba, le mòran gnìomhachasan ag aithris gu bheil cliantan deiseil airson tadhal air an dùthaich cho luath 's a thèid cuingealachaidhean a thogail. Ann an Ràith 4, rinneadh tasgadh ann an iomairt luchd-cleachdaidh, a' sgaoileadh a' bhidio againn 'ullaich airson Alba' air feadh Pinterest agus YouTube, aig an aon àm sa chaidh Men in Kilts fhoillseachadh air Starz. Am measg gnìomhachd eile bha com-pàirteachas susbaint le foillseachadh àrd-ìre Afar le susbaint deasachaidh brosnachail mu thurasachd cunntachail agus cothroman turasachd gun samhail.

MARGAIDHEAN A THA A' TIGHINN AM BÀRR - SÌONA IS ASTRÀILIA

Ann an Sìona, dh'fhàs na seanailean luchd-cleachdaidh againn tro dheagh sheachas, com-pàirteachadh ann an iomairtean cruinneil agus sruthadh beò soirbheachail bho chòig àiteachan ann an Alba. Choisinn na tachartasan a chaidh sruthadh beò dhuinn an t-àite a b' àirde air Weibo aig airson cunntasan airson cinn-uidhe siubhail san t-Sultain 2020 agus thar na bliadhna bha na seallaidhean cuibheasach air na puist Weibo againn faisg air 4 millean, le ìre conaltraidh cuibheasach beagan a bharrachd air 5% - ìre na b' àirde na bhiodte an dùil airson dùthaich de a meud. Tha ar dealas gus fàs a thoirt air ar làthaireachd sa mhargaidh fiù 's aig amannan duilich, a' ciallachadh gun deach Alba ainmeachadh mar 'An Ceann-uidhe as ion-mhiannaichte ann an 2021' leis an iris siubhail mhìosail Witrip.

Ann an Astràilia, chuir sinn fòcas air co-labhairtean malairt siubhail gus Alba a chumail air thoiseach. Dh'obraich sinn le VisitBritain gus sgeulachdan inntinneach mu Dhùn Èideann eachdraidheil a cho-roinn do ghnìomhachas an t-siubhail tro sgeulaichean Mercat Tours, agus cuideachd an Great Britain Mini-Series air àrd-ùrlar nan Destination Webinars. Chaidh seo a bhrosnachadh gu còrr is 67,000 luchd-fios ann an gnìomhachas an t-siubhail agus chaidh a thogail leis na meadhanan. Tha sinn a' togail air an lìonra againn tro iomairt phàighte, ann an com-pàirteachas le KarryOn, Travel Daily, Travel Weekly agus LinkedIn. Tha sinn cuideachd ag obair gu dlùth le ar com-pàirtichean aig VisitBritain anns na h-Innseachan agus leis an GCC gus susbaint na h-Alba a phutadh a-mach tro na h-àrd-ùrlaran aca

SGRÙDADH CÙISE

Com-pàirteachas Expedia

Nuair a bha sinn a' planadh na gnìomhachd margaidheachd againn a bhiodh ann às dèidh fuasgladh air cuingealachaidhean siubhail na RA, bha sinn airson cur ris a' phrìomh gnìomhachd margaidheachd againn le com-pàirtiche a bha na buidheann siubhail air-loidhne far am biodh mòran dhaoine san RA ag iarraidh àite-fuirich a chur air dòigh. Air a cheannach tro Carat fo chùmhnannt ceannach seirbheisean mheadhanan aig Riaghaltas na h-Alba, thabhann Expedia tairgse a bha a' co-roinn fiosrachadh mionaideach aig an àm cheart air dòighean sgrùdaidh is glèidhidh a thaobh àiteachan-fuirich, gus am b' urrainn dhuinn co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh; agus gnìomhachd margaidheachd a bha sùbailte a chur air dòigh, a' leigeil leinn cuimseachadh air diofar roinnean a dh'fhaodadh a bhith a' lughdachadh cuingealachaidhean aig diofar amannan; agus dà gnìomhachd adhartachaidh leantainneach – 1) gus mothachadh is tuigse a thogail a leudachadh air na rudan tarraingeach a dh'fhaodadh daoine a dhèanamh air saor-làithean ann an Alba agus 2) a bhith a' brosnachadh chlàraidhean do gnìomhachasan.

Chaidh a' gnìomhachd a chur air bhog aig deireadh an Iuchair – ag amas an toiseach air Albannaich, agus an uair sin a' leudachadh gu roinnean taghte de Shasainn is Èirinn, a bha a' coimhead airson làithean-saora san RA taobh a-muigh na h-Alba. Ag aithneachadh cho mòr-chòrdte sa tha àiteachan dùthchail, chomharraich a' gnìomhachd ìre 1 seo thar an t-samhraidh cathair-bhailtean na h-Alba gu sònraichte - le barrachd mion-fhiosrachaidh mu na bh' ann ri dhèanamh sna cathair-bhailtean agus air a' bhlàr a-muigh.

Nuair a ghluais sinn a-steach dhan fhoghar agus ìre 2 den cho-phàirteachas, chuir sinn air bhog co-ionad 'mini Scotland' taobh a-staigh àrd-ùrlar Expedia. Chaidh ochd cuspairean a chomharrachadh: Iconic City Breaks, Scenic City Escapes, Off the Grid, Ultimate Natural Playground, Culture Vultures, Taste of Scotland agus dà iomairt roinneil sònraichte (le taic bho mhaoineachadh bho na sgìrean sin): Ceann a Deas na h-Alba agus Siorrachd Àir is Arainn. Anns a' cho-ionad bha prìomh thachartasan airson a' chuspair, susbaint bhidio agus ìomhaighean brosnachail, agus ceanglaichean gu làraichean gus àiteachan-fuirich a chur air dòigh. Aig deireadh na Dàmhair, chaidh an co-aonad ùrachadh le susbaint Geamhraidh; agus a-rithist, le susbaint an Earraich aig toiseach a' Mhàirt. Chaidh an co-ionad a shanasachadh thairis air àrd-ùrlaran Expedia agus Hotels.com, agus far-làraich, ag amas air daoine a bha air ùidh a nochdadh ann an làithean saora san RA. Nuair a bha cuingealachaidhean a' teannachadh a-rithist as t-fhoghar, bha e comasach dhuinn cuideachd ar targaidean atharrachadh gu bhith ag amas daoine a bha ag iarraidh turas air falbh a chur air dòigh san àm ri teachd san àm ri teachd, i.e. aon uair 's gun robhar an dùil gum biodh cuingealachaidhean air fuasgladh.

Tha an com-pàirteachas air a bhith air leth soirbheachail a thaobh na tuigse agus an dàta a tha Expedia air a co-roinn leinn gus co-dhùnaidhean fhiosrachadh; sùbailteachd gus gnìomhachd atharrachadh mar a tha cuingealachaidhean air an teannachadh agus air an lùghdachadh; agus gnìomhachd iomairt a' toirt àrdachadh cuibheasach de chòrr air 40% ann an àiteachan glèidhte ann an Alba.

• ÀRD-ÙRLARAN DIDSEATACH

- **VisitScotland.com:** Chaidh tadhal air an làrach 14.8 millean tursan ann an 20/21, tuiteam de 32% bhon bhliadhna roimhe. Thill trafig gu ìrean àbhaisteach thairis air an t-samhradh air a chur air adhart le àrdachadh 30%+ ann an luchd-tadhail dachaigheil eadar an t-luchar agus an Dàmhair. Chuir an làrach 945k ceistean air adhart do ghnìomhachasan fa leth rè 20/21, ìsleachadh de 42% bhon bhliadhna mu dheireadh. Bha ìre an luchd-tadhail dachaigheil beagan na bu sheasmhaiche, a' tuiteam 26% bho bhliadhna gu bliadhna.
- **Bratach nan criomagan:** Anns an Fhaoilleach chuir sinn bratach cead criomagan an gnìomh ag iarraidh air luchd-tadhail dhan làraich gabhail ris gun rachadh criomagan a chleachdadh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a chleachdar gus sùil a chumail gun urra air mar a tha iad a' cleachdadh na làraich-lìn. Tha 81% de luchd-cleachdaidh a' gabhail ri criomagan, a' toirt dhuinn sealladh cudromach air treandan giùlain.
- **#HametownTourist** Nuair a bha Alba deiseil gus gluasad a-mach às a' ghlasadh-sluaigh an-uiridh, dh'obraich sinn le luchd-buaidh meadhanan sòisealta Albannach air feadh na dùthcha gus conaltradh leis na coimhearsnachdan air-loidhne aca mu bhith a' fuireach gu h-ionadail agus a' dol a-mach gus taic a thoirt do ghnìomhachasan san sgìre aca a tha air fulang mar thoradh air a' ghalair lèir-sgaoilte seo. B' e co-obrachadh a bha seo eadar sgiobaidhean corporra agus luchd-cleachdaidh a fhuair 202,000 neach-leantainn le 267,160 buillean.

Facebook Messenger: Bhon Lùnastal tha 16 mìle daoine a thadhail air làrach visitcotland.com air pop-up Facebook Messenger a chleachdadh gus ceistean fhaighneachd de VisitScotland mu phlanadh saor-làithean. Chan fheumar cunntas Facebook a bhith aig daoine gus a chleachdadh.

SGRÙDADH CÙISE

Margaidheachd fèin-obrachail

Is e a bhith a' pròiseasadh an fhiosrachaidh uile a tha ri fhaighinn fear de na gnìomhan as duilghe agus as mì-thlachdmhoire sa phròiseas do dhaoine a tha a' planadh làithean-saora. Gus am biodh e na b' fhasa agus nas spòrsaile tursan a chur air dòigh, thòisich sinn air conaltradh leis na custamairean againn tron àrd-ùrlar margaidheachd fèin-ghluasad ùr againn, a leigeas leinn èisteachd agus freagairt ri feumalachdan nan custamairean fa-leth. Bhon Ògmhios, is dòcha gum faic daoine a thadhlas air visitcotland.com no a thèid an sàs leis na meadhanan sòisealta againn sanas goirid às dèidh sin a' faighneachd am bu toil leotha am fiosrachadh as ùire fhaighinn tro phost-d. Thathar a' cur prìomh cheist no dhà air an fheadhainn a nì sin a dh'atharraicheas sa bhad an seòrsa fiosrachaidh a chuireas sinn thuca. Mus deach an siostam ùr seo a thòiseachadh, mar as trice bha suas ri 2 sheachdain mus faigheadh fo-sgrìobhaichean ùra a' chiad phost-d aca - tha seo a-nis air tuiteam gu 15 mionaidean. Tron bhliadhna tha sinn air dòighean ùra a chur ris gus an conaltradh againn leis na custamairean againn a dhèanamh cho èifeachdach agus cho feumail 's a ghabhas. Le cead an neach-cleachdaidh, is urrainn dhuinn a-nis an t-susbaint anns na puist-d a chuireas sinn atharrachadh gus a bhith nas fhaisg air na rudan a tha iad air a bhith a' rannsachadh air visitcotland.com bho chionn ghoirid. Nuair a bhios seo a dhìth, is urrainn dhuinn cuideachd ceistean sònraichte fhaighneachd dhan neach-ceannach gus atharrachaidhean fada nas motha a dhèanamh air mar a chuidicheas sinn iad le bhith a' planadh an turais aca. Anns a' bhliadhna a tha romhainn, chì luchd-cleachdaidh a tha ag iarraidh seirbheis phearsanta gu bheil an làrach-lìn a' freagairt air an turas a tha iad a' planadh, a' cleachdadh inntleachd fuadain gus cuid den obair mhòr a dhèanamh ann a bhith a' pròiseasadh an fhiosrachaidh a tha ri fhaighinn

SCOTLAND IS NOW - IOMAIRTEAN BRANND NA H-ALBA

TAIC RI FÈISEAN GEAMHRAIDH NA H-ALBA

Tro mhìosan a' gheamhraidh, libhrig VisitScotland prògram farsaing de ghnìomhachdan adhartachaidh mar thaic do dh'iomairtean fo stiùir Riaghaltas na h-Alba a thaobh Latha Fhèill Anndrais agus Oidhche Burns, an dà chuid an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.

Bha iomairt Latha Fhèill Anndrais a' cuimseachadh air a' **bhidio Coibhneas**, a' cur cuideam air a bhith a' ruighinn a-mach gu feadhainn eile taobh a-staigh choimhearsnachdan, gu sònraichte mar thoradh air dùbhlain a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19. Bhrosnaich gnìomhachd Oidhche Burns, a' gabhail a-steach tachartasan a fhuair taic tro Mhaoin Ath-bheothachaidh Tachartasan na h-Alba, daoine gu bhith a' comharrachadh na h-oidhche gu bhiorail agus gu sàbhailte aig an taigh, agus a bhith a' postadh air na meadhanan sòisealta mu na deochan-slàinte Burns bhiorail aca fhèin air feadh an t-saoghail.

Thug sinn taic do ghnìomhachdan Latha Fhèill Anndrais le iomairt tron àrd-ùrlar didseatach Teads, a fhuair 19% a bharrachd seallaidhean na an àireamh targaid againn. Airson Oidhche Burns ghabh rionnag Outlander Sam Heughan pàirt ann gus an deoch-slàinte chruinneil bhiorail a thoirt seachad agus rinn sinn iomairt PR for-ghnìomhach gus sgeulachdan fhaighinn sna meadhanan.

Chaidh teachdaireachdan is stuthan a' cumail taic ris an dà iomairt a cho-roinn anns na seanailean aig VisitScotland agus chaidh an sgaoileadh do ghrunn chom-pàirtichean tro na seanailean aca. Bha iad sin a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, DMO, còmh-dhail, dualchas, cultar agus com-pàirtichean diaspora.

Bha ruigsinneachd aig iomairt Latha Fhèill Anndrais de 7.4 millean duine, le taic bho 85 com-pàirtiche dachaigheil agus 950 com-pàirtichean eadar-nàiseanta, agus ràinig craoladh nam meadhanan mu Oidhche Burns faisg air 132 millean duine air feadh na h-Alba, na Roinn Eòrpa agus Ameireaga a Tuath.

A' FÀGAIL AN AE AGUS IOMAIRT ULLAICH AIRSON ALBA

Mar thoradh air a' galar lèir-sgaoilte agus aig deireadh ùine eadar-ghluasaid Brexit, chuir sgioba Brand na h-Alba an iomairt Scotland is Here aca air bhog a bha a' togail air a' ghnìomhachd Scotland is Open a bh' ann roimhe (2019). Bha an iomairt ag amas air Alba a thaisbeanadh mar dheagh àite, le sealladh adhartach agus a cliù a neartachadh mar nàisean aoigheil, lèirsinneach ceangailte ris an t-saoghal, agus a bhith a' taisbeanadh luachan na h-Alba agus a dòigh-obrach airson ath-bheothachadh cothromach is uaine aig ìre na cruinne. Rinn an iomairt bhidio gu math thairis air na seanailean agus tha measadh rannsachaidh bho chionn ghoirid air sealltainn gu bheil sinn fhathast a' togail air deagh bheachdan air Alba taobh a-staigh margaidhean na Roinn Eòrpa.

Gus brath a ghabhail air gnìomhachd Brand na h-Alba airson a bhith a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich, chuir VisitScotland an iomairt "Ullaich airson Alba" air bhog aig toiseach a' Mhàirt 2021 le bhith a' dol beò ann an 5 margaidhean Eòrpaich: An Fhraing agus a' Ghearmailt, an Spàinn, an Eadailt agus an Òlaind. B' e amasan na h-iomairt na prìomh bhidiothan againn (1 agus 2) a sgaoileadh le bhith a' toirt cuireadh dhan luchd-èisteachd Eòrpaich againn Alba a chumail san amharc, a bhith ag aisling mun ath thuras aca agus a bhith deiseil nuair a thig an t-àm airson siubhal a-rithist.

Ann an àrainneachd air leth farpaiseach, bha sinn ag amas air mothachadh mu Alba a chumail ann an margaidhean an Aonaidh Eòrpaich. Thug tasgadh ann an YouTube cothrom dhuinn Brand Lift Study (BLS) a dhèanamh, a chuidicheas le bhith a' tomhas buaidh na h-iomairt againn agus a bhith a' cruinneachadh lèirsinnean ann am margaidhean. Rinn an iomairt tòrr na b' fheàrr na chaidh ro-innse agus bha i gu math cosg-èifeachdach thar gach seanail. Air YouTube, sheall an Sgrùdadh Brand Lift àrdachadh math thar gach dùthcha, leis an Òlaind a' faicinn an àrdachaidh as motha de 11% gu h-iomlan, le àrdachadh sònraichte anns na h-aoisean nas òige.

PR DO CHOINSIUMAIREAN

Bidh sgioba PR an Luchd-cleachdaidh ag obair le meadhanan siubhail agus dòigh-beatha air feadh na cruinne fad na bliadhna, gus naidheachd cinn-uidhe brosnachail fhaighinn airson Alba.

Ged a bha innleachdan ‘àbhaisteach’ air an cuingealachadh gu mòr, tha beachdan aig a’ prìomh luchd-conaltraidh againn airson sgeulachdan iomchaidh, cunntachail airson Alba agus tha seo ri fhaicinn nar gnìomhachd a tha air duaisean a chosnadh agus san deagh stuthan sna meadhanan a thathar a’ cruthachadh.

Tha e deatamach gun innsear an sgeulachd cheart, dhan luchd-amais cheart, aig an àm cheart ma tha sinn gu bhith air ar cluinntinn ann am margaidh nam meadhanan a tha trang agus cha robh seo a-riamh cho fìor ‘s a tha e an-dràsta agus a h-uile ceann-uidhe a’ farpais airson an luchd-tadhail a’ tilleadh airson a’ chiad uair. Bha an iomairt Coo Cam againn, ann an com-pàirteachas le GoPro, na deagh eisimpleir de bhith a’ dèanamh teachdaireachd a tha a’ togail air mar a tha daoine a’ faireachdainn aig an àm.

SGRÙDADH CÙISE

Swap your blues for coos!

Cha mhòr bliadhna a-steach do chuingealachaidhean siubhail, b’ e an dùbhlán cumail oirnn a’ toirt taic do ghnìomhachas le gnìomhachd gus Alba a bhrosnachadh mar cheann-uidhe agus a chumail air aire luchd-cleachdaidh eadar-nàiseanta, ach a bhith a’ seachnadh a bhith a’ cur ri ‘sgìths bhiortail’. B’ e suidheachadh na teachdaireachd ceart an rud as cudromaiche - is mar sin, chuir sinn fàilte air a’ bhò Ghàidhealaich bhrèagha!

Chuir sinn a’ chiad ‘Coo Cam’ againn a-riamh air bhog ann an co-bhonn ri GoPro gus gearradh tron fhuaim sna meadhanan agus gus deagh phìosan fhaighinn sna meadhanan aig an ìre as àirde mu Alba mar cheann-uidhe adhartach nuair a bha Covid-19 a’ dol agus tachartasan cruinneil eile a’ dol air adhart agus a’ stiùireadh conaltradh sòisealta tro bhith a’ cruthachadh susbaint bhuanmhor. Thug seo cothrom dhuinn brannd VisitScotland a shuidheachadh mar bhrannd smaoinichail, eadar-ghnìomhach agus, nas cudromaiche, daonna le bhith a’ tabhann sgeulachd a bha a’ sealltainn àbhachdas agus blàths na h-Alba aig àm gu math duilich. Leis a’ chom-pàirteachas le GoPro b’ urrainn dhuinn cur ri ruigsinneachd agus buaidh na h-iomairt agus bunait a stèidheachadh airson gnìomhachd san àm ri teachd.

Chruthaich sinn iùl luchd-cleachdaidh agus chuir sinn a-mach an uidheamachd GoPro gu com-pàirtichean turasachd-àiteachais - Kitchen Coos & Ewes agus Swanston Farm - gus dealbhan a ghluacadh iad fhèin. Rinn sinn deasachadh 30-diogan de na pìosan as fheàrr gus susbaint iomchaidh a dhèanamh do na meadhanan sòisealta, post-d agus visitscotland.com agus chuir sinn seo air bhog Dimàirt 12 Faoilleach le prògram conaltraidh co-òrdanaichte. Chaidh fios naidheachd agus bhidio a sgaoileadh do na meadhanan cruinneil agus chaidh gearradh den Coo Cam bheò do na meadhanan sòisealta a sgaoileadh thairis air seanalan sòisealta VisitScotland (a’ gabhail a-steach seanalan ann an diofar chànanan). Chaidh am film a cho-roinn le com-pàirtichean malairt siubhail agus chaidh a chur do dhaoine air an stòr-dàta luchd-cleachdaidh againn tro chuart-litrichean puist-d - chaidh an cur gu còrr is 1.2 millean luchd-faighinn. Chaidh GoPro an sàs gu gnìomhach leis an t-susbaint uile agus nochd cuid beò air na sgeulachdan Instagram aca - le gearradh sònraichte den bhidio airson a chur air na seanailean aca as t-earrach.

Bha an iomairt cho soirbheachail is gun do chruthaich sinn deasachadh sònraichte airson Bliadhna Ùire na Sìona gus Bliadhna an Daimh (no Bliadhna na Bà mar a chanas sinn ris) a chomharrachadh sa Ghearran agus cam bèibidh bò ùr sa Ghiblean gus Seachdain na h-Alba a chomharrachadh.

Fhuair sinn còrr is 40 sgeulachdan àrd-inbhe le ruigsinneachd de chòrr is 23 millean. Am measg nam prìomh sgeulachdan air feadh na cruinne bha Travel + Leisure, The Australian, Matador, Lonely Planet, Sina agus barrachd. Thairis air seanailean sòisealta cruinneil VisitScotland (Twitter, Facebook agus Instagram) bha còrr is 146,000 sealladh air a’ choo cam tùsail agus bha ruigsinneachd aige de chòrr is 593,000. Bha còrr air 24,000 sealladh aig Coo Cam Bliadhna Ùr na Sìona

PRÒGRAM TACHARTASAN GOILF

Coltach ris a h-uile spòrs air feadh an t-saoghail, chaidh goilf a bhualadh gu cruaidh leis a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19 le cuairtean cruinneil a' tighinn gu stad obann sa chiad leth de 2020 agus Prìomh Cho-fharpaisean an dàrna cuid air an cur dheth rè ùine no air an cur dheth gu tur.

Ach, a dh'aindeoin nan dùbhlann mòra a bha an cois chuingealachaidhean siubhail, lean cliù na h-Alba mar Dachaigh a' Ghoilf le bhith a' toirt aogheachd do cheithir tachartasan an lùib chuaritean aig ìre chruinneil an dà chuid do dh'fhir is do bhoireannaich.

A' daingneachadh dealas na h-Alba a thaobh co-ionannachd, b' e Farpais Fhosgailte Albannach Obar Dheathain nam Ban aig Standard Investments san Lùnastal aig Club Goilf an Renaissance ann an Lodainn an Ear a' chiad tachartas cuairt nam boireannach a chaidh a chumail taobh a-muigh nan Stàitean Aonaichte bho thòisich glasaidhean-sluaigh air feadh na cruinne, a' toirt seachad cothrom cluiche deatamach agus ìomhaigh sna meadhanan do na farpaisich. Chaidh a leantainn le Farpais Fhosgailte nam Ban aig AIG aig Royal Troon ann an Siorrachd Àir, a' chiad fharpais mhòr do bhoireannaich a chaidh a chluich ann an 2020, a' ciallachadh gun do chumadh dà fharpais do bhoireannaich ann an Alba ann an sreath ri chèile aig àm nuair nach robhar a' toirt taic do ghoilf boireannaich aig an ìre nas àirde ann an àite sam bith eile.

Ged a thachair an dà thachartas air cùl dhorsan dùinte le cluicheadairean is oifigich ag obair ann am builgeanan bith-thèarainte, thug iad cothrom goilf na h-Alba agus goilf nam ban a thaisbeanadh air àrd-ùrlar cruinneil nuair nach robh mòran spòrs ga chraoladh fhathast. Bha an taisbeanadh aca mar thoradh air oidhirpean com-pàirteachais eadar IMG agus

an R&A mar luchd-eagrachaidh nan tachartasan agus Riaghaltas na h-Alba, VisitScotland agus oifigearan slàinte phoblach gus dèanamh cinnteach gun gabhadh an cumail gu sàbhailte.

Ann an Dàmhair, thill goilf nam fear aig an ìre as àirde a dh'Alba le Farpais Fhosgailte na h-Alba aig Aberdeen Standard Investments aig Club Goilf an Renaissance ann an Lodainn an Ear, a bha clàraichte an toiseach san luchar ach a chaidh a phutadh air ais gu bhith na phàirt de *swing* an Fhoghair aig Cuairt na h-Eòrpa a bha cuideachd a' gabhail a-steach cuairt ùr a chaidh a chruthachadh: Farpais na h-Alba aig Fairmont Chill Rìmhinn.

Coltach ri tachartasan nam ban, chaidh an dà thachartas a chumail air cùl dhorsan dùinte le co-obrachadh eadar an Turas Eòrpach, Riaghaltas na h-Alba, VisitScotland agus oifigearan slàinte phoblach a bha aig cridhe cruthachadh phlanaichean lìbhrigidh coileanta gus cunnart a lasachadh.

Bha a leithid de mhiann ann airson spòrs beò, is gun do lìbhrig Farpais Fhosgailte Obar Dheathain aig Standard Investments ìomhaigh chudromach anns na meadhanan airson Alba mar an tachartas Chuairt Eòrpach as motha a choimhead daoine air Sky Sports bho thòisich clàran agus le còrr is 40 millean buillean thar nam meadhanan sòisealta.

A bharrachd air craoladh sna meadhanan air feadh an t-saoghail gus Alba a chumail air aire dhaoine mar cheann-uidhe turasachd goilf, bha portfolio tachartasan goilf na h-Alba math airson an dà chuid airson spòrs is dhan chomann-sheòrsa sòisealta, a' toirt taic do bhuidhnean carthannais oifigeil leithid Banca Bidhe Lodainn an Ear agus Comann Slàinte-inntinn na h-Alba (SAMH) agus prìomh iomairtean leithid slàinte is sunnd, teachdaireachdan sàbhailteachd poblach agus ag aithneachadh luchd-obrach NHS agus prìomh luchd-obrach eile

TACHARTASAN DO GHNÌOMHACHAS

Às aonais gnìomhachd cliaint aghaidh-ri-aghaidh no taisbeanaidhean malairt bho 2019, tha Tachartasan Gnìomhachais VisitScotland air fòcas a chur air a bhith a' solarachadh àrd-ùrlaran airson prìomh ionadan agus gnìomhachasan ro-innleachdail ann an Alba gus am faic luchd-amais na RA, na h-Eòrpa agus na Cruinne sinn a' cleachdadh an t-suaicheantas nàiseanta againn. Rinneadh seo tro làthaireachd aig àrd-ùrlaran bhiortail air an ruith le IBTM, IMEX, NorthStar, Smart Meetings agus eòlaichean tachartasan gnìomhachais eile. Bhiodh àrd-ùrlar àbhaisteach air a lìbhrigeadh ann an cruth choinneamhan fa leth air an cumail thairis air co-labhairt bhidio le suas ri 150 cliantan ro-theisteanach, a bharrachd air seiseanan foghlaim sònraichte dhan gnìomhachas agus seiseanan lìonraidh a bha air an cumail grunn thursan le Tachartasan Gnìomhachais VisitScotland.

Tha an obair seo air a bhith deatamach ann a bhith a' cumail na loidhne-pìoba fosgailte agus conaltraidh a' leantainn, agus ag aithneachadh nan dùbhlain a tha an lùib fòrladh a bh' aig luchd-obrach air taobh nan cliant agus nan ionad airson ùine ghoirid le VisitScotland a' lìonadh na beàrn.

Anns a' bhliadhna a dh'fhalbh bha barrachd leasachadh is atharrachadh air Modal air Stiùireadh le Poileasaidh do Thachartasan Gnìomhachais (*Policy-Driven Model - PDM*) a tha a' co-thaobhadh ri mar a tha sinn a' feuchainn ri tachartasan gnìomhachais a thàladh a tha a rèir Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte agus Frèam Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba. Tha am PDM air fàs gu bhith na phrògram ath-bheothachaidh airson 2022-2025, aig an aon àm ri bhith a' cluich prìomh phàirt ann an lìbhrigeadh poileasaidh na h-Alba suas gu 2030 agus a' stiùireadh atharrachadh eaconamach is sòisealta anns gach ceàrnaidh de dh'Alba.

TURAS ATHARRACHAIDH

Chuir VisitScotland Business Events an iomairt as ùire aca air bhog sa Mhàrt 2021 do luchd-èisteachd air-loidhne de chòrr is 400 luchd-ùidh, com-pàirtiche agus cliant air feadh an t-saoghail. Tha an iomairt Journey to Change a' taisbeanadh mar as urrainn do thachartasan gnìomhachais cuideachadh le bhith dèiligeadh ri cuid de na dùbhlain as motha san t-saoghal, a' gabhail a-steach atharrachadh gnàth-shìde, co-ionannachd, cur às do bhochdainn, agus cathair-bhailtean seasmhach.

Thar na bliadhna a dh'fhalbh, tha sinn air ath-mhìneachadh a dhèanamh air dè as urrainn do thachartasan gnìomhachais cur ris a' chomann-shòisealta agus cho cudromach 's a tha iad sa phròiseas ath-bheothachaidh. Tha Journey to Change a' co-thaobhadh ris na 17 Amasan Leasachadh Seasmhach aig na Dùthchannan Aonaichte agus tha e a' brosnachadh àrd-amasan na h-Alba tron Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta le teachdaireachdan sònraichte do choimhearsnachd thachartasan gnìomhachais na cruinne.

Chaidh am foillseachadh fìor shoirbheachail a leantainn le sgeulachdan mòra sna meadhanan air feadh an t-saoghail, a' brosnachadh builean didseatach agus cliù eadar-nàiseanta mar iomairt lèirsinneach dhan gnìomhachas an toiseach.

PRÒGRAM NAN TACHARTASAN EADAR-NÀISEANTA

Ged a chaidh iomadh tachartas is fèis ann an Alba a chur dheth mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte, chaidh aig cuid de na tachartasan as suaicheanta air a' mhaoineachadh aca tro Phrògram nan Tachartasan Eadar-nàiseanta a chleachdadh gus modalan lìbhrigidh ùra a chruthachadh. Rinn seo cinnteach gun cumadh iad am ìomhaigh air an àrd-ùrlar eadar-nàiseanta agus iad cuideachd a' cumail a' cheangail aca ris an luchd-èisteachd aca. Am measg nan tachartasan bha Marathon Baxters Loch Nis, Fèis Ealain Dhùn Èideann, Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann, Oidhche Challainn Dhùn Èideann, agus Fèis Film Ghlaschu.

Ghluais mòran thachartasan gu cruth air-loidhne, agus bha cuid comasach air gabhail ri cruth measgaichte. Thabhainn Fèis Ealain Dhùn Èideann roghainn de thaisbeanaidhean

air-loidhne agus thaisbeanaidhean beò air an làraich-lìn aca, a bharrachd air beagan phròiseactan a nochd air làraichean poblach timcheall a’ bhaile. Thug lìbhrigeadh a’ phrògram shònraichte seo cothrom dhan fhèis luchd-ealain, buidhnean air feadh a’ bhaile agus, gu cudromach, an luchd-èisteachd, a bhrosnachadh a thighinn còmhla aig na h-amannan dùbhlach seo.

Chruthaich Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann prògram a bha gu ìre mhòr didseatach co-cheangailte ris a’ bhun-bheachd “My Light Shines On” stèidhichte air a’ bheachd air “solais taibhseach” a bhios air fhàgail air ann an taighean-cluiche às dèidh dealbhan-cluiche. Dh’obraich an fhèis le grunn phrìomh luchd-ealain agus companaidhean Albannach gus susbaint agus goireasan ùra a chruthachadh, a’ gabhail a-steach a bhith a’ cleachdadh a’ mhaoineachaidh gus co-obrachadh leis na dealbhadairean solais Albannach Kate Bonney agus Simon Hayes bho Lightworks gus taisbeanadh draoidheach a chruthachadh air feadh a’ bhaile air faire air oidhche fhosgaidh àbhaisteach na Fèise.

Thòisich a’ chiad Oidhche Challainn bhiortail ann an Dùn Èideann le taing shònraichte do phrìomh luchd-obrach tro bhogha frois de chleasan teine os cionn Caisteal Dhùn Èideann. Às dèidh seo bha film trì-phàirteach leis an tiotal *Fare Well* a thug còmhla faclan Makar na h-Alba, Jackie Kay, ceòl NiteWorks, guthan tàlant cliùiteach Albannach a’ gabhail a-steach David Tennant agus teicneòlas dròn ùr-ghnàthach gus an sgoath dhrònaichean as motha san RA a chruthachadh.

Chuir luchd-eagrachaidh Marathon Baxters Loch Nis agus Festival of Running fòcas air an Runners Café soirbheachail aca, ga chur air-loidhne le sreath de sheiseanan cheistean is fhreagairtean. Bhrosnaich iad cuideachd luchd-ruith a bhith a’ comharrachadh an latha a bhiodh air a bhith na latha rèis le bhith a’ co-roinn dhealbhan den ruith Didòmhnaich aca fhad ‘s a bha Niseag, suaicheantas a’ mharatoin, a’ ruith slighe a’ mharatoin, a’ co-roinn chrìomagan bhidio agus dealbhan de sheallaidhean iongantach Loch Nis air na meadhanan sòisealta air an t-slighe

Ged nach b’ urrainn dhuinn a bhith an làthair aig tachartasan agus fèisean sa chruth àbhaisteach aca thairis air na 12 mìosan a dh’fhalbh, tron Phrògram Eadar-nàiseanta bha e comasach do thachartasan agus fèisean a chumail an inntinn dhaoine agus a bhith a’ conaltradh le luchd-amais air sgèile fharsaing agus cuideachd a bhith a’ toirt taic dhan luchd-ciùil, luchd-ealain agus solaraichean a tha cho cudromach airson mairsinneachd na roinne



A' tasgadh ann an coimhearsnachdan turasachd agus tachartasan na h-Alba

Tha VisitScotland a' toirt seachad ceannardas ann a bhith a' cruthachadh turasachd agus eòlas luchd-tadhail àrd-inbhe ann an Alba. Tron cholbh seo bidh sinn ag obair gus tasgadh a tharraing còmhla a bheir comas do chinn-uidhe, luchd-seilbh gnìomhachais agus eòlaichean roinne tasgadh a dhèanamh ann an eadar-nàiseantachd.

Bidh sinn cuideachd a' toirt seachad ceannardas ann a bhith a' cruthachadh cinn-uidhe àrd-càileachd iomlan, a tha a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad fiosrachadh àrd-inbhe do luchd-tadhail far a bheil feum aca air, nuair a tha feum aca air, agus ann an cruth a tha a rèir am feumalachdan.

Le bhith ag obair còmhla tha sinn ag àrdachadh cliù gnìomhachas turasachd is thachartasan na h-Alba mar nì a tha a' cur gu mòr ri


eaconamaidh na h-Alba, mar roghainn dreuchd agus mar ghnìomhachas a chuireas ri beatha an dà chuid luchd-tadhail agus luchd-còmhnaidh.

Mar phàirt den cholbh seo tha sinn a' toirt taic do chom-pàirtichean gnìomhachais ann am prìomh raointean ro-innleachdail: lèirsinn, eòlas chustamairean, tachartasan, margaidheachd agus leudachadh didseatach. A thaobh nithean didseatach, tha sinn a' toirt taic do ghnìomhachasan gus na sgilean didseatach a thogail a dh'fheumas iad gus cleachdaidhean gnìomhachais didseatach a libhrigeadh.

Mu dheireadh, bidh sinn ag obair leis a' ghnìomhachas gus dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan sòisealta is eaconamach air an co-roinn air feadh na dùthcha.

Colbh a Dhà

Tachartasan do Ghnìomhachas an t-Siubhail



12 tachartasan anns an do ghabh sinn pàirt

300 Gnìomhachasan Albannach

5,500 Com-pàirteachaidhean


Is toil le Alba Ionadail

200
Tairgsean gnìomhachais

5,281
seallaidhean air duilleagan

Ràinig gnìomhachd mheadhanan

132
millean



Maoin Bun-structar na Turasachd Dùthchail

£6 millean

air a thoirt do
26
pròiseactan

bho
11
sgìrean ùghdarrais Iorpa



A' tasgadh ann an coimhearsnachdan turasachd agus tachartasan na h-Alba

IS TOIL LE ALBA IONADAIL

Chaidh an iomairt "Is toil le Alba ionadail" a chur air bhog air 1 Dùbhlachd 2020 mar iomairt ro-innleachdail gus taic a thoirt dhan ghnìomhachas againn aig an àm nuair a bha am feum as motha aca air agus gus luchd-tadhail a bhrosnachadh gus faighinn a-mach na tha ri fhaighinn air an stairsneach aca fhèin - gus smaoineachadh, ceannach agus rudan a dhèanamh gu h-ionadail.

Rinn sgiobaidhean VisitScotland feum de dh'eòlas agus de ghoireasan tar-chuspaireil gus iomairt a libhrigeadh, a ghabhadh a cho-roinn, a' cruthachadh mothachadh agus teachdaireachdan innleachdach mu bhith a' ceannach gu h-ionadail. B' e a' ghnìomhachd seo an iomairt a chuir sinn air dòigh ro na h-iomairtean mu thurasachd chunntachail agus mun iomairt mu ullachadh gus cuireadh a thoirt do dhaoine a thiginn a dh'Alba is a bhith a' bhith a' tighinn beò ann an dòigh coltach ri muinntir an àite.

Fhuaradh faisg air 200 tairgse gnìomhachais airson na gnìomhachd seo a chaidh a thaisbeanadh tro na seanailean againn fhèin agus thog cuspairean làitheil (24) a' gabhail a-steach Afternoon Teas, High Street Heroes agus Virtual Adventures mothachadh air rudan san stairsneach againn fhèin agus bhrosnaich e daoine gus na rudan seo a dhèanamh tro reic eàrlasan.

Sheall am measadh againn air a' ghnìomhachd seo gun robh Biadh is Deoch air aon den fheadhainn a bu threasa a chòrd ri daoine thar sheanailean agus gun robh Alba air an Oidhche am measg an fheadhainn a bu threasa air meadhanan sòisealta organach. Thairis air 4-seachdain de dh'obair; fhuair an duilleag iomairt againn 5,281 sealladh air duilleagan / 2,973 sealladh air leth air duilleagan agus a ràinig ar gnìomhachd pàighte sna meadhanan le News Scotland agus rèidio Bauer 1.3 millean agus 2.15 millean neach fa leth. Thar na h-obrach PR againn, fhuair sinn 73 sgeulachdan le ruigsinneachd de 1.47 millean neach.

INTERMEDIARY MARKETING

Ghluais fòcas gnìomhachd margaidheachd eadar-mheadhanach VisitScotland tro 2020/21 gus taic a thoirt do ghnìomhachasan ann a bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain a tha an lùib a' ghalair lèir-sgaoilte. Bha luchd-siubhail eadar-mheadhanach aig nach robh clàradh sam bith ri stiùireadh airson ùidh an luchd-cleachdaidh a chumail suas agus thug sinn seachad fiosrachadh agus maoin dhidseatach gus an cuideachadh gus an luchd-èisteachd aca a bhrosnachadh gus a bhith a' bruidh mu Alba.

Le luchd-obrach turais sgileil air fòrladh no le luchd-obrach air an daingneachadh agus air an lùghdachadh, bha cunnart ann gun rachadh an t-eòlas a bha luchd-ceannach air togail mu Alba thairis air na bliadhnaichean ann an cunnart a bhith air chall; thug sgioba VisitScotland seachad fiosrachadh agus mhodail iad clàran-siubhail a bha stèidhichte air an stuth a bha ri fhaighinn, gus a dhèanamh furasta do luchd-turais Alba a reic sa bhad cho luath 's a bha iad deiseil. Thòisich companaidhean turais air feadh na cruinne air an tairgse aca a chuibhreannachadh, le fòcas air nas tursan as mòr-chòrdte, ach cuideachd an fheadhainn a tha a' gabhail a-steach cinn-uidhe nas dùthchaile agus àiteachan a tha gam meas nas sàbhailte. Thug sgioba VisitScotland seachad taic ann a bhith a' comharrachadh bathar ùr an àite bathar nach robh ri fhaighinn tuilleadh agus thug iad seachad fois-inntinn mu Dhearbhaidh Càileachd agus 'Deiseil is Deònach' airson bathar agus gnàth-eòlasan.

Chaidh tachartasan malairt siubhail B2B agus àrd-ùrlaran bùth-obrach uile didseatach ann an 2020/21. Ghabh sinn pàirt ann an 12 tachartas malairt siubhail bhiortail, le timcheall air 300 gnìomhachas turasachd Albannach a tighinn còmhla rinn airson 5,500 tachartas gnìomhachais, leis an tachartas ùr againn fhèin *Scotland Reconnect 2020* mar phrìomh dhràibhear airson nan cothroman gnìomhachais sin.

SGRÙDADH CÙISE

Scotland Reconnect 2020

As t-Earrach 2020 nuair a bh' againn ri ar prìomh fhèill malairt siubhail VisitScotland Expo a chur dheth mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte, dh'obraich ar sgiobaidhean margaidheachd, tachartasan agus IT gus rudeigin eile a lìbhrigeadh na àite. Chaidh mòran de dh'fhòcas na buidhne a chur air taic sa bhad do ghnìomhachasan, ach bha e soilleir cuideachd gun robh feum air taic do phlanadh, leasachadh bathair agus a' cur chùmhnanntan air dòigh gus dèanamh cinnteach gum biodh clàraidhean ann airson 2021, 2022 agus às dèidh sin.

San t-Samhain 2020 chuir VisitScotland *Scotland Reconnect 2020* air bhog, a' chiad tachartas bùth-obrach gnìomhachas-gu-gnìomhachas didseatach a-riamh aig a' bhuidhinn agus thug e cothrom an-asgaidh seachad do ghnìomhachasan a bha deiseil airson malairt a bhith an làthair. Ghabh 257 gnìomhachasan turasachd Albannach pàirt gus coinneachadh gu bhiortail le 265 neach-ceannach siubhail eadar-mheadhanach, luchd-turais agus mòr-reiceadairean bho 23 dùthaich, bhon RA, a' Ghearmailt, an t-Suain gu na SA, Astràilia agus Comhairle Co-obrachaidh a' Ghuilf, a' gabhail a-steach dùthchannan a' gabhail a-steach Nan Emirates Arabach Aonaichte. Thug an t-àrd-ùrlar a chaidh a chruthachadh taic do mu 5,000 tachartas gnìomhachais a bharrachd air eòlasan bhiortail bho Thaigh-staile Glengoyne, Mercat Tours agus The Scotch Whisky Experience agus seiseanan pannail a' beachdachadh air cùisean làithreach a tha mu choinneamh a' ghnìomhachais leithid buaidh Brexit, gluasadan cruinneil agus siubhal cunntachail. Bha fios air ais bho chom-pàirtichean air leth fàbharach agus mar sin, chaidh dàrna tachartas Scotland Reconnect a chumail sa Ghiblean 2021.

SPOTLIGHT PAN-MHARGAIDH AIG ÀM COVID

Nuair a sgaoil an galar, bha an lìonra farsaing de luchd-fios againn aig companaidhean turais agus companaidhean-adhair air feadh an t-saoghail air leth luachmhor. Tro na dàimhean dìreach sin, bha e comasach dhuinn "sealladh air an talamh" fhaighinn air an t-suidheachadh fhad 's a bha e ag atharrachadh gus na co-dhùnaidhean againn fhiosrachadh agus gus fiosrachadh a cho-roinn le gnìomhachas na h-Alba agus luchd-ùidh aig an taigh.

Tro na dàimhean le eadar-mheadhanairean Sìneach bha tuigse thràth againn air an t-suidheachadh bhon Fhaoilleach 2020. Ghluais an sgioba gu modh taic is fios nuair a bha an galar-sgaoilte a' leudachadh. Bha conaltradh dà-shligheach fìor chudromach. A' toirt seachad fiosrachadh mu inbhe ghnòthachasan turasachd na h-Alba do ar com-pàirtichean eadar-mheadhanach agus companaidh adhair agus a' toirt seachad ùrachaidhean margaidh dhan luchd-ùidh agus gnìomhachasan Albannach againn.

Bhon Chèitean - an t-luchar 2020 chaidh aithisg fiosrachaidh margaidh seachdaineil a dhèanamh a' toirt seachad ùrachaidhean mu shuidheachadh na cruinne a bharrachd air fiosrachadh sònraichte bho gach tè de na prìomh mhargaidhean againn. Do na com-pàirtichean eadar-mheadhanach againn, thug sinn ùrachaidhean leantainneach dhaibh mu ath-fhosglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann agus chuir sinn am fiosrachadh às ùr thuca mu shiubhal eadar-nàiseanta agus slighean adhair. Chaidh an aithisg seo a cho-roinn tro na seanailean conaltraidh gnìomhachais againn, far a bheil seallaidhean airson prìomh mhargaidhean fhathast gu ùrachadh gu tric.

Ghabh sinn cuideachd an cothrom gus an gnìomhachd trèanaidh ceann-uidhe againn a bhrosnachadh do chom-pàirtichean eadar-mheadhanach anns na prìomh mhargaidhean againn - a' leudachadh na gnìomhachd lìn brosnachail 'Fàilte gu Alba' gu cuspairean iomchaidh - sòghalachd, siubhal cunntachail, sinnsearachd, eòlasan gun samhail is msaa. A bharrachd air seo, ag aithneachadh nan atharrachaidhean air mar a bhios daoine buailteach siubhal eadar-nàiseanta a cheannach san àm ri teachd, mheudaich sinn ar gnìomhachd am measg luchd-comhairle siubhail - a' cruthachadh prògram conaltraidh, agus a' dèanamh tuilleadh ghnàthachaidh air an fhiosrachadh a chuireas sinn thuca - a' gabhail a-steach susbaint margaidheachd gus an cuideachadh le bhith a' reic Alba dhan luchd-dèiligidh aca, a bharrachd air fiosrachadh mu ghnìomhachasan turasachd na h-Alba.

PRÌOMH NAIDHEACHDAN MARGAIDH

AN ROINN EÒRPA

Leis an iomairt B2B againn san Fhraing, sa Ghearmailt, agus san Òlaind bha sinn airson mothachadh a thogail mu Alba mar cheann-uidhe fàilteachail agus malairt a bhrosnachadh ann an Alba ann an 2021/22. Bha an iomairt seo a' gabhail a-steach com-pàirteachasan susbaint le prìomh fhoillsichearan malairt siubhail is LinkedIn agus chleachd sinn a' bhidio B2B ùr a chaidh a leasachadh leis an sgioba a-staigh againn.

AMEIREAGA A TUATH IS ASTRÀILIA

Chuir sinn fòcas air gnìomhachd gus barrachd chomhairlichean siubhail fhadhadh agus chaidh prògram conaltraidh ùr a chur air bhog gus an cuideachadh le bhith a' brosnachadh nan cliantan aca gus tadhal air Alba. Ràinig gnìomhachd NorthStar 770 comhairlichean siubhail àrd-ìre ro-theisteanichte anns na Stàitean Aonaichte is Canada, agus fhuair gnìomhachd ann an Astràilia stiùirichean comhairleachaidh siubhail ùra.

Mar thoradh air iomairt margaidheachd ann an Ameireaga a Tuath le TravelZoo anns a bheil 8 companaidhean turas a' tabhann saor-làithean bhon Fhoghar 2021, chaidh 13k daoine a thoirt air adhart do na com-pàirtichean againn, còmhla ri sreath de chlàraidhean dìreach airson bathar turasachd Albannach.

SÌONA

Tha cunntas WeChat oifigeil ùr a chaidh a chur air bhog gu sònraichte airson eadar-mheadhanairean agus mar thoradh air iomairt fàs fo-sgrìobhadairean leis a' chom-pàirtiche meadhanan malairt againn Travel Link Daily tha 400 fo-sgrìobhadairean ùra sa chiad ceithir mìosan

LEASACHADH SLIGHEAN

CÒMHDHAIL ADHAIR

Thuit àireamhan luchd-siubhail adhair ann an Alba ann an 2020 chun na h-ìre as ìsle bho 1995. Às dèidh 10 bliadhna de dh'fhàs mòr, tha cuid de ro-innsean ag ràdh gur dòcha gun toir e còig bliadhna mus ruig puirt-adhair na h-Alba na h-ìrean a bh' aca ann an 2019 a-rithist. Le teannachadh chuingeachaidhean agus an uair sin le cuarantain thaighean-òsta airson luchd-siubhail eadar-nàiseanta a' tighinn a dh'Alba bha sin a' ciallachadh gum feumadh ar fòcas tionndadh bho bhith a' toirt taic sa bhad do shlighean ùra agus leudaichte, gu fòcas air mar a dh'fhaodar lìonra ruigsinneachd na h-Alba ath-thogail agus taic a thoirt do phrìomh àrd-amasan na margaidh agus dhan ath-bheothachadh uaine. Ag obair le SDI agus Còmhhdail Alba tha sinn a' cumail oirnn a' toirt lèirsinn agus taic margaidheachd do chompanaidhean-adhair agus puirt-adhair gus slighean a thoirt air ais agus slighean ùra a bhrosnachadh.

Bidh sinn ag obair le com-pàirtichean a tha nan companaidhean adhair gus co-labhairtean-lìn trèanaidh cinn-uidhe a sholarachadh do na h-àidseantan aca, ag toirt susbaint ùr mu Alba agus adhbharan airson tadhal orra dhaibh, agus a' toirt taic dhaibh gus slighean a-steach gu Alba a bhrosnachadh dhan luchd-ceannach aca. Tha a' mhòr-chuid de chompanaidhean-adhair ag aithris gu bheil iad den bheachd gu bheil iarrtas ann agus gu bheil iad an dùil gun till slighean dìreach nuair a bhios siubhal eadar-nàiseanta a' tighinn air ais.

CUAIRTEAN-MARA

Airson gnìomhachas turasachd turas-mara na h-Alba, dh'obraich sinn le Riaghaltas na h-Alba agus co-obraichean bho bhuidhnean iomairt tro 2020 gus lèirsinn a chruthachadh a bheir taic do phlanadh ath-bheothachaidh airson na roinne. Chaidh co-dhùnaidhean prìomh phròiseact rannsachaidh a rinn ekosgen a thaisbeanadh dhan gnìomhachas san Dùbhlachd 2020 aig tachartas air a chumail le Rùnaire a' Chaibineit Fearghas Ewing airson nan 100+ neach-ùidh a chur ris an sgrùdadh mar cho-chomhairlichean. Tha an sgrùdadh a' soilleireachadh a' chòrthruim do dh'Alba gnìomhachas turais-mara cunntachail a chruthachadh airson an 21mh linn.

TURASACHD CHIALLACH

Tha VisitScotland ag amas air prìomh àite a bhith aige ann an cruthachadh cleachdaidhean turasachd cunntachail, a' dèanamh aon de na cinn-uidhe as seasmaiche san t-saoghal de dh'Alba a thaobh eaconamaidh, àrainneachd agus cùisean sòisealta. Tha sinn a' gabhail gnìomhan dìreach air cùisean a tha fo ar smachd nar n-obair fhèin (faic an earrann Seasmhachd, td64), a bharrachd air a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do leasachadh turasachd cunntachail tro bhith a' toirt buaidh agus a' co-obrachadh le gnìomhachas, coimhearsnachdan, cinn-uidhe, luchd-tadhail agus com-pàirtichean ro-innleachdail. Tha tòrr den obair air a stiùireadh leis a' bhuidhinn thar-roinneil airson Turasachd Cunntachail aig VisitScotland, a chaidh a stèidheachadh aig deireadh 2019.

Is iad na prìomh raointean fòcas againn gus turasachd nas cunntachaile a thoirt gu buil ann an Alba:

- A' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde tro bhith a' gluasad gu eaconamaidh beag-carboin
- a' dèanamh cinnteach gu bheil turasachd ann an Alba a' gabhail a-steach a h-uile duine agus a' cumail taic ri coimhearsnachdan soirbheachail
- a' brosnachadh dìon air agus a bhith a' faighinn tlachd mothachail à dualchas nàdarra is cultarach na h-Alba

ATHARRACHADH NA GNÀTH-SHÌDE


Anns an t-Sultain 2022, thàinig VisitScotland còmhla ri Wild Scotland agus Sail Scotland gus àrdachadh a thoirt air dealas na dùthcha a thaobh turasachd chiallach agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde, agus 's iad a' chiad bhuidheann turasachd nàiseanta san t-saoghal a chuir an ainm ris an iomairt 'Tourism Declares a Climate Emergency'. Tha seo gu sònraichte buntainneach agus an 26mh Co-labhairt Atharrachadh Gnàth-shìde nan Dùthchannan Aonaichte (COP26) ga cumail ann an Glaschu san t-Samhain 2021. Tha an tachartas seo a tha cudromach air feadh na cruinne a' toirt cothrom gun samhail gus Alba a bhrosnachadh mar cheann-uidhe turasachd a tha cùramach a thaobh carboin, a' brosnachadh agus a' dol an sàs ann an gnìomhachas na turasachd is thachartasan agus luchd-tadhail gus gnìomh a phutadh air adhart a dh'ionnsaigh àm ri teachd beag-charboin. Aig deireadh a' Mhàirt, dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba pasgan maoinachaidh airson plana ath-bheothachadh turasachd, a' gabhail a-steach pròiseact gus chumail ri bhith a' gluasad a' gnìomhachais gu cothromachadh-carboin.

Bidh VisitScotland ag obair gu dlùth le raon farsaing de chom-pàirtichean, leithid Zero Waste Scotland, Energy Saving Trust, Keep Scotland Beautiful, agus Green Tourism, a tha a' tabhann raon farsaing de chomhairle agus taic do gnìomhachas gus a bhith nas seasmaiche

A' DÌON CHOIMHEARSNACHDAN

Gus dèanamh cinnteach gu bheil turasachd a' toirt taic agus buannachd do choimhearsnachdan air feadh na h-Alba, tha a' gnìomhachd margaidheachd a' brosnachadh sgaoileadh cruinn-eòlasach is ràitheil làidir, a' brosnachadh luchd-tadhail a bhith a' fuireach nas fhaide, daoine a bhith a' tadhal fad na bliadhna agus a bhith a' faicinn barrachd de na tha aig Alba ri thabhann. Tro mhìosan an t-samhraidh, bha droch bhuaidh ann bho àireamhan luchd-turais àrd, daoine a' faighinn cuidhteas sgudail ann an dòigh neo-iomchaidh, agus buaireadh do chuid de choimhearsnachdan ionadail.

Aig deireadh a' Mhàirt chaidh iomairt turasachd cunntachail VisitScotland a chur air bhog, a' brosnachadh luchd-tadhail a bhith mothachail air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig tursan air na cruthan-tìre, fiadh-bheatha agus coimhearsnachdan a tha a' toirt cliù do dh'Alba.



TURASACHD IN-GHABHALACH

B' e am prìomhachas am-bliadhna nuair a bha an galair lèir-sgaoilte aig an ìre a b' àirde a bhith a' togail mothachadh mu na draghan aig daoine air a bheil ciorram, luchd-siubhail nas sine, agus teaghlaichean le clann òga ann a bhith a' gabhail pàirt ann an turasachd aon uair 's gun deach cuingealachaidhean a thogail. Ag obair còmhla ri trì buidhnean carthannais, Tourism for All, Euan's Guide agus Ionad Luchd-cùraim Dhùn Èideann is Lodainn – VOCAL, chaidh ceistean sònraichte a chur air na buidhnean targaid seo mu bhith a' dèanamh tursan latha agus tursan thar oidhche. Chaidh dàta agus fios air ais bho na trì suirbhidhean a chleachdadh gus comhairle a chur ri chèile air dè an taic agus misneachd a bharrachd a dh'fhaodadh gnìomhachasan a thabhann do dhaoine a dh'fhaodadh a bhith nan custamairean. Chaidh webinar a lìbhrigeadh do 80 ball a' cur fòcas air dè na ceumannan simplidh ach èifeachdach a ghabhadh a chur an sàs gus fàilte a chur air daoine a' tighinn air ais. Ag obair le com-pàirtichean leithid PurpleTuesday, Euan's Guide agus buidhnean gnìomhachais bhrosnaich sinn 151 gnìomhachas a bharrachd gus iùl ruigsinneachd a thoirt gu buil a' toirt mion-fhiosrachadh air na goireasan ruigsinneachd aca agus ceumannan sàbhailteachd slàinteachais.

Chaidh sreath de bhidiothan trèanaidh an-asgaidh a dhèanamh le PurpleTuesday a' toirt seachad molaidhean air grunn chuspairean bho mar a nì thu do làrach-lìn ruigsinneach gu bhith a' co-roinn mholaidhean airson luchd-obrach ag obair leis a' phobail air mar a chuirear fàilte air custamairean air an làrach-lìn chorporra againn cuideachd.

MAOIN BUN-STRUCTAR NA TURASACHD DÙTHCHAIL

Thug Maoin Bun-structair na Turasachd Dùthchail (RTIF) còrr is £6m do 26 pròiseact ann an 2020/21 bho 11 sgìrean Ùghdarras Ionadail agus Pàirc Nàiseanta, le mòran dhiubh a' faighinn duaisean tabhartais soirbheachail airson a' chiad uair. Thug RTIF cuideachd seachad 26 Tabhartas Dealbhaidh Pròiseict eile mar phàirt de phrògram maoineachaidh ùr-ghnàthach gus dealbhadh is planadh pròiseict a chur an comas.

Chaidh RTIF a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba agus tha a' mhaoin air a stiùireadh le VisitScotland às a leth. Tha RTIF a' toirt taic do phròiseactan co-obrachail a tha ag amas air a bhith a' toirt piseach air turas an luchd-tadhail ann an sgìrean dùthchail far a bheil cus cuideam air bun-structar no far a bheil droch bhuaidh air coimhearsnachdan ri linn àrdachadh mòr ann an àireamhan luchd-tadhail. Chaidh £12m de mhaoineachadh tabhartais a thoirt do 58 pròiseactan air feadh Alba dhùthchail bho thòisich a' Mhaoin ann an 2018.

Tha na cuideam air bun-structar ionadail air fàs nas follaisiche ann am mòran sgìrean ann an Alba às dèidh sgaoileadh COVID-19 agus mar a chaidh na bacaidhean glasaigh-sìos nàiseanta fhuasgladh as t-samhradh 2020, a' daingneachadh an fheum leantainn air deagh bhun-structar do luchd-tadhail. Tha RTIF a' cumail taic ri obair agus àrd-amas Buidhne-stiùiridh ùr Riaghladh Nàiseanta an Luchd-tadhail.

Bheir cuairt ceithir de RTIF, a chaidh a chur air bhog sa Mhàrt 2021, taic do libhrigeadh mòran de na feumalachdan Bun-structair a dh' ainmich Buidheann Stiùiridh Riaghladh Luchd-tadhail far a bheil iad sin a' coileanadh amasan agus slatan-tomhais RTIF, a' toirt seachad fuasglaidhean seasmhach fad-ùine agus a' lughdachadh eimiseanan carboin

SGRÙDADH CÙISE

Maoin Bun-structair na Turasachd Dùthchail
– Cuairt 2 – Taobh Siar Loch Laomainn,

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean - Cosgais Iomlan £713,222, Taic RTIF 281,000

Chaidh pròiseact Loch Laomainn an Iar a dhealbhadh gus cuideam luchd-tadhail aig Lus a lughdachadh, le bhith a' leudachadh agus a' leasachadh an taigh-bhig g agus goireasan luchd-tadhail nas fhaide a tuath air taobh an iar Loch Laomainn aig an Tairbeart is Inbhir Dhubhghlais. A bharrachd air beagan leasachaidhean ann an taighean-beaga Lus gus cur ri ruigsinneachd do luchd-cleachdaidh cathair-chuibhle agus do bhugaidhean leanaban, chaidh leasachaidhean a dhèanamh air na pàircean chàraichean ann an Inbhir Dhubhghlais agus san Tairbeart gus a bhith a' toirt a-steach puingeann teàirrsaidh airson Carbadan Dealain ann an Inbhir Dhubhghlais, a' cur a-steach ionad-sgudail do bhanaichean-campachaidh san Tairbeart agus bionaichean sgudail ùra aig an dà làraich.

Tha na taighean-beaga ath-nuadhaichte ann an Inbhir Dhubhghlais a-nis a' gabhail a-steach taigh-beag 24-uair a thìde a tha làn-ruigsinneach agus goireas Pàrant is Pàiste ùr. Air an Tairbeart, chaidh na taighean-beaga ùrachadh gu tur agus a bharrachd air taigh-beag ùr, nas ruigsinniche taobh a-staigh an ionaid, tha an goireas a-nis a' gabhail a-steach taigh-beag fa-leth làn-ruigsinneach 24-uair a thìde.

Bha a h-uile goireas fosgailte dhan phoball ann an 2020 agus dh'aithris Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta gun robh fìor dheagh bheachdan air ais bho luchd-tadhail agus gnìomhachasan ionadail le feartan leithid goireas sgudail dachaigh-motair san Tairbeart a' toirt buaidh sa bhad le nas lugha de sgudal ga fhàgail gu neo-chùramach san sgìre.

FIOSRACHADH

Chaidh na 26 iCentres uile fhosgladh bho mheadhan an Iuchair 2020 air adhart agus bha iad fosgailte gus an Nollaig 2020. San ùine seo thadhail 144,000 neach-tadhail bho mhargaidhean dachaigheil agus eadar-nàiseanta. Thug sgiobaidhean iCentre seachad fiosrachadh air na bha ri fhaotainn do luchd-tadhail agus mar a gheibheadh iad cothrom air ionadan turasachd agus tursan, agus aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gun robh seo aoigheil agus brosnachail dhan luchd-tadhail againn ann an suidheachaidhean duilich. Thug an lùghdachadh ann an àireamhan luchd-tadhail buaidh air reic agus air tiogaidean.

Dh'obraich na pròtacalan COVID-19 againn gu math nuair a bha sinn fosgailte, agus rinn na pròiseasan stiùireadh cunnairt againn cinnteach gun robhar daonnan a' beachdachadh air sàbhailteachd luchd-tadhail agus luchd-obrach.

LEASACHAIDHEAN ICENTRE

Às dèidh an dàrna glasadh-sìos nàiseanta san Dùbhlachd 2020, thòisich sinn a bhith a' planadh airson a bhith ag ath-fhosgladh as t-Earrach 2021. Bha seo na b' fhasa an turas seo, leis gun deach a h-uile modh aontachadh agus ghabhadh an cur an gnìomh gu furasta.

Còmhla ri co-obraichean ann an Goireasan, Ionmhas, IT, Solarachadh is Margaidheachd chaidh tairgse a chur a-steach airson siostam ùr Puing Reic Dealanach (*Electronic Point of Sale - EPOS*). Bheir an siostam ùr againn àrd-ùrlar nas sùbailte dhuinn a sheasas san àm ri teachd airson ar gnìomhachd reic is tiogaidean agus leigidh e leinn cuideachd dàta chustamairean a chruinneachadh airson nan gnìomhachd margaidheachd againn.

Chleachd sinn an glasadh-sìos mu dheireadh gus obair leasachaidh a dhèanamh air grunn làraichean iCentre:

- Chaidh Ionad na h-Aghaidh Mòire ùrachadh uile gu lèir sa Mhàrt – tha an obair a' gabhail a-steach aghaidh bùtha ùr, cruth aghaidh an taighe ath-sgrùdaichte agus goireasan cùl-oifis nas fheàrr dhan luchd-obrach againn. Tha e na prìomh cheist an seo dèanamh cinnteach gu bheil deagh riochdachadh aig Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus dh'obraich sinn le co-obraichean sa Phàirc gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-ìomhaighean agus na teachdaireachdan iomchaidh air an taisbeanadh. Tha an t-àite ùr soilleir, co-aimsireil agus fìor tharraingeach dhan chustamair.
- Ann an Tràigh a' Chaisteil, leasaich sinn an taobh a-muigh le bhith a' cur còmhach fiodha agus soidhnichean ùra a-steach. Tha eòlas an luchd-tadhail air a leasachadh air an taobh a-staigh le àirneis agus sgeadachadh reic ùr, grafaigean, agus soidhnichean didseatach.
- Ann an Obar Phuill tha sinn air goireasan ùra is leasaichte a chruthachadh dhan luchd-obrach againn le bhith a' cruthachadh oifisean cùil agus àiteachan coinneachaidh.
- Chaidh iCentre Chill Rìmhinn ùrachadh cuideachd air an taobh a-staigh le teasachadh ùr, soidhnichean a-staigh, grafaigean agus sgrion didseatach far an urrainn dhuinn cuid den UGC againn agus stòrasan didseatach againn a cho-roinn.

Tha stad air a chur air a' phrògram iKnow againn airson 2020/21 agus tha sinn a-nis a' coimhead ris a' phrògram a thòiseachadh airson Samhradh 2021, sa chiad dol a-mach a' toirt taic do ghnìomhachasan ionadail tron chuairt-litir *What's Open* againn.



BLIADHNAICHEAN CUSPAIREIL - BLIADHNA CLADAICHEAN IS UISGEACHAN NA H-ALBA 20/21

Bidh sgioba Leasachaidh Gnìomhachas nan Tachartasan a' stiùireadh prògram nam Bliadhnaichean Cuspaireil againn, ag obair gu co-òrdanaichte le grunn chom-pàirtichean a-staigh agus a-muigh. Anns a' Chèitean 2020, mar phàirt de ath-bheothachadh a' ghnìomhachais, chaidh aontachadh gum biodh Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba 2020 (YCW) a' leantainn air adhart gu 2021. Thòisich còmhraidhean leis an luchd-eagrachaidh aig tachartasan YCW 2020 le taic gus am prògram tachartasan ath-dhealbhadh, agus chaidh gnìomhachd margaidheachd is com-pàirteachais a bha san amharc ath-sgeidealachadh.

A dh'aindeoin nan dùbhlannan a bha an lùib COVID-19, bha ar com-pàirtichean gnìomhachais agus luchd-eagrachaidh thachartasan tapaidh, le cuid de luchd-eagrachaidh thachartasan a' cleachdadh teicneòlas gus ceangal a dhèanamh ri luchd-èisteachd agus chunnaic sinn tachartasan le taic leithid RowAround Scotland, Nevis Ensemble agus Fèis Saidheans Dhùn Èideann a' cruthachadh tairgsean ùr-ghnàthach air-loidhne thar 2020/21. Lean an dealas bho gnìomhachas air adhart tro bhith a' cruthachadh raon de gnìomhachd cuspaireil airson YCW20/21 a' gabhail a-steach maoin 'Plunge In' agus [mìosachan 2021](#) aig NatureScot, [pròiseact Splash Back](#) aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus taisbeanadh [Scotland's Coasts](#), duaisean [Nàdar na h-Alba](#) aig an RSPB agus Comann Glèidhteachas na Mara agus [Bloga BBC Springwatch](#).

Tro 2020/21 chùim sinn oirnn le bhith a' taisbeanadh a' ghnìomhachais leis an t-sreath de dh'artagan mìosail 'Latha sa Bheatha' a' cuimseachadh air an fheadhainn a tha ag obair taobh a-staigh suidheachadh no gnìomhachas co-cheangailte ri costaichean is uisgeachan. Chaidh sreath

ùr de sgrùdaidhean cùise YCW fhoillseachadh san Dùbhlachd a' toirt seachad eisimpleirean practaigeach de chinn-uidhe, gnìomhachasan agus buidhnean a tha air cothrom na Bliadhna Cuspaireil a chleachdadh a chùim an leas fhèin gus cuir ris na dh'fhiosraicheas an luchd-tadhail agus gus am brosnachadh agus conaltradh leotha.

Chùim VisitScotland air a' taisbeanadh a' chuspair thairis air na seanailean aige a' gabhail a-steach cuairt-litrichean-d, meadhanan sòisealta agus susbaint làrach-lìn a dh'adhbharaich conaltradh làidir, gu sònraichte na puist bhlogaichean air [na bùthan èisg is sliseagan as fheàrr](#) (95k seallaidhean duilleig) agus [na bothanan biadh na mara as fheàrr](#) (48k seallaidhean duilleig). Chaidh ìre a dhà den chom-pàirteachas susbaint didseatach le National Geographic a' comharrachadh ar dualchas nàdarra is cultarach le cuspair YCW20/21 beò sa Mhàrt 2021, a' ruighinn luchd-èisteachd air feadh na RA, na Fraing, na Gearmailt agus na h-Òlaind.

Tha sgioba nam Bliadhnaichean Cuspaireil a' cumail orra ag obair le tachartasan a tha nam pàirt den phrògram le taic is com-pàirtichean, a' conaltradh le com-pàirtichean gnìomhachais a tha sean is ùr agus a' planadh gnìomhachd margaidheachd brosnachail gus dèanamh cinnteach gun coilean Bliadhna Chladach is Uisgeachan na h-Alba a comas ann an 2021.

A' coimhead air adhart ri 2022, às dèidh co-chomhairle a dhèanamh le prìomh chom-pàirtichean tha Riaghaltas na h-Alba air dearbhadh gun tèid Bliadhna nan Sgeulachdan a chumail mar a bhathar an dùil an toiseach. Thèid am prògram seo a dhealbhadh gus taic a thoirt do roinnean turasachd is tachartasan na dùthcha, agus bi e na phàirt chudromach ann an ath-bheothachadh às dèidh COVID-19..

FESTIVAL UK* 2022

Is e fèis cruthachail is ùr-ghnàthachaidh ùr air feadh na RA a th' ann am Festival UK* 2022 (*tiotal obrach) ann an com-pàirteachas thar nan ceithir dùthchannan. Tha e air a dhèanamh suas de 10 pròiseactan mòra eadar-mheasgte a' coimhead air raon iongantach de bheachdan agus sheallaidhean mac-meanmnach a' toirt Saidheans, Teicneòlas, Innleadaireachd, Ealain agus Matamataig còmhla, air an dealbhadh airson a bhith tarraingeach do na milleanan de luchd-èisteachd.

Is e VisitScotland a' bhuidheann libhrigidh ro-innleachdail do dh'Alba airson Fèis UK* 2022, agus chaidh a chur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba agus bidh e an urra ri bhith a' coimiseanadh agus a' stiùireadh na tha Alba a' cur ris an Fhèis gu dìreach.

San t-Sultain agus san Dàmhair 2020, chaidh gairm fhosgailte a sgaoileadh do na ceithir dùthchannan a' toirt cuireadh do luchd-saidheans, teicneòlaichean, innleadairean, luchd-ealain, agus luchd-matamataig Sgiobaidhean Cruthachail a chruthachadh agus tagradh a dhèanamh airson pàirt a ghabhail ann am prògram rannsachaidh is leasachaidh maoinichte agus beachdan pròiseict a chruthachadh airson na Fèise. Rinn ceithir sgiobaidhean deug Albannach le 122 buidhnean agus daoine fa leth a-steach gu pàirt a ghabhail. Chaidh an taghadh den dà sgioba Albannach a chaidh air adhart dhan phrògram R&L ùr-ghnàthach, agus den sgioba mu dheireadh a chaidh a bharrachadh airson na Fèise, a dhèanamh le VisitScotland le taic bho phannal de dh'èolaichean gnìomhachais Albannach às dèidh pròiseas measaidh làidir.

Tha coimisean na h-Alba air a bheil 'Dandelion' a' cleachdadh dòigh-obrach gun samhail a thaobh fàs coimhearsnachd, a tha a' comharrachadh ceòl, teicneòlas bidhe san àm ri teachd agus fèisean seasmhach, a' sealltainn cho cudromach 's a tha gnìomh com-pàirteach, anns a' phròiseact 'fàs do chuid fhèin' as motha san latha an-diugh. Brosnaichidh an co-obrachadh inntinneach seo leis an ath ghinealach de luchd-cruthachaidh agus luchd-iomairt deagh atharrachaidhean le bhith a' cleachdadh cruthachalachd, dìoghras is dealas nan sgoiltean is coimhearsnachdan air feadh na h-Alba, na RA agus nas fhaide air falbh, a' toirt cumhachd do na ceudan de mhiltean de dhaoine agus biadh is ceòl a dhèanamh is a cho-roinn.

Tha sgioba na h-Alba na cho-obrachadh eadar luchd-ruith fhèisean, daoine a tha ag obair air an ceann fhèin, stiùirichean cultarach, èolaichean teicnigeach agus riochdachaidh tionnsgalach, luchd-saidheans talmhainn cliùiteach agus èolaichean sònraichte ann an seasmhachd, òigridh agus com-pàirteachadh coimhearsnachd. Agus iad air tighinn bho raon farsaing de bhuidhnean agus de raointean-eòlais bho gach pàirt den dùthaich, tha co-lèirsinn aig an sgioba a bhith a' tòiseachadh agus a' cumail taic ris an atharrachadh sòisealta a tha daoine ag iarraidh às dèidh còrr is bliadhna de dh'iomallachadh sòisealta.

A' FAIGHINN TACHARTASAN GNÌOMHACHAIS SAN ÀM RI TEACHD

Tron ghalar lèir-sgaoilte, cha do sguir an loidhne-pìoba airson tachartasan gnìomhachais san àm ri teachd oir tha iad air an cur air dòigh suas ri sia bliadhna ro làimh, agus chùm VisitScotland air ag obair gu co-labhairtean mòra fhaighinn do dh'Alba san àm ri teachd.

Cruinnichidh Countdown Summit, air a thoirt air adhart le TED agus Future Stewards, 12-15 Dàmhair 2021, stiùirichean cruinneil ann an Dùn Èideann san Dàmhair 2021 gu fuasglaidhean mac-meanmnach agus so-ruigsinneach fhoillseachadh agus aghaidh a chur air atharrachadh na gnàth-shìde agus gu saoghal nas fhalainne agus nas cothromaiche a chruthachadh do na h-uile. Chuir TED agus Future Stewards an iomairt Countdown air bhog tro thachartas bhiortail beò san Dàmhair 2020 le òraidean agus cuirmean leis a' Phàpa Francis, am Prionnsa Uilleam, Christiana Figueres agus Al Gore a bharrachd air luchd-saidheans, luchd-iomairt, luchd-ealain, sgoiltean agus stiùirichean bho gnìomhachas agus riaghaltas. Tha Countdown mar thoradh dìreach air an mar a chùm an EICC agus VisitScotland an TEDSummit gu soirbheachail ann an 2019.


Ghlèidh VisitScotland C&IT Festival of Forums do dh'Alba as t-Samhradh 2022, a bheir a-steach 170 ceannaiche bho mhargaidh na RA le buidseat thachartasan bliadhnaile de £3.5bn. Gu h-eachdraidheil bha ceithir fòraman fa leth ann, agus is e seo a' chiad turas a thèid na fòraman uile a chumail san aon àite aig an aon àm. Thairis air ceithir latha bidh seiseanan foghlaim, coinneamhan gnìomhachais 1:1 agus lìonrachadh le prìomh shusbaint stèidhichte air #JourneyToChange. Còmhla ris an luchd-ceannach bidh 80 solaraiiche ann, an dà chuid às an RA agus eadar-nàiseanta a' gabhail pàirt. Bidh seo cudromach ann a bhith ag ath-thogail gnìomhachas nan tachartasan gnìomhachais ann an Alba còmhla ri sgaoileadh roinneil farsaing le tursan foghlaim às dèidh an fhòraim.

Chì a' Chòmhdhail Uisge Eadar-nàiseanta (IWC) na mìltean de phrìomh phroifeiseantaich tèarainteachd uisge a' tighinn a dh'Alba ann an 2024 agus cruthaichidh iad cothrom ceanglaichean a thogail mar dhìleab an IWA, Riaghaltas na h-Alba agus lìonraidhean rannsachaidh is ùr-ghnàthachaidh nas farsainge na h-Alba. Thig na 7,000 riochdairean bho bhuidhnean cho eadar-dhealaichte ri companaidhean innleadaireachd uisge, buidhnean riaghaltais nàiseanta is thar-nàiseanta, bancaichean tasgaidh is leasachaidh, carthannais uisge cruinne, luchd-anailis dàta, NGOthan cleachdadh uisge cruinneil, ionadan acadaimigeach agus rannsachaidh. Fhuair eadhon an tachartas seo le SEC, Biùro Co-chruinneachadh Ghlaschu agus Tachartasan Gnìomhachais VisitScotland le taic bho Riaghaltas na h-Alba.

A' FAIGHINN TACHARTASAN GNÌOMHACHAIS SAN ÀM RI TEACHD

Tron ghalar lèir-sgaoilte, cha do sguir an loidhne-pìoba airson tachartasan gnìomhachais san àm ri teachd oir tha iad air an cur air dòigh suas ri sia bliadhna ro làimh, agus chùm VisitScotland air ag obair gus co-labhairtean mòra fhaighinn do dh'Alba san àm ri teachd.

Cruinnichidh Countdown Summit, air a thoirt air adhart le TED agus Future Stewards, 12-15 Dàmhair 2021, stiùirichean cruinneil ann an Dùn Èideann san Dàmhair 2021 gus fuasglaidhean mac-meanmnach agus so-ruigsinneach fhoillseachadh gus aghaidh a chur air atharrachadh na gnàth-shìde agus gus saoghal nas fhalainne agus nas cothromaiche a chruthachadh do na h-uile. Chuir TED agus Future Stewards an iomairt Countdown air bhog tro thachartas bhiorail beò san Dàmhair 2020 le òraidean agus cuirmean leis a' Phàpa Francis, am Prionnsa Uilleam, Christiana Figueres agus Al Gore a bharrachd air luchd-saidheans, luchd-iomairt, luchd-ealain, sgoiltean agus stiùirichean bho ghnìomhachas agus riaghaltas. Tha Countdown mar thoradh dìreach air an mar a chùm an EICC agus VisitScotland an TEDSummit gu soirbheachail ann an 2019.



A' furastachadh tionnsgalachd agus a' gabhail ri atharrachadh ann an eaconamaidh dhidseatach eadar-nàiseanta


Bidh VisitScotland a' cur air adhart ùr-ghnàthachadh air feadh a' ghnìomhachais le bhith a' toirt sealladh dhuinn air gluasadan agus leasachadh, agus tro bhith a' cruthachadh àrd-ùrlaran didseatach air an cleachdadh leis a' ghnìomhachas sgileil againn gus barrachd chothroman gnìomhachais a chruthachadh.

Tha ar co-obrachadh le, agus cumhachdachadh do, ùr-ghnàthaichearan gnìomhachais a' toirt teicneòlas agus beachdan ùra am follais, a chuireas ri turas agus eòlas an luchd-tadhail. Tha sinn cuideachd a' toirt taic do ghnìomhachasan le bhith a' toirt seachad fiosrachadh agus lèirsinn agus, le bhith a' tarraing tùsan dàta còmhla, a' comasachadh co-dhùnaidhean tasgaidh ro-innleachdail fiosraichte.

Bheir seo uile comas do ghnìomhachasan agus cinn-uidhe, tairgse turasachd na h-Alba a leasachadh.

Colbh Trì

Taic le sgilean didseatach



neach-frithealaidh bho 1,000 buidheann

10

Bùithtean-obrach
air-loidhne le fòcas
air turasachd

300

iarrtasan airson
lèirmheasan
didseatach

Seata innealan
air a chruthachadh is
air fhoillseachadh air
visitscotland.org

Leabharlann nam meadhanan

Cleachdaichean clàraichte
5,444

40K

Stòrasan
dealbh is
bhidio

A' furastachadh tionnsgalachd agus a' gabhail ri atharrachadh ann an eaconamaidh didseatach eadar-nàiseanta

TACHARTASAN

MAOIN FÀS

Air sgàth COVID-19, chaidh an co-dhùnadh a dhèanamh le Pannal Maoin Fàs sa Mhàrt 2020 stad a chur air a' mhaoin rè ùine agus tha e air a bhith na stad bhon uair sin gus leigeil le VisitScotland maoinean ath-bheothachaidh nas fharsainge a chruthachadh thairis air Eaconamaidh an Luchd-tadhail.

Ged a bha a' mhaoin air a stad, dh'obraich Sgioba Maoin Fàs gu dlùth leis na 10 buidhnean le taic a th' ann mar-thà tron bhliadhna gus dèanamh cinnteach gun robh gnìomhachd sam bith san amharc a rèir ro-innleachd VisitScotland agus cuingeachaidhean COVID-19 sam bith.

Gus dèanamh cinnteach gun lean taic dhan roinn, chaidh Maoin Margaidheachd Ceann-uidhe is Roinneil VisitScotland luach £3m ainmeachadh le Riaghaltas na h-Alba sa Mhàrt 2021.

ATHARRACHADH THACHARTASAN TRON GHALAR LÈIR-SGAOILTE

Mar thoradh air COVID-19 chaidh grunn tachartasan a chur dheth no a chur dheth fad ùine air feadh na dùthcha. Chuir cuid de cho-òrdanaichean romhpa na tachartasan aca a chumail ann an cruth didseatach gus cuideachadh gus a' bheàrn a bha mu choinneamh an dà chuid an gnìomhachas agus an luchd-amais a dhùnadh.

Fhregair VisitScotland buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte le bhith a' stèidheachadh maoin ùr, Maoin Ath-bheothachaidh Tachartasan na h-Alba a bha ag amas air taic shònraichte a thoirt dhan roinn san ùine dhùbhланаich seo, a' gabhail a-steach a bhith a' lìbhrigeadh tachartasan didseatach agus measgaichte. Chaidh maoineachadh a thoirt seachad gus cuideachadh a thoirt do luchd-eagrachaidh gus an t-atharrachadh sin a dhèanamh, agus gus na prògraman didseatach agus gus na comasan aca àrdachadh.

Thar na h-ùine seo, mhaoinich a' bhuidheann raon farsaing de thachartasan: ealain, film, fèisean leabhraichean is ciùil, Geamannan Gàidhealach, agus tachartasan spòrs. Ghabh tachartasan ri teicneòlas ùr agus ùr-ghnàthachadh gus am biodh iad tarraingeach dhan luchd-èisteachd air-astar aca. Bha iad sin a' gabhail a-steach Ceistean is Freagairtean beò le stiùirichean, agus cleasaichean mar phàirt de Ed Film Fest at Home; Small Halls Big Cèilidh a thug cuireadh dhan t-saoghal pàirt a gabhail;

Suipear Burns Mòr air a stiùireadh le daoine ainmeil; agus sgaoth drònaichean Oidhche Challainn Dhùn Èideann 2020 a shoilleirich speuran na h-Alba le aithris le David Tennant.

Nuair a chùim an galar lèir-sgaoilte air adhart, thuig mòran luchd-eagrachaidh gu luath gun robh luach agus comas thachartasan bhiorail a chumail mar dhòigh ro-chudromach air fuireach ceangailte ris an luchd-èisteachd a th' ann, ach cuideachd a bhith a' ruighinn luchd-èisteachd cruinneil ùr, agus a' dèanamh teachd-a-steach.

Thuir an luchd-eagrachaidh gu h-aon-ghuthach gun robh na tachartasan didseatach aca air còrdadh ri daoine, agus gun cleachd iad na tha iad air ionnsachadh gus cur ri tachartasan beò san àm ri teachd. Am measg nam prìomh thachartasan soirbheachail bha Granite Noir a fhuair 14,000 sealladh bho 52 dùthaich, fhuair Fèis Leabhraichean Wigtown £28,000 ann an tabhartasan; Chruthaich Ed Film Fest at Home 1.4 millean sealladh air Facebook, b' e ruigsinneachd iomlan Baxters Loch Ness Marathon air na meadhanan sòisealta 129,000, le ceangal iomlan de 8,000, agus bha còrr is 6.5 millean sealladh aig Oidhche Challainn Dhùn Èideann. A bharrachd air sin, thug grunn luchd-eagrachaidh iomradh air na buannachdan ruigsinneachd is seasmhachd an lùib thachartasan bhiorail, agus gum faodadh susbaint air-loidhne a bhith air a chleachdadh gus daoine a thàladh gu tachartasan beò.

Bha Alba aig cridhe Host City 2020. Thug a' cho-labhairt, a bha bhiorail airson a' chiad uair, solas ùr air mar a tha luchd-gleidhidh chòraichean agus comataidhean eagrachaidh air atharrachadh tron ghalar lèir-sgaoilte, an dà chuid san RA agus air feadh na cruinne. Thàinig còrr is 800 riochdaire a-steach gus èisteachd ris an 100 luchd-labhairt a bharrachd aig a' choinneimh bhliadhnail as motha de chathair-bhailtean agus tachartasan spòrs, gnìomhachais is cultair.

Tron leasachadh seo, bha luchd-eagrachaidh thachartasan agus com-pàirtichean ris an robh sgioba EventScotland ag obair, fosgailte mu na dùbhlain, agus mu na cothroman a bha an cois a bhith an sàs sa chruth-tìre dhidseatach ùr seo. Thug na tabhartasan luachmhor agus lèirsinneach aca dhuinn am frèam airson sreath de sgrùdaidhean cùise agus co-labhairtean-lìn uile air an cumail air duilleag-lìn sònraichte air VisitScotland.org.

SGRÙDADH CÙISE

Geamaichean Gàidhealach bhiortail

Ann an 2020, bliadhna gun samhail, chaidh na Geamannan Gàidhealach as cliùitiche ann an Alba didseatach, a' toirt cothrom do luchd-amhairc a bhith a' coimhead air, agus a' comharrachadh cultar Albannach is Ceilteach bhon dachaigh aca fhèin. Fhuair luchd-amhairc bho air feadh an t-saoghail cuirm Gheamannan bhiortail san Lùnastal agus san t-Sultain a bha a' gabhail a-steach dannsa Gàidhealach, Heavies, tachartasan eachdraidheil, cèilidhean, pìobaireachd, agus sreath de thaisbeanaidhean air feadh an t-saoghail.

Thug VisitScotland seachad farsaingeachd de thaic bho mhaoineachadh gu cothroman brosnachaidh gus dèanamh cinnteach gun robh iad air an lìbhrigeadh gu soirbheachail agus cuideachd gus an ìomhaigh àrdachadh do luchd-amhairc fad is farsaing.

An toiseach bha Geamannan Gàidhealach Shruighlea a chomharraich 150 bliadhna de na geamaichean le prògram mas-fhìor air a bheil 'The Best of Stirling with Stirling Highland Games' air 15 Lùnastal. Anns a' phrògram bha farpais #FlingItAtHome, Tursan Dualchas Bhiortail, agus na podcastan Tour Guide Tales as ùire aig VisitScotland a' coimhead air Siorrachd Shruighlea. Dh'aithris na Geamannan gun robh àrdachadh iongantach de 74% ann an dùthchannan a chaidh a ruighinn, le 4,221 com-pàirteachadh, agus le 35,945 seallaidhean bhidio, àrdachadh cudromach leis gun do tharraing an tachartas aca luchd-amhairc de 5,435 ann an 2019.

Air 27-29 Lùnastal choimhead daoine air Cruinneachadh Gàidhealach Chomhghall gus trì latha de spòrs air-loidhne fhaicinn a' gabhail a-steach agallamhan sònraichte, cuirmean cruinneil; prìomh sheallaidhean bhon tachartas a tha

126-bliadhna a dh'aois, cuairt/ruith 5k bhiortail, agus an cothrom tlachd fhaighinn bho dhrama leis a' chòmhlan Cèilidh aca. Chaidh am bhidio aca 'To Cowal, with love', fhaicinn faisg air 95,000 tursan (trì tursan a bharrachd na bha an luchd-eagrachaidh an dùil airson an t-sruth bheò aca ann am bliadhna mhath), agus chaidh a cho-roinn 1,000 uair thairis air an deireadh-sheachdain. Bha 13% de na builean air an làraich-lìn aca bho na Stàitean Aonaichte, air a leantainn le Canada, agus an uair sin le Astràilia. Fhuair an duilleag Facebook aca 1,275,877 builean cuideachd agus choilean iad còrr air 163,000 eadar-obrachadh.

Air 12 Sultain choimhead luchd-amhairc air Cruinneachadh Gàidhealach Rìoghail Bhràigh Mhàrr, agus chòrd prògram làn de cho-fharpaisean is thachartasan traidiseanta riutha a' gabhail a-steach lùth-chleasachd throm, pìobaireachd, dannsa Gàidhealach, rèisean slighe is beinne a bharrachd air cath-tharraing. Bha na toraidhean fìor mhath, taobh a-staigh 48 uairean fhuair na filmichean a rinneadh 225k sealladh - tha sin co-ionann ri Cruinneachadh Bràigh Mhàrr a bhith air a lìonadh 12.5 tursan. Chuir an Taigh Rìoghail taic do na Geamannan an dà chuid tro thuras dhan latha filmidh agus air latha #geamannangaidhealachbhiortail #virtualhighlandgames. Cho-roinn iad ìomhaighean agus bhrosnaich iad luchd-leantainn gus pàirt a ghabhail san tachartas air na meadhanan sòisealta aca.

Bha na deasachaidhean didseatach air leth soirbheachail, a' toirt seachad spòrs, ceangal agus brosnachadh air a bheil feum mòr rè a' ghalair lèir-sgaoilte, agus aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gum bi na Geamannan, agus an traidiseanan fhathast mòr-chòrdte agus gum fàs iad aig an taigh agus thall thairis.

LEABHARLANN NAM MEADHANAN DIDSEATACH

Chaidh Leabharlann nam Meadhanan Didseatach againn a chur air bhog san Dàmhair 2018 agus tha raon farsaing de dhealbhan hi-res ann bho air feadh na h-Alba. Bhon uair sin tha sinn air taic a thoirt do na mìltean de ghnìomhachasan le bhith a' toirt seachad stòrasan didseatach airson an sanasachd fhèin.

Aig deireadh na h-ùine aithris seo bha 5,444 neach-cleachdaidh clàraichte againn agus timcheall air 40,000 stòrasan ìomhaigh is bhidio. Faodaidh gnìomhachasan a tha an sàs gu sònraichte ann am margaidh an luchd-tadhail agus ann a bhith a' brosnachadh turasachd ann an Alba cothrom fhaighinn air Leabharlann nam meadhanan Didseatach againn. Nuair a tha gnìomhachasan air clàradh, faodaidh iad dealbhan agus bhidiothan fhaighinn an-asgaidh airson a bhith a' brosnachadh Alba mar cheann-uidhe do luchd-siubhail. Faodaidh iad cuideachd na h-ìomhaighean aca fhèin a luchdachadh suas airson an cleachdadh ann an susbaint VS.

Tha eisimpleir de chleachdadh le ar com-pàirtichean a' gabhail a-steach: Chuir Buidheann Gnìomh Turasachd Dhùn Èideann (ETAG) còmhla an t-sreath dhealbhan aca fhèin le susbaint a bharrachd bhon VS DML gus taic a thoirt do chuspairean susbaint airson gnìomhachd margaidheachd pàighte 2021 san iomairt Forever Edinburgh aca. Bha seo a' gabhail a-steach mu 60 dealbh a fhuaradh agus a chaidh a luchdachadh a-nuas tron DML. Chuir Glaschu Beò 50 ìomhaighean sònraichte co-cheangailte ri Cathair-bhaile a' Chiùil ann gus cur ris an stòras a bha ri fhaotainn airson co-phròiseact air slighe UNESCO. Tha cothrom aig luchd-ùidh sa mheadhan orra anns an aon àite airson a' phròiseict tron DML.

TAIC LE SGILEAN DIDSEATACH

Dh'fhàs cudromachd sgilean didseatach gu math follaiseach do dh'iomadh gnìomhachas mar thoradh air COVID-19, leis an fheum a bhith a' conaltradh nas èifeachdaiche le luchd-ceannach air-loidhne, àrd-ùrlaran ùra a chleachdadh agus òrdughan èigneachail a riaghladh gu didseatach agus gus dèiligeadh ri sruthan luchd-tadhail nuair a bhios iad fosgailte a-rithist. Chleachd ar co-obrachadh le Business Gateway agus Digital Boost lèirsinnean a chaidh a chruinneachadh tro ar conaltradh tràth sa ghalar lèir-sgaoilte le gnìomhachasan gus prògram com-pàirteachais ùr-nodha fhiosrachadh.

Bha seo a' gabhail a-steach 10 bùthan-obrach air-loidhne le fòcas air turasachd, a' gabhail a-steach Bun-chùrsa Didseatach VisitScotland. Mar thoradh air seo, bha iarrtasan ann airson lèirmheasan didseatach a bhith air an dèanamh le còrr is 300 gnìomhachas turasachd. Chruthaich a' chiad chuairt seo den phrògram com-pàirteachais 1,600 neach-frithealaidh bho 1,000 buidheann. Chaidh inneal a chruthachadh agus fhoillseachadh air VisitScotland.org gus taic a chumail ri bhith a' ceannach clàradh air-loidhne, stiùireadh seanail agus sgaoileadh OTA. Tha an ìre bhliadhnail de chlàradh air-loidhne air àrdachadh bho 13.8% gu 21% agus an galar lèir-sgaoilte a' cur ris a' ghluasad air-loidhne.

LÈIRSINN

Thug roinn lèirsinn VisitScotland prìomh thaic do cho-obraichean, com-pàirtichean agus luchd-ùidh. Bha seo a' gabhail a-steach mion-sgrùdadh didseatach, èisteachd shòisealta agus taic dàta CCRM airson margaidheachd, leasachadh teicnigeach CCRM, a bhith a' cur beachdan a-steach do ghnìomhachd Turasachd Cunntachail, sgrùdadh luchd-tadhail san ùine fhosgailte, sùil a chumail air buaidhean Brexit, tomhas eaconamach agus a' co-roinn bheachdan is ghluasadan tro fhoillseachaidhean, webinars agus taisbeanaidhean.

SGRÙDADH CÙISE


Turasachd agus na gnìomhachasan film agus cruthachail

Tha rannsachadh farsaing a' sealltainn gu bheil aon às gach còignear luchd-tadhail a-nis a' tighinn a dh'Alba às dèidh dhaibh a bhith air am brosnachadh le àiteachan a chunnaic iad air film no TBh. Tha iomairtean PR is margaidheachd farsaing is soirbheachail air a bhith ann mar phàirt de na com-pàirteachasan againn le prìomh luchd-sgaoilidh agus craoladairean leithid Sony Pictures Entertainment, Universal Pictures, Studio Canal agus Netflix. Chan e a-mhàin gu bheil iad seo a' brosnachadh luchd-tadhail, ach bidh iad cuideachd nan innealan margaidheachd luachmhor airson roinnean agus com-pàirtichean turasachd na h-Alba gus cuideachadh le bhith ag brosnachadh nan àiteachan a chunnacas agus gnìomhan co-cheangailte riutha.

Tro amannan a' ghlasaidh-sìos o chionn ghoirid, bha an t-iarrrtas airson film agus TBh de dheagh chàileachd air leth àrd agus chaidh raon farsaing de phrìomh fhilmichean a bharrachd air prògraman aithriseach mu nàdar, siubhail agus eachdraidh a chraoladh san RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Ann an àm nuair a bha an teachdaireachd a bh' againn do luchd-tadhail comasach "aisling a-nis, siubhal nas fhaide air adhart" chuidich na riochdachaidhean sin le bhith a' cumail Alba air aire dhaoine nuair nach robh e comasach tadhal air Alba.

Mar thoradh air stad tighinn air riochdachadh film is TBh ann an Alba agus mar thoradh air ùidh a tha a' sìor fhàs am measg sluagh na RA ann a bhith a' faicinn barrachd den dùthaich aca fhèin nuair a b' urrainn dhaibh siubhal a-rithist, chaidh iomairt ùr snasail a chruthachadh thar nan roinnean turasachd, dualchais agus riochdachaidh.

Chaidh Access Scotland a chruthachadh mar phròiseact co-obrachail le Sgrìn Alba, VisitScotland, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, NatureScot agus Urras Nàiseanta na h-Alba. 'S e seo a' chiad iomairt de a seòrsa agus tha i ag amas air tuilleadh bheachdan a chruthachadh airson prògraman aithriseach do chompanaidhean riochdachaidh stèidhichte ann an Alba, le sùil ri reic eadar-nàiseanta. Cruthaichidh seo cothroman do na gnìomhachasan sgrìon ann an Alba agus libhrigidh e subsaint craolaidh àrd-inbhe a sheallas a' chuid as fheàrr de dh'Alba do luchd-amharc san RA agus gu h-eadar-nàiseanta.



VisitScotland a' cur chùisean an comas: math gu fìor mhath gu ìre an t-saoghail

Tha an colbh taic seo den Fhrèam Ro-innleachdail a' cuimseachadh air a' mhiann a bhith a' cumail oirnn ag àrdachadh ar cliù mar phrìomh bhuidheann turasachd nàiseanta. Tro chruth-atharrachadh didseatach san dòigh sa bheil sinn ag obair agus a' dèanamh gnìomhachas agus an dòigh sa bheil sinn a' brosnachadh Alba do luchd-tadhail, agus tron dòigh sa bheil sinn a' toirt taic dhan ghnìomhachas agus a' cur ri a lèirsinn agus a' dèanamh rannsachadh ann an dòigh a chuireas ri fàs san eaconamaidh luchd-tadhail, tha sinn air an t-slighe againn bho mhath gu fìor mhath gu ìre na cruinne.


Tha na daoine againn nam prìomh luchd-ùidh ann a bhith a' cruthachadh buidheann aig ìre na cruinne. Is iad an so-mhaoin as luachmhoire againn. le guth aig gach neach-obrach agus cumhachd aca fìor atharrachadh a dhèanamh.

Tha an fhìrinn seo aig cridhe Ro-innleachd nan Daoine againn.

Colbh a Ceithir

Suirbhidhean luchd-obrach

Com-pàirteachadh
78%



97%

Deagh bheachdan air ais mun fhreagairt dhan ghalar lèir-sgaoilte

Gnothachas

Teachdaireachdan seachdaineach gu luchd-obrach bhon Chathraiche agus bhon Cheannard

Aonad gnìomhachais ùr air a stèidheachadh airson Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023

230

Luchd-obrach air an ath-shuidheachadh

VisitScotland a' cur chùisean an comas: math gu fìor mhath gu ìre an t-saoghail

A' CUR TAIC RIS NA DAOINE AGAINN

Thug galar lèir-sgaoilte COVID-19 cruth atharrachadh air na seirbheisean goireasan daonna tro 2020/21. Chaidh an luchd-obrach againn a bha stèidhichte ann an oifisean gu bhith ag obair bhon taigh ach bha luchd-obrach nan iCentre fhathast subailte agus freagairteach ris an stiùireadh a bha a' sìor atharrachadh mu sheirbheisean aghaidh-ri-aghaidh.

Bha an sgioba ghoireasan daonna againn a' cuimseachadh air na dh'fheumadh a' bhuidheann dèanamh gus na gealltanasan a tha air am mìneachadh nar frèam ro-innleachdail agus air na bha nan daoine againn ag iarraidh agus a' feumachdainn gus taic a thoirt dhaibh aig an obair agus aig ìre phearsanta tron ghalar lèir-sgaoilte. A' toirt an aire gu mòr gus taic a chumail ris an luchd-obrach eile againn, dh'aithnich sinn farsaingeachd nan dùbhlann a bha romhpa - bho bhith a' fuireach leotha fhèin, neo-chomas a bhith còmhla ris an teaghlach, pàrantan le clann òga, foghlam dachaigh agus an fheadhainn le dleasanasan cùraim gu feadhainn le raon de shuidheachaidhean slàinte corporra is inntinneil. Bha a bhith a' freagairt gu sgiobalta agus gu pragmatach air àrainneachd a bha a' sìor atharrachadh agus a' tuigsinn na bha e a' ciallachadh dhan luchd-obrach againn na àbhaist làitheil.

A' TÀLADH AGUS AG ÀRACH TÀLANT

Ged a chuir sinn stad air fastadh fad greis sa Mhàrt 2021, bha feum fhathast air luchd-obrach ùr a thàladh gus prìomh dhreuchdan bàna a lìonadh agus bha againn ri àrach is leasachadh a thoirt dhan luchd-obrach a bh' ann mar-thà fhathast. Dh'obraich sinn gu dlùth le LinkedIn agus le buidhnean gus dreuchdan bàna a lìonadh. Ghluais am pròiseas fastaidh, tòiseachaidh is inntigridh air-loidhne, a' cleachdadh teicneòlas co-labhairt bhidio. Dh'aithnich sinn gu math luath gum faodadh an luchd-obrach againn a bhith sgapte air feadh na dùthcha agus rinn sinn an co-dhùnadh barrachd dhreuchdan obrach a shanasachadh air feadh na

h-Alba, a' sgaoileadh nan cothroman air feadh ar lìonra agus a' tàladh thagraichean bho choimhearsnachdan bailteil agus dùthchail air feadh na dùthcha.

Lean an obair leasachadh luchd-obrach againn ach ghluais seo air-loidhne le àrdachadh ann an e-ionnsachadh agus clasaichean seòmar-teagaisg bhiortail gus coinneachadh ri, agus a bhith a' coileanadh, feumalachdan leasachaidh an neach fa leth agus a' ghnìomhachais.

IN-GHABHAIL, IOMADACHD AGUS SUNND

Tha sinn air tòiseachadh air àrainneachd a chruthachadh a bhios chan ann a-mhàin ag àrach sàr-mhathas, ach a tha cuideachd a' toirt taic nas treasa dhan sgioba-obrach againn, a tha a' fighe a-steach do na buannachdan againn leithid taic luchd-obrach agus prògram tilleadh gu obair sàbhailte, a bharrachd air a bhith ag adhartachadh mothachadh agus a' coimhead às dèidh slàinte agus sunnd nan daoine againn.

Le bhith a' cur ris na gnìomhan co-ionannachd is iomadachd a tha làidir mar-thà, chruthaich sinn cairt co-ionannachd ùr le geallaidhean bho air feadh a' ghnìomhachais. Chuidich buidhnean taic luchd-obrach a' gabhail a-steach LGBTI+, caidreachas an lìonra in-ghabhalaich (a' bhuidheann ciorraim roimhe seo), buidheann luchd-cùraim, a' bhuidheann dyslexia agus dyspraxia agus buidheann phàrantan ùr le conaltradh le luchd-obrach agus gus dèiligeadh ri feumalachdan coitcheann agus aig daoine fa leth.

Dh'fhàs a bhith a' cumail taic ri sunnd an luchd-obrach deatamach, co-dhiù bha sin dìreach a' co-roinn fios agus molaidhean no a' brosnachadh com-pàirt ann am prògraman slàinte a' gabhail a-steach ar com-pàirteachas ùr le 'Headspace', app a tha a' tabhann meòrachadh treòraichte, mothachas agus susbaint gus cadal a chuideachadh. Còmhla thug iad sin cothrom dhan luchd-obrach air fad air farsaingeachd de shusbaint gus taic a chumail ris na feumalachdan aca.

A' DOL AN SÀS LEIS AN LUCHD-OBACH AGAINN

Tha e daonnan cudromach beachdan an luchd-obrach againn a thuigsinn agus na h-ìrean com-pàirteachais aca a thomhas aig àm sam bith, ach tha e deatamach aig amannan èiginn. Rinn sinn dà sgrùdadh luchd-obrach ann an 2020 gus sealladh agus tuigse fhaighinn air mar a bha luchd-obrach a' faireachdainn mun taic a bha iad a' faighinn agus dè a bharrachd a dh'fhaodamaid dèanamh. Chaidh ìrean conaltraidh suas gu 78%, àrdachadh de 6 puingeann sa cheud an taca ris a' bhliadhna roimhe. Tha am fios-air-ais aca air cuideachadh gus cumadh a thoirt air an dòigh sa bheil sinn ag obair aig an àm seo agus sa bhios sinn ag obair san àm ri teachd le barrachd miann airson obair mheasgaichte, an cothrom a bhith nas seasmaiche san dòigh sa bheil sinn ag obair agus an comas teicneòlas a chleachdadh gus conaltradh agus obair-sgioba a neartachadh uile air an comharrachadh.

ATH-SHUIDHEACHADH

Ged a b' urrainn do mhòran luchd-obrach cumail a' dol nan dreuchdan làithreach, le prògram ath-shuidheachadh luchd-obrach b' urrainnear luchd-obrach a ghluasad air feadh na buidhne gus cuideachadh far an robh eallach obrach a' dol am meud agus a' lùghdachadh. Le bhith a' rianachd agus a' riaghladh airgead taic a' ghnìomhachais dh'ath-shuidhich sinn còrr is 230 neach-obrach eadar am Faoilleach agus am Màrt 2021, mòran dhiubh nan luchd-obrach iCentre agus luchd-obrach ag obair leis a' ghnìomhachais nach robh comasach air cumail a' dol nan dreuchdan air sgàth cuingealachaidhean a' ghlasaidh-sìos.

2023 FARPAISEAN ROTHAIREACHD NA CRUINNE EARRANTA

Bheir VisitScotland seachad na seirbheisean corporra uile dhan fho-bhuidhinn ùir againn fo Aonta Ìre Seirbheis fad a beatha. Am-bliadhna bha na sgiobaidhean Ionmhais, Solarachaidh, IT, Goireasan, Laghail agus HR againn a' toirt taic dhan fho-bhuidhinn ùir ann an gnìomhachdan tòiseachaidh gu ìre mhòr.

Bha seo a' gabhail a-steach obair leithid stèidheachadh na companaidh agus riaghailtean riaghlaidh a' gabhail a-steach a bhith a' fastadh luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus a-staigh, a' cruthachadh agus a' buileachadh na fo-

chompanaidh san t-siostam Oracle ERP againn, a' dèanamh obair solarachaidh agus a' stèidheachadh phròiseasan solarachaidh, a' lorg agus ag uidheamachadh oifis airson luchd-obrach agus a' toirt seachad taic IT agus cothrom air an t-siostam dhan luchd-obrach gu lèir.

A bharrachd air sin thug an sgioba ghoireasan daonna taic ris an fho-bhuidhinn ùir, a' gabhail a-steach a bhith a' fastadh Àrd-oifigear, Stiùirichean agus an sgioba san fharsaingeachd a bharrachd air a bhith a' fastadh Stiùirichean Neo-ghnìomhach.

Cumaidh VisitScotland air a' toirt taic HR dhan tachartas brosnachail seo ann an 2023.

CONALTADH A-STAIGH

Nuair a bha an glasadh-sìos ann an toiseach, b' e luchd-obrach a' chiad phrìomhachas a bh' againn agus bha e cudromach fiosrachadh a chumail riutha tro na diofar shianalan againn gus dèanamh cinnteach gun robh iad a' faireachdainn gun robh iad a' faighinn taic agus iad a' gluasad gu bhith ag obair bhon taigh.

Bha teachdaireachd sheachdaineil ann bhon Chathraiche agus bhon Cheannard againn a bharrachd air coinneamhan fiosrachaidh a' leigeil le luchd-obrach ceistean sam bith a bha iad ag iarraidh fhaighneachd den cheannard. Bha fèill mhòr air na seiseanan seo agus chuir 110 luchd-obrach feum air a' chothrom coinneachadh ris a' Cheannard gu pearsanta ach gu bhiorail. Chaidh timcheall air 500 sgeulachd agus 150 post-d a chur dhan luchd-obrach gu lèir agus chùm sinn a' chiad webinar dhan luchd-obrach againn tro Teams.

Dh'fhàs an luchd-obrach againn cleachdte ri bhith ag obair bhon taigh agus chùm sinn taic ri seo le bhith a' dèanamh cinnteach gun robh fios aca mu na leasachaidhean as ùire tro chonaltradh soilleir agus sgeulachdan làitheil air an eadralion againn, an Hub, agus tron t-sianal shòisealta a-staigh againn Yammer. Bha geàrr-chunntas èibhinn cunbhalach gach Dihaoine air a h-uile rud a thachair air an t-seachdain sin agus fhuair seo beachdan gu math fàbharach bhon luchd-obrach.

Chaidh conaltradh a chomharrachadh gu sònraichte anns an t-suirbhidh luchd-obrach againn airson a bhith a' cumail misneachd àrd agus a' cumail fios ri, agus a' brosnachadh, luchd-obrach aig àm a' ghlasaidh-sluaigh.

Farpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne 2023



Tro 2020/21 chaidh tòrr obrach a dhèanamh gus bunait làidir a stèidheachadh airson aoigheachd, riaghladh, eagrachadh agus adhartachadh nam Farpaisean bho chaidh Ministearan na h-Alba a-steach ann an Aonta Fada, a tha a' mìneachadh còraichean agus dleastanasan an dà chuid dhan luchd-aoigheachd agus do luchd-seilbh an tachartais, an Union Cycliste Internationale (UCI) air 25 Samhain 2019 dhaibh fhèin agus do na prìomh luchd-maoineachaidh eile - Comhairle Baile Ghlaschu agus UK Sport, a bharrachd air Com-pàirtichean aoigheachd VisitScotland, agus British Cycling.

Às dèidh dhaibh an t-aonta a shoidhnigeadh, thug Ministearan na h-Alba na còraichean agus dleastanasan aca fon Aonta Fhada do VisitScotland, leis a' bhuidhinn a' stèidheachadh fo-bhuidheann fo a làn shealbh sa Ghearran 2020, Farpais Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta, gus an tachartas a dhealbhadh agus a libhrigeadh.

Bidh planadh agus libhrigeadh an tachartais an urra ri Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 Eta. Mar an aon bhall, nì VisitScotland cinnteach gu bheil rèiteachaidhean agus smachdan riaghlaidh iomchaidh an sàs, le Bòrd VisitScotland cunntachail airson coileanadh Farpaisean Rothaireachd na Cruinne Earranta (2023 Cycling Worlds) a rèir an Aonta Frèam Riaghlaidh eadar Riaghaltas na h-Alba agus VisitScotland. Bidh VisitScotland cuideachd a' cur ri lèirsinn is àrd-amasan nan tachartasan.

Ruig sinn grunn chlachan-mìle cudromach anns an 12 mìosan a dh'fhalbh a' gabhail a-steach dreuchdan dhan Bhòrd agus dhan Luchd-obrach. Às dèidh na ciad coinneimh den Bhòrd air 24 Ògmhios 2020, chaidh stiùirichean ainmichte bho na Prìomh Luchd-maoineachaidh agus Com-pàirtichean aoigheachd – Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Baile Ghlaschu agus Glaschu Bheò, UK Sport, VisitScotland, spòrsalba, agus British Cycling - a chur an dreuchd.



San t-Sultain 2020, às dèidh pròiseas fastaidh fosgailte, chaidh còignear Stiùirichean Neo-ghnìomhach fhastadh air a' Bhòrd còmhla ri aon bhall co-thaghte den bhòrd. Às dèidh seo chaidh Comataidh Sgrùdaidh is Cunnart Farpais Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta a stèidheachadh san Dàmhair 2020, leis an Àrd-stiùiriche Neo-eisimeileach sa chathair.

Chaidh Trudy Lindblade ainmeachadh mar Cheannard san Dàmhair 2020 às dèidh sgrùdadh cruinneil, a' gabhail na h-obrach thairis bhon Stiùiriche Eadar-amail. Às dèidh dhi a bhith air a cur an dreuchd, b' e am prìomh fhòcas an tachartas a ghluasad bho ìre tòiseachaidh a' phròiseict gu ìre lìbhrigidh. Thàinig seo gu buil san Fhaoilleach 2021. Chaidh na ceithir dreuchdan Stiùiriche Gnìomha a lìonadh san Fhaoilleach 2021 le sianar luchd-obrach eile air an toirt air bòrd ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

Anns an Fhaoilleach 2021, chuir Farpaisean Rothaireachd na Cruinne Earranta an ainm ris a' chiad aonta de phrìomh luchd-maoineachaidh le UK Sport, air a leantainn gu sgiobalta ri aonta Comhairle Baile Ghlaschu sa Mhàrt 2021. Thàinig Aonta Seirbheisean eadar VisitScotland agus Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta gu buil cuideachd air 1 Giblean 2021.

San t-Samhain 2019, mar phàirt den aonta, chaidh a' Chomataidh Com-pàirteachais a stèidheachadh gus an dòigh-obrach ùr-ghnàthach 'aon sgioba com-pàirteachais' a lìbhrigeadh airson còraichean sponsaireachd airson nam Farpaisean. Air a dhèanamh suas de riochdachadh co-ionann bho Farpais Rothaireachd na Cruinne Earranta 2023 agus bhon UCI, b' e prìomhachas an JPC buidheann reic sponsaireachd fhastadh agus aon sheata de phasganan ùr-ghnàthach a chruthachadh airson sponsairean cruinneil. Às dèidh pròiseas solarachaidh farsaing, chaidh Inside Edge ainmeachadh san Fhaoilleach 2021 mar an aon bhuidheann reic sponsaireachd eadar-nàiseanta aig an tachartas.

Lean an co-obrachadh seo eadar an UCI agus sgioba 2023 Cycling Worlds le cruthachadh agus lìbhrigeadh dearbh-aithne brandd àrd-amasach airson an tachartais a chaidh a chur air

bhog sa Mhàrt 2021 còmhla ri seanalan didseatach 2023 Cycling Worlds.

Bhon fhìor thoiseach, tha Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 aig UCI air rùintean poileasaidh a thaobh rothaireachd ann an Alba a chur aig cridhe a ro-innleachd agus a cho-dhùnaidhean gus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith ri rothaireachd agus gus an cothrom sònraichte seo a chleachdadh gus a bhith na mheadhan air atharrachadh adhartach. Tha prìomh raointean poileasaidh a' gabhail a-steach turasachd

Thuir Ceann-suidhe UCI, Dàibhidh Lappartient: *Airson a' chiad turas roimhe ann an eachdraidh na spòrs againn, bheir Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 aig UCI na mìltean de lùth-chleasaichean còmhla bho dhiofar sheòrsaichean rothaireachd agus bho chòig mòr-thìrean ann an tachartas a' comharrachadh rothaireachd de sheòrsa nach fhacas a-riamh roimhe ann an Glaschu agus air feadh na h-Alba. Tha suaicheantas an tachartais agus an dearbh-aithne lèirsinneach a tha sinn a' foillseachadh an-diugh a' nochdadh sàr-mhathas agus uile-choitcheannachd Farpaisean Cruinne UCI còmhla ri eòlas, aoigheachd agus lèirsinn ar luchd-aoigheachd. Fàgaidh an tachartas sònraichte seo dileab mhaireannach ann an Alba airson ginealaichean ri thighinn agus bidh e na thachartas eachdraidheil dhan UCI agus dhan spòrs anns a h-uile cruth – farpais, cur-seachad agus còmhhdail.*

Tha Farpaisean Rothaireachd na Cruinne UCI 2023 na thachartas eachdraidheil airson na spòrs agus tha e na urram gun deach iarraidh air Alba a lìbhrigeadh. Tha fios againn bho bhith ag obair air na tachartasan spòrs as motha san dùthaich gun dèan na Farpaisean sin fìor eadar-dhealachadh do na coimhearsnachdan a tha an sàs ann agus is e àm cudromach a tha seo ann a bhith a' com-pàirteachadh leotha.'

SGRÙDADH CÙISE

Dearbh-aithne brannd àrd-amasach air a chruthachadh gus a bhith na samhla maireannach air rothaireachd ann an Alba

Air 19 Màrt 2021, chaidh an dearbh-aithne brannd àrd-amasach airson Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 aig UCI fhoillseachadh dhan t-saoghal.

A' toirt còmhla proifeiseantachd agus cliù an Union Cycliste Internationale (UCI) le fàilte bhlàth, chàirdeil Ghlaschu is Alba, chaidh dearbh-aithne brannd an tachartais ùr chliùiteach seo a chruthachadh ann an co-obrachadh eadar an UCI, sgioba Margaidheachd is Conaltraidh Cycling Worlds 2023, agus Stand, buidheann dealbhaidh ann an Glaschu.

Aig cridhe dearbh-aithne a' bhrannnd tha am 'baidhc lùbach' – dearbh-aithne a' bhaile-aogheachd, a chaidh a dhealbhadh gus a bhith a' gabhail a-steach faireachdainn de spòrs, in-ghabhalachd agus deimhinneachd. Bidh an suaicheantas na shamhla maireannach den tachartas agus air na bhios e a' coileanadh airson coimhearsnachdan air feadh na dùthcha.

Tha e cuideachd a' toirt a-steach bogha-froise cliùiteach an UCI na dhealbhadh, a' chiad turas a rinneadh seo airson Farpaisean Cruinne UCI. Bidh seo fhathast ri fhaicinn às dèidh an tachartais, oir tha an UCI air cead a thoirt gus dathan a' bhogha-froise a chleachdadh gu leantainneach mar thaic do dh'amasan poileasaidh farsaing an tachartais gus piseach a thoirt air rothaireachd ann an Alba. Faodaidh muinntir na h-Alba am

'baidhc lùbach' a thoirt gu an cridheachan mar bhrosnachadh maireannach gus cumhachd a' bhaidhc a chomharrachadh fada às dèidh 2023.

Gus dearbh-aithne a' bhrannnd a chur air bhog chaidh bhidio brannd 30-diog a sgaoileadh air cunntasan Twitter agus LinkedIn Cycling Worlds 2023. Chruthaich e còrr is 8,000 sealladh air LinkedIn le ìre ceangail de 6.4%, agus air Twitter chaidh fhaicinn 8,500 uair, le 88,000 buillean.

Chaidh a' bhidio a chleachdadh cuideachd gus cunntasan Instagram agus Facebook 2023 Cycling Worlds a chur air bhog agus fhuair e ìre conaltradh àrd airson seanalan ùra le 831 sealladh, agus ruigsinneachd bhidio de 2,600 air Facebook, agus 566 seallaidhean agus ruigsinneachd de 601 air Instagram.

Chaidh làrach-lìn ùr a chur air bhog cuideachd leis an amas a bhith a' toirt air an fheadhainn a tha airson barrachd fhaighinn a-mach mun tachartas agus a tha airson clàradh airson a bhith mar phàirt den turas. Bha 1,750 neach-cleachdaidh aig an làrach-lìn, le 430 a' fo-sgrìobhadh do phost-d 2023 Cycling Worlds, ìre fo-sgrìobhaidh de 25%. Tha an ìre fo-sgrìobhadh fada nas àirde na an ceudad roghnachadh-a-steach cuibheasach cruinneil, a tha eadar 0.50% agus 1.40%. Fhuair am foillseachadh cuideachd sia pìosan naidheachd air-loidhne a fhuair timcheall air 705,000 luchd-leughaidh air-loidhne, 6.82k sealladh iomlan tuairmseach agus 132 co-roinnean air na meadhanan sòisealta.


Prìomh Chomharran Coileanaidh

Tha grunn chomharraidhean coileanaidh a' cumail taic ri soirbheachas VisitScotland ann a bhith a' lìbhrigeadh buannachdan seasmhach do dh'eaconamaidh na h-Alba.

Coileanadh Eaconamach

- Tha bunait prìomh Chomharran Coileanaidh Eaconamach VisitScotland a' tighinn bhon Fhrèam Tomhais Eaconamach againn, aig a bheil ceithir comharran tomhais eaconamach, mar a leanas:
- Gnìomhachd eaconamach iomlan - luach airgid aig gnìomhachd eaconamach uile co-cheangailte ri eadar-theachd.
- Buaidh eaconamach lom (dìreach) – airgead ùr san eaconamaidh nach biodh air tachairt às aonais eadar-theachd VisitScotland.
- Luach iomlan air a Chur ris (Gross Value Added - "GVA") (dìreach, neo-dhìreach, brosnachta) - seo an luach eaconamach a tha air a chur ris ann an gnìomhachas nuair a thathar a' dèanamh mach-churan (reicean) bho steach-churan (rudan air an ceannach a-staigh).
- Obraichean Co-ionann ri Làn-ùine ("FTE") obraichean le taic (dìreach, neo-dhìreach, brosnachta) – obraichean co-ionann ri làn-ùine a' faighinn taic ann an eaconamaidh na h-Alba.

Mar as trice bhiodh na comharran eaconamach airson 2020/21 ann an geàrr-chunntas sa chlàr san ath-dhuilleig gus coileanadh VisitScotland a nochdadh, ach dh'atharraich prìomh gnìomhachd na buidhne tron bhliadhna gus a bhith ag amas air taic a thoirt dhan gnìomhachas le bhith a' lìbhrigeadh na h-obrach air a bheil geàrr-chunntas air taobhan-duilleig 11-21. Mar thoradh air an atharrachadh seo ann an gnìomhachd agus a' bhuidhne a bha aig a' ghalair lèir-sgaoilte air a' gnìomhachas, chan urrainn dhuinn figearan coimeasach aithris airson 2020/21. Tha coileanadh na bliadhna mu dheireadh mu choinneamh nam Prìomh Chomharran Coileanaidh Eaconamach anns a' chlàr.



VisitScotland Interventions	2020/21	2020/21	2020/21	2020/21	2019/20	2019/20	2019/20	2019/20
	GEA	NEI	GVA	FTE	GEA	NEI	GVA	FTE
	£m	£m	£m		£m	£m	£m	
Margaidheachd coinsiumair eadar-nàiseanta - slighe ghoirid / an Roinn Eòrpa (Faoilleach - Dùbhlachd)	N/A	N/A	N/A	N/A	176.2	14	9.1	208
Margaidheachd coinsiumair eadar-nàiseanta - slighe fhada (Faoilleach - Dùbhlachd)	N/A	N/A	N/A	N/A	110.1	8.8	5.7	132
Margaidheachd coinsiumair - an còrr den RA is Èireann (Màrt - Gearran)	N/A	N/A	N/A	N/A	215.6	20	13	296
Margaideachd coinsiumair an Alba (Màrt - Gearran)	N/A	N/A	N/A	N/A	160.9	1.2	0.7	17
Prògram eadar-nàiseanta	N/A	N/A	N/A	N/A	157.8	80.1	48	1,597
Maoin Thagraidhean Nàiseanta	N/A	N/A	N/A	N/A	50	30	14.7	389
Leasachadh slighe	N/A	N/A	N/A	N/A	48.8	18.8	13	295
Dearbhadh Càileachd	N/A	N/A	N/A	N/A	413.6	9.1	6.3	142

Tha an clàr gu h-àrd a' gabhail a-steach na gnìomhan as cudromaiche a thaobh buaidh eaconamach airson 2019/20. Chan eil na gnìomhan sin a' nochdadh buaidh eaconamach sam bith a ghabhas tomhas airson 2020/21 a tha a' dearbhadh buaidh sgriosail a' ghalair lèir-sgaoilte air a' ghnìomhachas. A' coimhead air adhart, cuiridh sinn fòcas air gnìomhachd ath-bheothachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil turasachd cunntachail aig cridhe gach rud a nì sinn, a rèir Scotland Outlook 2030. Nuair as urrainnear sin a dhèanamh, tillidh sinn gu bhith ag aithris na gnìomhachd againn mu choinneamh nan comharran aontaichte gu h-àrd (GEA, NEI, GVA agus FTE). A bharrachd air seo, bheir sinn a-steach tomhas agus aithris air carbon agus sinn ag obair a dh'ionnsaigh targaid Riaghaltas na h-Alba gus na h-eimiseanan carboin againn a lughdachadh 75% ro 2030 gus cothromachadh-carboin a ruighinn ro 2045.

Prìomh amas poileasaidh

CO-THEACSA POILEASaidH NÀISEANTA

Tha VisitScotland a' cur gu mòr ri amasan leasachadh eaconamach Riaghaltas na h-Alba. Tha an earrann seo a' sealltainn mar a tha VisitScotland a' cur ri:

- Na Builean Nàiseanta ann am Frèam Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba mar a tha air a mhìneachadh ann am Sunnd na h-Alba – Lìbhrigeadh nam Builean Nàiseanta
- Ro-innleachd Eaconamach Riaghaltas na h-Alba

SUNND NA H-ALBA – A' LÌBHRIGeadH NAN AMASAN NÀISEANTA (2020/21)


Tha Frèam Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba (NPF) a' mìneachadh an adhbhair agus na lèirsinn iomlan a leanas airson Alba:

Ar n-adhbhar: *Fòcas a bhith air dùthaich a chruthachadh a tha nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach a tha seasmhach agus in-ghabhalach.*

Ar luachan: *'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach*

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh, mar thoradh air COVID-19, gu bheil e a' sìor fhàs cudromach a bhith air a stiùireadh le lèirsinn agus luachan Frèama Coileanaidh na h-Alba agus le Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte. Tha fuasglaidhean geàrr-ùine dhan èiginn air an stiùireadh leis an t-sealladh fad-ùine san NPF.

Tha an NPF a' comharrachadh Builean Nàiseanta farsaing a tha a' daingneachadh an adhbhair agus a' toirt seachad dòighean anns an gabh adhartas a mheasadh. Ged a thug an galar lèirsgaoilte buaidh mhòr air obair VisitScotland, chuir e ri Frèama Planaidh Nàiseanta ann am prìomh raointean:



Prìomh Bhuil Nàiseanta	Na chuir VisitScotland ris	Sgèile de na chuir iad ris
<p>Eaconomaidh</p> <p>Tha eaconomaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach</p>	<p>Ann an suidheachaidhean àbhaisteach tha VisitScotland a' toirt taic do raon de ghnìomhachd a libhrigeas buaidh eaconamach sheasmhach a bharrachd agus a bheil taic dhìreach do dh'obraichean co-cheangailte ri turasachd agus do dh'obraichean air feadh na h-eaconomaidh san fharsaingeachd tro bhith a' ceannach bhon t-sèine solair agus tro chaiteachas dachaigheil. Bha am fòcas am-bliadhna air a bhith a' libhrigeadh maoineachadh Rìaghaltais na h-Alba gus taic a chumail ris an roinn. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh pasgan maoineachaidh tùsail de £104.3m gus taic a thoirt do ghnìomhachasan turasachd is thachartasan air feadh na h-Alba. Chaidh seo a leantainn le £25m a bharrachd a chaidh ainmeachadh sa Ghearran 2021. Tha an obair seo (còmhla ri taic fòrlaidh) air cuideachadh le bhith a' dìon a' mhòr-chuid de dh'obraichean agus ghnìomhachasan co-cheangailte ri turasachd ann an 2020 agus 2021. Faic 'Maoinean air an libhrigeadh le VisitScotland' air taobhan-duilleig 15 agus 16 airson cunntas nas coileanta air gach maoin ¹.</p> <p>Tha iomairtean cuideachd air luchd-tadhail dachaigheil a bhrosnachadh gus taic a thoirt do ghnìomhachasan air feadh na h-Alba, nuair a tha cuingealachaidhean ga cheadachadh, agus gu h-eadar-nàiseanta tha VisitScotland air obrachadh gus Alba a chumail air aire dhaoine, a' dèanamh cinnteach gu bheil caiteachas turasachd ag ath-shlànachadh nuair as urrainn do shiubhal eadar-nàiseanta ath-thòiseachadh.</p>	<p>A' cur ris gu làidir</p>
<p>Eadar-nàiseanta</p> <p>Tha sinn fosgailte, ceangailte agus tha sinn a' toirt deagh bhuaidh gu h-eadar-nàiseanta</p>	<p>Tha an NPF ag ràdh gu bheil cliù làidir eadar-nàiseanta aig Alba, san 16mh àite a-mach à 50 dùthaich. Ged a chaidh gnìomhachd aghaidh-ri-aghaidh a ghearradh air ais gu mòr tron ghalar lèir-sgaoilte, tha VisitScotland air àite a chumail aig ìre na cruinne. Tha VisitScotland air na ceanglaichean cruinneil aige a chumail tro raon de ghnìomhachdan, tro chothroman PR agus margaidheachd, tachartasan bhiorail a' taisbeanadh Alba agus gnìomhachd B2B le eadar-mheadhanairean. Bidh ag obair a dh'ionnsaigh loidhne-pìoba de thachartasan gnìomhachais is co-labhairtean a' dìon cliù iomhaigh eadar-nàiseanta na h-Alba mar aon de na cinn-uidhe as cudromaiche san t-saoghal airson tachartasan a tha ag amas air a' phobaill agus mar an t-Àrd-ùrlar Foirfe airson tachartasan. Bidh VisitScotland a' conaltradh gu gnìomhach le raon farsaing de luchd-èisteachd le fòcas Eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach Com-pàirtichean Sgioba Alba eile leithid Rìaghaltais na h-Alba, Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba (SDI) agus VisitBritain; malairt siubhail eadar-nàiseanta; Comainn; Buidhnean Turasachd Nàiseanta eile; agus lìonraidhean acadaimigeach, alumni agus Diaspora. Rè a' ghalair lèir-sgaoilte tha seo air leantainn le VisitScotland a' cumail air a' co-obrachadh le raon de phrìomh chom-pàirtichean air an àrd-ùrlar eadar-nàiseanta.</p>	<p>A' cur ris gu làidir</p>
<p>Bochdainn</p> <p>Bidh sinn a' toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a' co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne</p>	<p>Bidh VisitScotland ag atharrachadh gus sgìre a bhrosnachadh a tha a' cur aghaidh ri dùbhlain leithid àireamhan luchd-turais ìosal a bha ro chathair-bhailtean na h-Alba ri linn a' ghalair lèir-sgaoilte. Tro dhàimhean le buidhnean leithid Euan's Guide, Tourism for All agus Purple Tuesday tha sinn air prògram turasachd ruigsinneach a chruthachadh le comhairle is fiosrachaidh do ghnìomhachas agus luchd-cleachdaidh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèiligeadh ri draghan sònraichte aig daoine air a bheil ciorram, seann luchd-siubhail agus teaghlachaichean le clann òga, nuair a chaidh cuingealachaidhean a' ghalair-sgaoilte a lasachadh. Ann an 2020/21 dh'obraich sinn cuideachd a dh'ionnsaigh a bhith a' cur air bhog sgeama eàrlasan saor-làithean <i>ScotSpirit</i> gus gnìomhachas turasachd a chruthachadh a tha nas seasmhaiche gu sòisealta agus nas in-ghabhalaich agus aig an aon àm a' cumail taic ri ath-shlànachadh. Tha an sgeama seo ag amas gu dìreach air luchd-cùraim gun phàigheadh agus teaghlachaichean le teachd a-steach ìosal. Tha VisitScotland na fhastaiche a tha a' pàigheadh Tuarastal Bith-beò na h-Alba. Rè 2020/21 thug VisitScotland seachad 17 maoin Taic Gnìomhachais Covid gus cuideachadh le bhith a' dìon ghnìomhachasan agus obraichean sa ghnìomhachas. Chaidh na maoinean seo a dhealbhadh ann an co-chomhairle le gnìomhachas agus rinn iad cinnteach gun deach pasganan ionmhais gu gnìomhachasan air an tug an galair lèir-sgaoilte droch bhuaidh.</p>	<p>A' cur ris barrachd</p>

¹ Chaidh meud an tabhartais a dhearbhadh le eaconamaiche VisitScotland stèidhichte air an fhianais a bha ri fhaotainn san Lùnastal 2021. Tha an sgèile a' toirt seachad comharra air na tha VisitScotland a' cur ris (glè bheag; a' fàs; meadhanach agus làidir) agus chan eil e stèidhichte air modh sgòraidh teicnigeach. Chaidh an tabhartas a chaidh a mheasadh ath-sgrùdadh agus aontachadh le Bòrd is Buidheann Ceannardais VisitScotland.

2 <https://scottishlivingwage.org/>

Prìomh Bhuil Nàiseanta	Na chuir VisitScotland ris	Sgèile de na chuir iad ris
	<p>Gu sònraichte, tha am prògram ath-bheothachaidh turasachd ³ ùr luach £25 millean a' gabhail a-steach pròiseactan a tha ag amas air in-ghabhail sòisealta, sunnd agus co-ionannachd chothroman cosnadh a chur air adhart.</p> <p>Libhrigidh prògram 'Eàrlasan saor-làithean ScotSpirit' saor-làithean do theaghlachan le teachd a-steach ìosal agus Luchd-cùraim gun phàigheadh ann an Alba. Bheir seo faochadh do chuid de na daoine as so-leònte sa chomann-shòisealta, agus e cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachas na turasachd. San aon dòigh, cuidichidh an sgeama brosnachaidh 'Làithean a-muigh' gus tursan latha a dhèanamh nas ruigsinniche a bharrachd air a bhith a' toirt seachad grunn bhuannachdan eile.</p>	
<p>Obair is Gnothachas Cothromach</p> <p>Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair cothromach dhan a h-uile duine.</p>	<p>Tha VisitScotland a' cuideachadh le bhith a' toirt fàs air bunait gnìomhachais agus ìrean cosnadh na h-Alba. Tha na pasganan maoinachaidh a tha VisitScotland a' ruith air taic a thoirt do ghnìomhachasan de dhiofar mheudan agus sgìrean gus mairsinn tron ghalar làir-sgaoilte, a' dèanamh cinnteach gun soirbhich leotha san àm ri teachd. Ag obair còmhla ris na Buidhnean Iomairt, Business Gateway agus com-pàirtichean eile tha VisitScotland a' toirt taic dhan iomairt a dh'ionnsaigh comas didseatach taobh a-staigh gnìomhachas na turasachd. Chaidh seo a luathachadh tron ghalar sgaoilte leis gu bheil barrachd gnìomhachasan a' feuchainn ris na sgìlean didseatach aca a thoirt air adhart. Tha ùr-ghnàthachadh cuideachd air tighinn am follais le gnìomhachasan ag atharrachadh agus gus dòighean-obrach ùra a chleachdadh.</p>	<p>A' cur ris gu làidir</p>
<p>Slàinte</p> <p>Tha sinn fallain agus gnìomhach</p>	<p>Bidh VisitScotland a' tasgadh agus a' toirt taic do bhun-structair agus tachartasan co-cheangailte ri turasachd a tha a' cur gu math ri builean sòisealta, slàinte is sunnd. Tha brosnachadh agus tasgadh ann am bun-structar agus bathar co-cheangailte ri turasachd a' gabhail a-steach slighean siubhail gnìomhach agus gnìomhachd sunnd air a bhith cudromach tron ghalar sgaoilte, leis gu bheil daoine a' coimhead barrachd is barrachd air saor-làithean a ghabhail airson an sunnd inntinn fhèin ⁴. Bidh a bhith a' toirt aoigheachd do, agus a' brosnachadh, thachartasan spòrs leithid Goilf is Rothaireachd, a' gabhail a-steach Farpaisean Rothaireachd na Cruinne aig UCI ann an 2023, ag àrdachadh na h-ìomhaigh aig dòigh-beatha gnìomhach. Aig a' cheann thall tha seo uile ag amas air cur ri com-pàirteachadh ann an gnìomhan fallain am measg luchd-còmhnaidh na h-Alba. Tha an leithid de thasgadh a' toirt seachad beairteas de bhuidhean sòisealta, slàinte is sunnd a dh'fhaodadh cuideam a lughdachadh air buidseatan NHS, slàinte-inntinn agus cùram sòisealta san ùine fhada.</p>	<p>A' cur ris gu làidir</p>
<p>Àrainneachd</p> <p>Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd agus tha sinn ga dìon is ga leasachadh</p>	<p>Tha raon-ùghdarras VisitScotland a' gabhail a-steach a bhith a' leasachadh eaconamaidh turasachd na h-Alba gu seasmhach. Tha cùisean àrainneachd aig cridhe an amais seo agus tha iad air am fighe a-steach leis an fhòcas a th' againn air turasachd chunntachail a bhith mar nì deatamach airson ath-bheothachadh uaine na h-Alba. B' e a' bhuidheann a' chiad Bhuidheann Turasachd Nàiseanta a thàinig còmhla ri Turasachd ag ainmeachadh Èiginn Gnàth-shìde (Samhain 2020) ⁵ agus tha iad air gealltainn Plana Gnìomh Gnàth-shìde fhoillseachadh a tha a' co-thaobhadh ri seo. Tha dà Bhuidhinn-obrach (tè air an taobh a-staigh agus tè air an taobh a-muigh) air oidhirpean VisitScotland a stiùireadh san raon seo. A bharrachd air a bhith a' cur cuideam air teachdaireachdan turasachd cunntachail is seasmhach do luchd-cleachdaidh tha e a' brosnachadh gnìomhachasan gus ath-bheothachadh uaine cunntachail a stiùireadh. Tha am pròiseact Slighe gu Cothromachadh-carboin (<i>Net Zero Pathway</i>) a tha ag amas air a' gnìomhachas a' stiùireadh seo.</p>	<p>A' cur ris barrachd</p>

3 <https://www.visitscotland.org/supporting-your-business/advice/coronavirus/sterg/tourism-recovery-programme#days>

4 <https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/research-papers/about-our-visitors/insights-emotional-benefits.pdf>

5 <https://www.visitscotland.org/news/2020/tourism-declares>

Prìomh Bhuil Nàiseanta	Na chuir VisitScotland ris	Sgèile de na chuir iad ris
<p>Cultar</p> <p>Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing</p>	<p>Tha VisitScotland a' tasgadh ann a bhith a' brosnachadh thachartasan is stuthan cruthachail, cultarach is dualchais air feadh na h-Alba. Bheir seo buaidh eaconamach a bharrachd ach tha e cuideachd a' cuideachadh le bhith a' glèidheadh agus ag adhartachadh dualchas, cultar agus traidiseanan ionadail. Tha cultar agus dualchas eadar-mheasgte na h-Alba air a bhrosnachadh tro àrd-ùrlaran margaidheachd agus a' faighinn taic tro mhaoineachadh thachartasan, a' gabhail a-steach airgead ath-bheothachaidh. Tha gnìomhachd a' gabhail a-steach a bhith ag obair a dh'ionnsaigh Plana Gàidhlig VisitScotland 2019-2022, a' toirt taic dhan ghnìomhachas a' Ghàidhlig a chleachdadh mar nì a tharraingeachas luchd-tadhail.</p>	<p>A' cur ris gu làidir</p>
<p>Còraichean Daonna</p> <p>“Tha sinn a' measadh, a' dìon agus a' coileanadh chòraichean daonna agus tha sinn beò saor bho leth-bhreith</p>	<p>Tha VisitScotland na fhastaiche co-ionannachd chothroman agus tha ar dealas a thaobh Co-ionannachd agus Iomadachd aig cridhe luachan na buidhne. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil dùthchannan le roinn turasachd nas fhosgailte agus nas seasmaiche buailteach a bhith nas sìtheile: ‘Tha roinn turasachd a tha seasmhach agus fosgailte a’ toirt gu buil ìre nas àirde de shìth adhartach: ‘s e sin na beachdan, na h-institiudan agus na structaran a chruthaicheas agus a chumas suas comainn-shòisealta shìtheil.’ Bidh prògraman turasachd in-ghabhalach a' comhairleachadh agus a' toirt taic do chleachdaidhean in-ghabhalach gus buannachd a thoirt dhan raon as fharsaingeach de luchd-tadhail, a' gabhail a-steach daoine le feartan dìonta.</p>	<p>A' cur ris barrachd</p>
<p>Clann</p> <p>Fàsaidh sinn suas gu sàbhailte le gaol is spèis oirnn gus an coilean sinn ar làn chomasan</p>	<p>Tro Ro-innleachd nan Daoine againn a tha ag amas air na luachan sòisealta adhartach againn a chur an cèill, tha raon de cheumannan aig VisitScotland a thaobh fòrladh màthaireil/ athaireil, obair shùbailte agus sochairean gus dèanamh cinnteach gu bheil pàrantan comasach air ùine luachmhor a chaitheamh còmhla ris a' chloinn aca nuair a tha iad òg. Chaidh ceumannan a chur an sàs rè a' ghalair lèir-sgaoilte gus dòigh-obrach shùbailte a bhith ann gus leigeil le pàrantan an dà chuid obair agus cùram-chloinne a riaghladh. Cuiridh obair mheasgaichte a chaidh a thoirt a-steach bho chionn ghoirid ri cùram phàrantan.</p> <p>Festival UK 2022 ⁶, fèis ùr de chruthachalachd is ùr-ghnàthachadh air feadh na RA a tha ag amas air ùidh fharsaingeach a bhrosnachadh ann am pròiseactan Saidheans, Teicneòlais, Innleadaireachd, Ealain agus Matamataig. 'S e EventScotland a' bhuidheann libhrigidh ro-innleachdail airson Festival UK* 2022. Bidh pròiseact Dandelion na h-Alba⁷ a' cleachdadh cruthachalachd, dìoghras agus dealas sgoiltean agus choimhearsnachdan air feadh na h-Alba, a' toirt slighe tharraingeach agus phractaigeach dhuinn uile rudeigin math a dhèanamh airson ar beatha fhèin, ar coimhearsnachdan agus ar n-àrainneachd.⁸</p>	<p>A' cur ris barrachd</p>
<p>Foghlam</p> <p>Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta</p>	<p>Tha VisitScotland a' tasgadh gu mòr ann an Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach, Meantoradh, Nua-phreantasachdan,inntearnasan agus fo-fhastaidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach againn fhathast uidheamaichte leis na sgilean agus eòlas a tha a dhìth. Tha VisitScotland moiteil a bhith air aithneachadh le Tasgadairean ann an Òigridh mar eisimpleir de dheagh chleachdadh.</p> <p>Bidh Festival UK 2022 ⁸, (faic cuideachd ‘Clann’ gu h-àrd) a' tabhann raon farsaingeach de phròiseactan foghlaim is coimhearsnachd a tha ag amas air ùidh a bhrosnachadh ann am pròiseactan STEM agus Ealain air feadh a' chomann-shòisealta. 'S e EventScotland a' bhuidheann libhrigidh ro-innleachdail airson Alba.</p>	<p>A' cur ris barrachd</p>

6 <https://www.visitscotland.org/events/funding/festivaluk-2022>

7 <https://www.visitscotland.org/about-us/what-we-do/events/major-upcoming-events/dandelion>

8 <https://www.visitscotland.org/events/funding/festivaluk-2022>

So-sheasmhachd

Tha Riaghaltas na h-Alba air targaidean atharrachadh gnàth-shìde àrd-amasach a shuidheachadh: gus gas taigh-glainne na h-Alba (eimiseanan carboin) a lùghdachadh 80% ro 2050, le lùghdachadh eadar-amail de 42% ro 2020, an comas ri bun-loidhne 2008/09.

Tha VisitScotland air a ghnìomhachdan obrachaidh a cho-thaobhadh gus a dhleasanan fo Achd Atharrachadh na Gnàth-thìde (Alba) 2009 a choileanadh agus tha e ag obair tro Lìonra Alba Sheasmhach ann an leasachadh leantainneach a' Phlana Riaghladh Carboin aige (adhartas gu ruige seo - faic gu h-àrd).

Tha VisitScotland cuideachd a' toirt taic do dh'obair Zero Waste Scotland agus tha e ag obair leis na làraichean uile againn gus sgudal a lùghdachadh agus ath-chuairteachadh àrdachadh. Ann an 2020/21 lughdaich sinn ar sgudal iomlan LE 90%.

Tha seasmhachd fhathast na phrìomh cheist do iCentres le Gaisgeach Uaine aig gach ionad. 'S e ar n-amas inbhe Òir a choileanadh airson a h-uile làrach ro dheireadh an t-samhraidh aon uair 's gum bi an t-inneal measaidh air-loidhne ùr ri fhaighinn.

38%

de dh'oifisean agus ionadan fiosrachaidh
air an comharrachadh

aig ìre Oir san
Sgeama Gnìomhachais

56%

aig ìre Airgid

ATHARRACHAIDHEAN ADHARTACH

Cha robh siubhal gnìomhachais sam bith ann ann an 2020/21, mar thoradh air a' bhliadhna gun samhail a bh' againn, a thug a' bhuaidh as motha air ar lùghdachaidhean iomlan air eimiseanan carboin aig an àm sin.

Tha sinn an dùil gun lean mòran de na h-atharrachaidhean adhartach sin, co-dhiù gu ìre às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte. Am measg cuid de na prìomh ghnìomhan bha:

- Coinneamhan Teams - aig toiseach 2020, bha sinn dìreach a' gabhail ris an teicneòlas Teams ùr ach leis a' ghalair lèir-sgaoilte agus obair bhon dachaigh, 's e seo an dòigh as fheàrr le daoine air gairmean/coinneamhan a chur air dòigh.
- Ghluais pròiseasan agus modhan-obrach air-loidhne - tha na gnìomhan HR againn a-nis gun phàipear agus ghluais na gnìomhan ionnsachaidh is leasachaidh againn gu suidheachaidhean seòmar-teagaisg bhiortail no chleachd sinn pasganan e-ionnsachaidh, ga dhèanamh nas in-ghabhailtaich do luchd-obrach a bhith an làthair ge b' e far an robh iad.
- Gun siubhal eadar-nàiseanta sam bith - leig seo leis na sgiobaidhean Margaidheachd againn a bhith ag obair le teicneòlasan ùra is eile airson prìomh thachartasan agus coinneamhan luchd-ùidh, a' dearbhadh gun gabh gnìomhachd seasmhach fad-ùine a dhèanamh, le nas lugha de thursan cunbhalach le tursan bliadhna no dà-bhliadhna "nas motha" mar a dh'fheumar.
- Siubhal - cha robh mòran siubhail ann do na h-oifisean far a bheil daoine stèidhichte thar na bliadhna a dh'fhalbh, agus dh'ionnsaich sinn mun bhun-bheachd obair mheasgaichte. Bidh seo agus a bhith a' cruthachadh poileasaidh ùr a' stiùireadh mar a bhios sinn ag obair san àm ri teachd agus a' cur ri bhith ag obair ann an dòigh nas cunntachaile; thèid seo a chur an gnìomh nuair a thilleas sinn dhan oifis agus lùghdaichidh e na h-eimiseanan carbon bho bhith a' siubhal a dh'obair.

CO-IONANN RI CO₂ 20/21*


Targaid: 1,686

379

Togalaichean
Lùths, Sgudal, Uisge

7

Còmhdhail



*Thoir an aire gu bheil am-bliadhna air a bhith air leth sònraichte an taca ri bliadhnaichean roimhe mar thoradh air a' ghalair làir-sgaoilte, agus mar sin tha na figearan airson 2020/21 a' nochdadh nan gnìomhan cuibhrichte aig an àm seo. Bliadhnaichean roimhe mar thoradh air a' ghalair làir-sgaoilte, agus mar sin tha na figearan airson 2020/21 a' nochdadh nan gnìomhan cuibhrichte aig an àm seo.

CO-IONANN RI CO₂ 19/20


Targaid: 1,774

524

Togalaichean
Lùths, Sgudal, Uisge

335

Còmhdhail



CO-IONANN RI CO₂ 18/19


Targaid: 1,867

541

Togalaichean
Lùths, Sgudal, Uisge

245

Còmhdhail




Suidheachadh Ionmhasail


Air 28 Gearran stèidhich VisitScotland fo-bhuidheann fo làn shealbh: Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 gus a' chiad tachartas a phlanadh agus a lìbhrigeadh (td 56-59). Mar thoradh air seo, chaidh cunntasan na buidhne slàn ullachadh airson Buidheann VisitScotland a tha a' gabhail a-steach gnòthaichean airson Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta. Tha fiosrachadh a bharrachd a thaobh gnòthaichean na fo-chompanaidh air a ghabhail a-steach ann an Nota 2 - Aithris Roinneil air taobh-duilleig 109.

TEACHD A-STEACH NA BUIDHNE

Goireas airgid RDEL* (£m)




Teachd a-steach reic, malairteach agus eile (£m)**



* Bha an t-àrdachadh ann an RDEL co-cheangailte ri maoinachadh taic gnìomhachais Covid a bha air a chuingeachadh.


** Faic taobh-duilleig 110

CALPA CDEL (£M)




RDEL = Revenue Departmental Expenditure Limit
 CDEL = Capital Departmental Expenditure Limit
 Cha robh caiteachas calpa sam bith ann an 20/21 airson Farpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne 2023

CAITEACHAS A RÈIR ROINN-SEÒRSA



CAITHEAMH VISITSCOTLAND A RÈIR ROINN-SEÒRSA (CDEL)



TABHARTAS GUS CUIDEACHADH


Tha am Buidseat Ghoireasan air a thoirt seachad airson a bhith a' gabhail a-steach caiteachas calpa ("CDEL") agus teachd-a-steach (air stèidh tàrmachaidh) ("RDEL"), agus cuideachd cosgaisean 'neo-airgid' a' gabhail a-steach isleachadh, luach-chrìonadh, msaa. Tha a bhith a' dèanamh teachd a-steach reic is malairteach, maoinachadh ùghdarrasan ionadail, agus teachd a-steach eile a' cur ris a' Bhuidseat Ghoireasan.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad riarachadh buidseit nach gabh a targaideachadh airson cosgaisean caochlaideach leithid peinnseanan, ullachaidhean agus sgrìobhadh-sìos, nach eil, mar thoradh air an nàdar aca, comasach air a bhith air an cumail fo smachd chun na h-aon ìre 's a tha nithean air an cur ris a' Bhuidseat Ghoireasan. Tha an cuibhreann buidseit neo-airgid seo air ainmeachadh mar Chaiteachas air a riaghladh gach bliadhna ("AME").


TORADH NA BUIDHNE

	2021 VS	2021 CWC	2021 Consol Adj*	2021 buidheann
Gnìomhachdan margaideachd	33.91	-	-	33.91
Aonta com-pàirteachas	4.26	-	-	4.26
Seirbheisean taice	8.85	-	-	8.85
Tabhartasan Taic Gnìomhachais Covid	77.72	-	-	77.72
Farpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne 2023*	3.60	4.40	(3.60)	4.40
Caiteachas Obrachaidh Iomlan	128.34	4.40	(3.60)	129.14
Thoir air falbh: Neo-airgid)	(1.50)	-	-	(1.50)
Thoir air falbh: Ullachadh (AME)	(0.10)	-	-	(0.10)
Thoir air falbh: RDEL neo-airgid	(0.19)	-	-	(0.19)
Thoir air falbh: Tabhartasan calpa	(3.42)	-	-	(3.42)
Teachd a-steach obrachaidh	(0.54)	(0.8)	-	(1.34)
Caiteachas Obrachaidh Lom	122.59	3.60	(3.60)	122.59
Maoinichte le: Tabhartas gus Cuideachadh	122.59	3.60	(3.60)	122.59

* Suim VS de £3.6m air a chur às ann an colbh na Buidhne mar thoradh air atharrachaidhean daingneachaidh



Suidheachadh Ionmhasail



TORADH NAN GOIREASAN

PRÌOMH CHAITEACHAS TEACHD-A-STEACH AIRGID

Tha am prìomh ‘bhuidseat airgid’ air a mhaoineachadh bhon Tabhartas-gus-Cuideachadh le Ministearan na h-Alba, tro Bhuidheann-stiùiridh Gnìomhachais airson Cultar, Turasachd agus Prìomh Thachartasan aig Riaghaltas na h-Alba. Airson 2020/21 b’ e a’ phrìomh thabhartas teachd-a-steach £125.42m (2020: £54.36m). Bha seo a’ gabhail a-steach £3.6m (2020 : £2m) a fhuaradh airson Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta.

Chaidh £77.72m a chosg air taic gnìomhachais Covid. B’ e seo 60% den chaiteachas iomlan airson na bliadhna.

TEACHD A-STEACH REIC, MALAIRTEACH AGUS EILE

Tha an teachd a-steach a bharrachd seo a chaidh a chruthachadh, a’ gabhail a-steach Teachd-a-steach Mion-reic, Malairteach is Eile a’ tighinn gu £0.54m do VisitScotland, lùghdachadh de £3.76m. Bha an lùghdachadh seo mar thoradh air buaidh a’ ghalair lèir-sgaoilte air gnìomhachd a thogas teachd-a-steach, a’ gabhail a-steach a bhith a’ leigeil seachad cìsean Barantachd Càileachd agus dùnadh nan iCentre.

Fhuair eadh £6.6m uile gu lèir sa bhliadhna airson Farpaisean Rothaireachd UCI Cruinne 2023. Às a seo, chaidh £3.6m fhaighinn mar Thabhartas gus Cuideachadh agus £800k eile mar aontaidhean maoinachaidh le Comhairle Baile Ghlaschu agus UK Sport.

Gheibhear mion-sgrùdadh a bharrachd air raointean teachd-a-steach is caiteachais ann an Nòtaichean 3 gu 6 de na h-aithrisean ionmhais seo.

CAITEACHAS AIRGEAD CALPA

Tha am 'buidseat airgid' bunaitich airson caiteachas calpa cuideachd air a mhaoineachadh bho Thabhartas-gus-Cuideachadh, agus airson 2020/21 b' e an tabhartas seo £6.32m (2020: £3.5m). Às dèidh atharrachaidhean tron bhliadhna, agus cuidhteasan calpa, bha caiteachas a rèir a' bhuidseit.

B' iad na prìomh phròiseactan calpa airson 20/21:

- Ath-leasachadh air iCentre na h-Aghaidh Mòire
- Maoin Bun-structar na Turasachd Dùthchail
- Ùrachadh bathar-cruaidh IT agus uidheamachd coimpiutair
- Ath-leasachadh air visitScotland.com
- Gluasad oifis ionadail Ghlaschu

MODH ULLACHAIDH AGUS TUIGSE GUN CÙM A' BHUIDHEANN A' DOL

Chaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh air tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol, a tha a' gabhail ris gum bi Buidheann VisitScotland a' cumail a' dol san àm ri teachd. Chun na h-ìre is nach tèid na fèicheanasan lom a choileanadh bho thùsan teachd a-steach eile aig Buidheann VisitScotland, chan ghabh na fèicheanasan a choileanadh ach le tabhartasan san àm ri teachd neo Tabhartas-gus-Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Tha seo air sgàth nach fhaodar na tabhartasan sin a thoirt seachad mus bi feum orra, fo na gnàthasan àbhaisteach a tha a' buntainn ri smachd na Pàrlamaid air teachd a-steach is caiteachas, is agus a thaobh aonta airson Tabhartas-gus-

Cuideachadh airson 2021/22 airson an dà chuid VisitScotland agus Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 a thoirt seachad mar-thà, chan eil adhbhar ann a bhith a' creidsinn nach bi aonta ann.

Mar sin, tha am Bòrd den bheachd gu bheil e iomchaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh air stèidh gun cùm a' bhuidheann a' dol.

CO-CHOTHROMAN AIRGID

Cha bhi VisitScotland a' cumail cùl-stòran airgid sam bith, ach a-mhàin an t-airgead a dh'fheumar airson caiteachas ùghdarraichte a chaidh tàrmachadh aig deireadh na bliadhna.

PÀIGHEADH DO LUCHD-CREIDEIS

Tha VisitScotland Group a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' pàigheadh luchd-creideis gu sgiobalta agus tha e airson solaraichean a phàigheadh taobh a-staigh 10 latha bho gheibhear fàirdeal dligheach. Tha mion-sgrùdadh air fàirdealan a fhuairleadh eadar 1 Giblean 2020 agus 31 Màrt 2021 a' sealltainn gun do phàigh Buidhnean VisitScotland 85% de fhàirdealan dligheach a fhuairleadh taobh a-staigh 10 latha obrach (2020: 91%).

Malcolm Roughead OBE

Àrd-oifigear

VisitScotland

Aithisg Cunntachalachd

Aithisg air Riaghladh Corporra

AITHISG NAN STIÙIRICHEAN

AM BÒRD

Tha an Cathraiche agus Buill a' Bhùird air an cur an dreuchd le Ministearan na h-Alba a rèir a' Chòd Cleachdaidh airson Cur-an-dreuchd Ministreil do Bhuidhnean Poblach ann an Alba, a chaidh fhoillseachadh le Coimiseanair Inbhean Eiticeil ann am Beatha Phoblach na h-Alba. Tha fiosrachadh mu obair a' Bhùird agus a bhallrachd air a thoirt seachad anns an Aithris Riaghlaidh.

CLÀR DE CHOM-PÀIRTEAN BUILL A' BHÙIRD AGUS CÒD-GIÙLAIN


Bidh Buill a' Bhùird gu lèir ag obair a rèir nan ìrean giùlain àrda a tha air am mìneachadh ann an Achd Inbhean Beusach ann am Beatha Phoblach (Alba) 2000. Bidh gach ball den Bhòrd cuideachd a' clàradh fiosrachadh gu poblach fiosrachadh mu chompanaidhean sam bith air a bheil iad nan stiùirichean agus com-pàirtean cudromach eile a tha air a' Chlàr Chom-pàirtean aca.

Tha Còd-giùlain Buill Bùird VisitScotland air fhoillseachadh air an làraich-lìn chorporra againn, cho math ri Clàran Com-pàirt airson gach Ball den Bhòrd. www.visitscotland.org/about-us/our-team/board

NEACH-SGRÙDAIDH

Bidh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba a' fastadh luchd-sgrùdaidh gus an sgrùdadh a dhèanamh air Aithisg Bhliadhnail agus Aithrisean Ionmhais VisitScotland, a rèir Earrann 6(4) de dh'Achd Leasachadh Turasachd 1969. B' e Sgrùdadh Alba an neach-sgrùdaidh ainmichte airson nan còig bliadhna a' tòiseachadh leis a' bhliadhna gu 31 Màrt 2017. Tha an t-Àrd-neach-sgrùdaidh air dearbhadh, mar thoradh air Covid-19, gun deach an dreuchd seo a leudachadh airson bliadhna a bharrachd.

B' iad na cìsean a bha ri phàigheadh airson seirbheisean sgrùdaidh a thug an luchd-sgrùdaidh ainmichte seachad sa bhliadhna gu 31 Màrt 2021 £75,380 (2020: £71,750). Cha robh cìsean sam bith ri phàigheadh do Sgrùdadh Alba airson obair neo-sgrùdaidh rè na bliadhna (2020: £ Neoni.).



AITHRIS AIR DLEASTANASAN AN OIFIGEIR CHUNNTACHAIL

Fo Earrainn 1 de dh'Achd Leasachaidh na Turasachd (Alba) 1969, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do VisitScotland cunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhais ann an cruth agus a rèir mhodhan a thathar ag iarraidh san Stiùireadh airson Chunntasan, a tha air clò-bhualadh air taobh-duilleig 94 de na h-aithrisean ionmhasail seo.

Tha na h-aithrisean ionmhasail air an ullachadh air stèidh tàrmachaidh agus feumaidh iad sealladh fìor agus cothromach a thoirt air gnothaichean VisitScotland, agus air toradh lom nan goireasan, cleachdadh ghoireasan, atharrachaidhean ann an earrainnean luchd-pàighidh chìsean agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-Oifigeir Cunntachail cumail ri riathanasan Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh Ionmhasail (FReM) agus feumaidh iad na leanas a dhèanamh gu sònraichte:

- Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-Oifigeir Cunntachail cumail ris an Stiùireadh airson Chunntasan a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba, agus tha sin a' gabhail a-steach a bhith a' cumail ris na riathanasan cunntasachd is foillseachaidh buntainneach, agus a bhith a' cur an sàs poileasaidhean cunntasachd iomchaidh gu cunbhalach;
- a' toirt bhreithean agus tuairmsean air stèidh reusanta;
- ag ràdh an deach inbhean cunntasachd iomchaidh, mar a thathar a' cur an cèill ann am FReM a leantail, agus a bhith a' foillseachadh agus a' mìneachadh eadar-dhealachaidhean sam bith a tha susbainteach anns na cunntasan
- ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Ann an co-rèir ri earrann 15 de dh'Achd an Ionmhais Phoblaich is Cunntachalachd (Alba) 2000, tha an Rùnaire Maireannach, mar am Prìomh Oifigeir Cunntachail airson Riaghaltas na h-Alba, air an Ceannard ainmeachadh mar Oifigeir Cunntachail VisitScotland.

Tha na dleastanasan a bhuineas ri dreuchd an Oifigeir Chunntachail air an cur an cèill ann an 'A' Cumail Rian air Airgead Poblach' a dh'fhoillsich Roinn Ionmhais na Banrigh, agus iad a' gabhail a-steach uallach gun tèid iomchaidheachd is cunbhalachd a chur an sàs nuair a thathar a' làimhseachadh nam maoinean poblach a tha an urra ris an Oifigeir Chunntachail, gun tèid clàran ceart a chumail agus gun tèid dìon a chur air so-mhaoinean VisitScotland.

Mar an t-Oifigeir Cunntachail, cho fad 's as aithne dhomh chan eil fiosrachadh buntainneach sam bith air nach eil luchd-sgrùdaidh VisitScotland mothachail, agus tha mi air a h-uile ceum riatanach a ghabhail gus mi fhìn a dhèanamh eòlach air fiosrachadh sgrùdaidh iomchaidh sam bith agus gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-sgrùdaidh VisitScotland mothachail air an fhiosrachadh sin.

A bharrachd air sin, is urrainn dhomh daingneachadh;

- gu bheil an Aithisg Bhladhnaile agus Aithrisean Ionmhais cothromach agus so-thuigsinn, agus
- Tha mi cuideachd a' gabhail uallach pearsanta airson na h-Aithisge Bhladhnaile agus nan Aithrisean Ionmhasail agus airson nam breithneachaidhean a chaidh a dhèanamh gus dearbhadh gu bheil iad cothromach, gun chlaonadh agus gun gabh iad tuigsinn.

Am Bòrd



AM BÒRD

DLEASTANASAN

Tha uallach corporra air a' Bhòrd airson ro-innleachd iomlan na buidhne, taobh a-staigh frèam ro-innleachdail agus maoineachaidh Ministearan na h-Alba, a' dèanamh cinnteach gu bheil VisitScotland a' coileanadh a amasan is cinn-uidhe. Bidh iad cuideachd a' toirt seachad tar-shealladh air ar cleachdaidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann air a riaghladh gu ceart, agus le bhith a' dèanamh seo daonnan a' sealltainn ìrean àrda de riaghladh corporra.

B' iad na buill den Bhuidhinn-stiùiridh a bha san dreuchd rè na bliadhna mar a leanas:



The Rt Hon. the Viscount Thurso
Chair

Chaidh Iain ainmeachadh mar an cathraiche againn ann an 2016, agus mar sin tha e cuideachd na bhall de Bhòrd Ex-Officio air VisitBritain. Tha mòran eòlais aige air a' ghnìomhachas: aig aois 27 b' e esan am manaidsear taigh-òsta 5-rionnag as òige san Roinn Eòrpa. Tha e cuideachd air a bhith na stiùiriche neo-ghnìomhach air grunn bhùird chompanaidhean poblach.



Caroline Roxburgh

Tha Caroline na cathraiche air Comataidh Sgrùdaidh is Chunnartan. Tha i na Cunntasair Clàraichte, bha i na com-pàirtiche aig PwC roimhe, agus na Stiùiriche Neo-ghnìomhach air bùird eile a' gabhail a-steach Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann agus Conservatoire Rìoghail na h-Alba. Tha còrr air 30 bliadhna de eòlas gnìomhachais aig Caroline ann a bhith a' toirt comhairle do bhùird ann an raon de roinnean gnìomhachais.



Professor Anne Anderson

Tha grunn dhreuchdan neo-ghnìomhach aig Anne, a' gabhail a-steach: leas-chathraiche Coimisean Sgoilearachd a' Cho-fhlaitheis; Stiùiriche agus comhairliche UNESCO do Chomhairle Bhreatainn (Alba). Leig i dhith a dreuchd mar Iar-phrionnsapal aig Oilthigh Ghlaschu o chionn ghoirid far an robh i gnìomhach ann a bhith a' togail cheanglaichean ri Canada, na SA agus Sìona. Thairis air na mìosan a dh' fhalbh tha i air a bhith gnìomhach is i ag obair air-astar le buidhnean gus planadh mar a dhèiligeas iad ris an latha an-diugh agus mar a nì iad planadh airson seasmhachd san àm ri teachd.



Dr Keith Nicholson

Bha Keith na àrd-ollamh cliùiteach gu h-eadar-nàiseanta le dreuchdan air feadh an t-saoghail, a' gabhail a-steach Institiud a tha air a mhaoineachadh leis na Dùthchannan Aonaichte ann an Sealan Nuadh. Tha e na stiùiriche companaidh a tha air duaisean a chosnadh agus na phrìomh eòlaiche ann an Alba air Tèarainteachd Shaidhbear agus tha e na bhall de Bhòrd Ceannardan Tèarainteachd Shaidhbear Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.



Stephen Hagan

Cheumnaich Stephen mar Einnseanair Catharra ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Bha e na neach-labhairt airson Leasachadh, Eaconamaidh agus Seasmhachd le Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (CoSLA) bho 2012-2017. Tha e an-dràsta na Stiùiriche Neo-ghnìomhach le Daibhidh Mac a' Bruthainn Earranta.

Tha pailteas de eòlas aig Stephen air a bhith ag obair ann an com-pàirteachas leis na roinnean poblach, prìobhaideach agus treas roinn a bharrachd air sgilean ceannardais làidir.



Rebecca Brooks

Tha Rebecca Brooks na Stiùiriche Riaghlaidh air Abbey UK, agus na stiùiriche/sealbhadair air an Abbey Group.

Tha Rebecca air a bhith ag obair ann an turasachd a-steach eadar-nàiseanta bho 2001. Tha i cuideachd na Stiùiriche Neo-ghnìomhach air caidreachas Turasachd na h-Alba agus na stiùiriche neo-ghnìomhach aig UK In-bound. Bha Rebecca cuideachd na iar-chathraiche air an SDMA. Tha Rebecca na ball den Bhuidheann Gnìomha Ath-bheothachadh Turasachd a chaidh ainmeachadh le Riaghaltas na h-Alba mar fhreagairt dhan ghalar lèir-sgaoilte Covid-19.



Catherine Craig

Tha Cathy na Stiùiriche Malairteach air Entrepreneurial Scotland. Tha i na Stiùiriche eòlach a tha air a bhith ag obair thairis air grunn chuspairean agus gnìomhachasan. Tha Cathy air a bhith an sàs ann an leasachadh turasachd airson nan sia bliadhna a dh'fhalbh taobh a-staigh na h-Alba agus tha cliù aice ann a bhith ag cur ri àireamhan luchd-tadhail a bharrachd air a bhith a' cruthachadh eòlas luchd-tadhail aig an dà chuid Aiseagan Calmac agus Scotrail. Air a bhòtadh mar aon de na 100 boireannaich as fheàrr ann an Turasachd 2017 ann an Alba, tha pàirt gnìomhach aig Cathy ann a bhith ag adhartachadh cinn-uidhe agus daoine fa leth taobh a-staigh a' gnìomhachais.



Steven Walker

Tha Steven an-dràsta na Chathraiche Gnìomha aig Blazing Griffin, companaidh dibhearsain didseatach Albannach. Bha e roimhe na Stiùiriche Riaghlaidh air Scotsman Publications, News International Scotland agus Crannchur Cloinne na h-Alba. O chionn ghoirid bha e na Stiùiriche air Leasachadh Corporra aig STV Group Plc.



Aithris air Riaghladh

Mar Cheannard agus Oifigear Cunntachail tha uallach orm airson frèam stiùireadh coileanaidh làidir a chumail suas, a rèir Aithris Riaghlaidh VisitScotland agus a' Mheòrachan Ionmhais co-cheangailte ris, mar a chaidh aontachadh le Buidheann-stiùiridh Cultair, Turasachd agus Prìomh Thachartasan aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha seo a' gabhail a-steach siostam in-smachd làidir a tha a' cumail taic ri coileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe VisitScotland a shuidhich Ministearan na h-Alba, agus aig an aon àm a' dìon airgead agus so-mhaoinean poblach.

Tha mi cunntachail gu pearsanta do Mhinistearan na h-Alba a rèir earrann 15 de dh'Achd an Ionmhais Phoblaich agus Cunntachalachd (Alba) 2000. Tha e an urra rium airgead poblach a tha fo mo chùram a dhìon, airson dèanamh cinnteach gun tèid an airgead sin a làimhseachadh gu h-ìomchaidheachd agus gu cunbhalachd agus tha obair làitheil agus stiùireadh VisitScotland an urra rium. A bharrachd air sin, tha e mar dhleastanas orm dèanamh cinnteach gu bheil ullachadh air a dhèanamh gus an luach as fheàrr fhaighinn, a tha a' gabhail a-steach deagh riaghladh corporra, stiùireadh coileanaidh agus leasachadh leantainneach.

COMATAIDHEAN SEASMHACH

COMATAIDH SGRÙDADH AGUS CUNNARTAN

Tha Bòrd VisitScotland air Comataidh Sgrùdaidh is Cunnairt a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh gus na dleastanasan a thaobh stiùireadh cunnairt, smachd, riaghladh agus gealltanais co-cheangailte riutha. Bidh a' chomataidh a' cumail sùil air na h-ullachaidhean airson smachd a-staigh, riaghladh corporra, riaghladh mhì-chinntean, sgrùdadh a-staigh agus a-muigh agus an aithisg bhliadhnail agus cunntasan. Bidh a' chomataidh sgrùdaidh a' faighinn nan cunntasan bliadhnail, aithisgean sgrùdaidh agus farsaingeachd de dh'aithisgean riaghlaidh eile.

Mar as trice bidh Comataidh Sgrùdaidh is Cunnairt a' Bhùird a' coinneachadh co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna le Cathraiche agus triùir bhall neo-ghnìomhach air a' Bhòrd. Bidh riochdairean bho Riaghaltas na h-Alba, luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus neo-eisimeileach, còmhla ri Stiùiriche nan Seirbheisean Corporra, an Ceannard Ionmhais, agus mi-fhìn, a' frithealadh nan coinneamhan seo.

COMATAIDH TUARASTAIL

Ann an 2020/21 bha a h-uile ball den Bhòrd - de facto - nam buill den Chomataidh Tuarastail.

Is e adhbhar na comataidh:

- sgrùdadh a dhèanamh air molaidhean airson tuarastail agus bònasan bliadhnail bhon Bhuidheann-stiùiridh, a rèir stiùireadh Riaghaltas na h-Alba;
- a bhith a' beachdachadh air atharrachadh sam bith ann an teirmichean is cumhaichean na Buidhne-stiùiridh;
- atharraichean sam bith a tha san amharc a chur gu Riaghaltas na h-Alba airson aonta
- a bhith a' dèiligeadh ri cuspair sam bith eile a thèid a chur air adhart dhan chomataidh leis a' Bhòrd.

FRITHEALADH

Tha an clàr a leanas a' sealltainn na h-àireimh de choinneamhan a chùmh Bòrd VisitScotland agus na prìomh chomataidhean aige ann an 2020/21, agus an ìre frithealaidh aig buill a' Bhùird agus nan comataidhean.

¹ An làthair aig aon choinneamh aig Comataidh Sgrùdaidh is Cunnairt mar bhall den Bhòrd.

(A) Ball Comataidh Sgrùdadh agus Chunnartan

(B) Buill a' bhùird

	Board (8)	Audit and Risk Committee (4)
Am Morair Inbhir Theòrsa (B)	8	¹ 1
Professor Anne Anderson (A) (B)	8	4
Rebecca Brooks (B)	8	-
Catherine Craig (A) (B)	6	3
Stephen Hagan (B)	8	¹ 1
An Dr Keith Nicholson (A) (B)	8	3
Caroline Roxburgh (A) (B)	8	4
Steven Walker (B)	8	¹ 1

A' BHUIDHEANN-STIÙIRIDH

DLEASTANASAN

Tha buidheann stiùiridh VisitScotland ann gus taic ghnìomhach a thoirt do thàlant airson an àm ri teachd air feadh na buidhne agus gus a leasachadh. Tha lìbhrigeadh na ro-innleachd mar a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd an urra ris a' Bhuidheann-stiùiridh agus tha e cuideachd an urra ri stiùireadh làitheil air obair agus gnìomhan VisitScotland. Tha lìbhrigeadh amasan is cinn-uidhe VisitScotland a' faighinn taic bho fhrèam obrachaidh anns a bheil prìomh phròiseasan gnìomhachais corporra agus raon farsaing de dhòighean smachd. Bha buill den Buidhinn Stiùiridh a bha san dreuchd rè na bliadhna mar a leanas:

Mar an t-Oifigear Chunntachail, tha e an urra rium sgrùdadh a dhèanamh air èifeachd nan siostam rianachd chunnartan agus in-smachd. Tha na siostaman stèidhichte air pròiseas leantainneach a chaidh a dhealbhadh air chor 's gum faod na prìomh chunnartan gu coileanadh poileasaidhean, cuimsean is amasan VisitScotland a chomharrachadh; gum faod nàdar agus farsaingeachd nan cunnartan sin a mheasadh; agus gum faod iad a bhith air am manaidseadh le èifeachdas, caomhantachd agus comas.

Ainm	Dreuchd
Malcolm Roughead	Àrd-oifigear
Vicki Miller	Stiùiriche Margaidheachd is Didseatach
Ken Neilson	Ceann nan Seirbheisean Corporra
Paul Bush	Stiùiriche nan Tachartasan
Riddell Graham	Stiùiriche Leasachadh Gnìomhachais is Cinn-ùidhe
Barbara Clark	Ceannard nan Conaltradhean Corporra
Robbie Clyde	Ceannard EventScotland
Michelle Lavery	Ceannard an Ionmhais
Lynn Jack	Ceannard Goireasan Daonna
Mike Slack	Ceannard IT
Susan Dickie	Ceannard Insights
Ken Massie	Stiùiriche Ceannais is Leasachaidh Roinneil

Tha an siostam air a dhealbhadh gus riosgan nach tèid amasan agus cinn-uidhe VisitScotland a choileanadh a lùghdachadh seach a bhith a' cur às do gach cunnart. Tha am pròiseas taobh a-staigh VisitScotland a' dol a rèir stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba a fhuaras ann an Leabhran Ionmhas Poblach na h-Alba agus tha am pròiseas air a bhith ga chur an sàs airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021 agus suas chun a' chinn-latha a chaidh an aithisg bhliadhnail agus na h-aithrisean ionmhasail aontachadh.

Cha deach atharrachadh mòr sam bith a dhèanamh air pròiseasan riaghlaidh mar thoradh air Covid-19. Ach, tha an luchd-stiùiridh air tricead prìomh choinneamhan a mheudachadh leithid a' Bhuidheann Stiùiridh, a' Bhuidheann Leantainneachd Gnìomhachais agus a' Chomataidh Riaghladh Cunnairt.

STIÙIREADH IS SMACHD CHUNNARTAN

Tha uallach air a' Bhòrd airson Ro-innleachd agus Frèam-obrach stiùireadh cunnairt VisitScotland.

Bidh comataidh sgrùdaidh is cunnairt a' Bhùird a' cumail sùil air frèam stiùireadh cunnairt às leth a' Bhùird. Bidh a' Chomataidh a' moladh cur an dreuchd an luchd in-sgrùdaidh againn agus a' faighinn nan cunntasan bliadhnail agus nan aithisgean in-sgrùdaidh againn.

Tha am Frèam-obrach Riaghladh Cunnairt a' gabhail a-steach Clàr Cunnart Corporra far a bheil gach cunnart a rèir nan amasan ro-innleachdail againn. Mar thoradh air an sin, tha gach cunnart corporra air a riaghladh, air ath-sgrùdadh agus air ùrachadh gu gnìomhach, còmhla ris na gnìomhan gus an lasachadh, leis na Stiùirichean agus Ceannardan Roinne gach ràithe, air aithris dhan Bhuidhinn-stiùiridh, air aithris aig gach coinneamh den Chomataidh Sgrùdaidh is Cunnairt, agus air aithris gu cunbhalach dhan Bhòrd.

Aig ìre obrachaidh, tha rianachd cunnairt làn-fhighte a-steach do phròiseasan planaigh is co-dhùnaidh corporra na buidhne. A bharrachd air sin, tha cunnartan air an riaghladh air feadh na buidhne le bhith a' cur an gnìomh agus ag ath-sgrùdadh smachdan a tha air an togail a-steach do chleachdaidhean obrach làitheil, agus a' cleachdadh chlàran fo-chunnairt (a tha a' coimhead air cùisean sònraichte ann am barrachd mionaideachd).

PRÌOMH CHUNNARTAN A THA MU CHOINNEAMH NA BUIDHNE


Tha VisitScotland a' seòrsachadh cunnart ann an ceithir ìrean, 's e sin: glè àrd; àrd; meadhanach; agus ìosal. Bithear a' cumail sùil air a h-uile cunnart ann an clàran cunnairt VisitScotland tron bhliadhna, agus tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn nan cunnartan as cudromaiche aig deireadh na bliadhna an-uiridh gu ruige Màrt 2021. Is iad sin na cunnartan an fheadhainn as cudromaiche fhathast dhan bhuidhinn air 31 Màrt 2021.

Bidh VisitScotland cuideachd a' cumail chlàran cunnairt airson a h-uile pròiseact cudromach.



Mar thoradh air t-suidheachaidh làithreach le Covid-19, a thug buaidh air a h-uile raon de dh'obair VisitScotland, bha, agus tha fhathast, grunn ghnìomhan lasachaidh an gnìomh thar gach roinn gus buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte a stiùireadh. Gus an obair seo agus an t-atharrachadh do chleachdaidhean obrach àbhaisteach a ghlacadh, cho-dhùin an luchd-stiùiridh gum biodh dà chunnart ùr ann le fòcas Covid a' riochdachadh na h-obrach gu lèir a tha a' dol air adhart air feadh a' ghnìomhachais, an dà chuid a-staigh agus a-muigh.

Bidh an luchd-stiùiridh agus a' Chomataidh Stiùireadh Cunnart a' dèanamh cinnteach gu bheil ath-sgrùdadh is ùrachadh leantainneach air a' Chlàr Chunnartan Corporra agus sa mhion-fhiosrachadh na lùib, gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil gach cunnart air a shealltainn gu ceart agus air a sgòradh gu h-iomchaidh.

Mar thoradh air a' bhuidhneachas a' ghalair lèir-sgaoilte air gnìomhachas na turasachd agus nan tachartasan ann an 2020/21, tha sinn air àrdachadh mòr fhaicinn anns an àireimh de chunnartan a chaidh a chomharrachadh anns an roinn-seòrsa "àrd" agus "glè àrd". Tha a' chairt gu h-ìosal a' toirt sealladh farsaing air sgòr cunnairt agus gluasadan tron bhliadhna aig na cunnartan as àirde aig a' bhuidhinn.



Tha a' chairt gu h-ìosal a' sealltainn a' ghluasaid ann an cunnartan thar a' chlàr chunnartan corporra aig VisitScotland eadar am Màrt 2020 agus an Gearran 2021:



Tha na clàran gu h-ìosal a’ toirt geàrr-chunntas air na cunnartan uile a chaidh a chomharrachadh mar “glè àrd” no “àrd” aig 31 Màrt 2021:

Cunnart	RAG
Tha cunnart ann bho mhòr-thubaist nàdarrach, mar eisimpleir an galar roileach, no galar lèir-sgaoilte. i.e. "EBOLA", "Flu nan eun", no gnìomh ceannairc is, msaa.	Glè àrd
Tha cunnart ann nach bi planaichean airson a bhith a’ dèanamh teachd a-steach bho nach eil bho thabhartasan Riaghaltas na h-Alba gu leòr gus atharrachadh sam bith ann an tabhartas Riaghaltas na h-Alba a chomharrachadh agus mar sin, dh’fheumadh gnìomhan VS ath-sgrùdadh agus gnìomhachd a stad/dàil a chur orra no an lùghdachadh ann an sgèile.	Glè àrd
Tha cunnart ann nach dèan VisitScotland argamaid làidir gu leòr airson turasachd ann an cuairtean buidseit Riaghaltas na h-Alba agus gum bi lùghdachadh buidseit bho Riaghaltas na h-Alba a’ ciallachadh gum feumar ath-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhachd VisitScotland, stad no dàil a chur air cuid de ghnìomhachdan no an lùghdachadh.	Glè àrd
Tha cunnart ann gun toir cùisean macro-eaconamach, leithid atharrachadh bun-reachdail mòr, teannas eaconamach, atmhòrachd agus caochlaidhean reata iomlaid, atharrachaidhean ann an teachd a-steach is caitheamh luchd-cleachdaidh, droch bhuaidh air eaconamaidh an luchd-tadhail.	Àrd
Tha cunnart ann nach bi gu leòr stòrasan maoineachaidh taobh a-staigh a’ Ghnìomhachais, le tasgadh nas lugha ann an turasachd agus nas lugha de chaitheamh air bun-structar co-cheangailte ris.	Àrd
Tha cunnart ann nach bi pàirt ghnìomhach aig VisitScotland ann an ath-bheothachadh na turasachd às dèidh Covid-19 no nach nochd iad ceannas dhan ghnìomhachas no nach bi e gan cuideachadh le taic ri planadh airson an am ri teachd.	Àrd
Tha cunnart ann nach gèillear ri reachdas mar thoradh air dìth dàta no droch stiùireadh chlàran.	Àrd
Nach tèid amas Ro-innleachd Turasachd 2020 gus teachd-a-steach turasachd àrdachadh le £1bn ro 2020 bho bhun-loidhne de £4.5bn.	Àrd
Tha cunnart ann nach bi companaidhean-adhair comasach air tursan-adhair dìreach gu Alba, agus/no ceanglaichean ri Lunnainn, a chumail suas no fhaighinn.	Àrd
Tha cunnart leantainneach ann nach bi e comasach cliù a chumail dhan bhuidhinn.	Àrd
Mur a h-obraich VS ann an dòighean ùra gus gèilleadh ri riaghailtean agus reachdas leithid GDPR, Taic Stàite, Solarachadh, Cumhachdachadh Coimhearsnachd agus eile tha cunnart ann gun cuir seo bacadh air a’ bhuidhinn bho bhith a’ coileanadh a phrìomh amasan, agus mar sin gun toir seo droch bhuaidh air ro-innleachd agus cliù.	Àrd
Tha cunnart tèarainteachd saidhbear ann dhan bhuidhinn. Bidh ath-leumachd saidhbear èifeachdach a’ lùghdachadh cunnart bho ionnsaighean saidhbear, agus a’ dìon bhuidhnean agus daoine fa leth bho bhith a’ cleachdadh siostaman, lìonraidhean agus teicneòlasan gun chead.	Àrd
Tha cunnart ann nach bi VisitScotland a’ tàladh luchd-obrach / tàlant ùr agus a’ cumail prìomh sgilean air feadh na buidhne.	Àrd
Tha cunnart ann nach cùm VisitScotland an èifeachd obrachaidh aige san àrainneachd a-staigh rè na h-ùine de bhith ag obair bhon taigh, air sgàth buaidh fhactaran bhon taobh a-muigh a bheir buaidh air cleachdaidhean obrach àbhaisteach, ceanglaichean luchd-obrach, agus ar comas air gnìomhan a dhèanamh mar as àbhaist.	Àrd
Tha cunnart ann gun tèid uireasbhaidhean mòra a chruthachadh ann an Sgeama Peinnsein BTB agus LGPS tro dhìth cùmhnant làidir aig an Riaghaltas agus lùghdachadh ann am ballrachd, agus mar thoradh air sin gum biodh tabhartasan na b’ àirde ann.	Àrd

TÈARAINTEACHD FIOSRACHAIDH AGUS DÀTA

Tha farsaingeachd de shiostaman agus de cheumannan aig VisitScotland a nì cinnteach gu bheil fiosrachadh a tha aig a' bhuidheann agus air a chumail le treas phàrtaidhean às leth na buidhne tèarainte. Bidh a' Bhuidheann Riaghladh is Tèarainteachd Dàta a' cumail sùil air agus a' cumail smachd air gèilleadh laghail is riaghlaidh iomlan na buidhne a thaobh sgaoileadh dàta bhon bhuidhinn.

A bharrachd air sin, tha VisitScotland air stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air tèarainteachd dàta agus cunnart fiosrachaidh a chur an gnìomh tro bhith a' cruthachadh Clàr So-mhaoinean Fiosrachaidh, Clàr Cunnairt Fiosrachaidh, agus a' cleachdadh mheasaidhean cunnairt agus trèanadh mothachaidh do luchd-obrach.

Tha Riaghaltas na h-Alba air Plana Gnìomh Seasmhachd Saidhbeir a chur an gnìomh, ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean poblach na h-Alba ag obair a dh'ionnsaigh a bhith nan eisimpleirean de sheasmhachd saidhbear. Tha VisitScotland air bun-inbhean coitcheann tèarainteachd saidhbear a chur an gnìomh agus air teisteanas Cyber Essentials fhaighinn, a bharrachd air a bhith a' cumail ri stiùiridhean cleachdaidh as fheàrr a tha stèidhichte air cunnart agus co-rèireach. Tha inbhean tèarainteachd saidhbear fhathast gan leasachadh agus tha Buidheann Seasmhachd Saidhbeir agus plana gnìomh an sàs aig VisitScotland gus an ìre de thèarainteachd àrdachadh gu leantainneach agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ìre iomchaidh de dh'ath-leumachd aig a' bhuidhinn. Tha seasmhachd agus tèarainteachd shaidhbear na chuspair seasmhach air clàr-gnothaich na Buidhne-Stiùiridh againn a bharrachd air clàr-gnothaich na Buidhne Riaghladh agus Tèarainteachd Dàta. Bithear a' toirt fiosrachadh às ùr dhan Bhòrd aig gach coinneamh.

Bidh VisitScotland a' cumail sùil gheur air reachdas dìon dàta tron Bhuidhinn Riaghladh Dàta is Tèarainteachd agus tron Oifigear Dìon Dàta. Tha trèanadh air dìon dàta agus tèarainteachd fiosrachaidh mar phàirt den phròiseas inntrigidh airson luchd-obrach ùr. Bidh an luchd-obrach air fad a' faighinn trèanadh riatanach agus a' faighinn ùrachaidhean tèarainteachd is dìon dàta. Tha na dleastanasan sin mar phàirt de na tuairisgeulan obrach aig luchd-obrach le dleastanasan dìon dàta sònraichte, a tha fo ùmhachd ath-sgrùdadh aig measaidhean coileanadh bliadhnail.

Cha robh tachartasan tèarainteachd dàta sam bith a bha feumach air aithris dhan ICO.

FOILL, COIRBEACHD AGUS BRÌBEARACHD

Tha VisitScotland a' cumail ris na prionnsapalan a tha air am mìneachadh ann an Iomairt Foill Nàiseanta na h-Alba (*National Fraud Initiative - NFI*). Bidh sinn a' toirt a-steach dàta mun luchd-obrach againn mar phàirt den eacarsaich NFI.

Nì sinn aithisgean bliadhnail air foill agus brìbearachd. Bidh a' chomataidh sgrùdaidh a' beachdachadh orra sin agus tha seo mar phàirt den phròiseas barantais bliadhnail. Tha aithisg 2020/21 a' dearbhadh nach deach foill no brìbearachd susbainteach sam bith a chomharrachadh no a lorg aig VisitScotland am-bliadhna.

MEASADH AIR ÈIFEACHD IN-SMACHD AGUS RIAGHLADH CUNNAIRT

Mar an t-Oifigear Chunntachail, tha e an urra rium sgrùdadh a dhèanamh air èifeachd an t-siostaim in-smachd agus riaghladh chunnartan.

Bidh am fiosrachadh a leanas gam chuideachadh le seo:

- obair agus beachdan na Comataidh Sgrùdaidh is Cunnairt;
- dearbhaidhean clàraichte bho mhanaidsearan gnìomh taobh a-staigh na buidhne aig a bheil uallach airson leasachadh agus cumail suas frèam in-smachd;
- obair an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-staigh, a bhios a' cur a-steach aithisgean cunbhalach gu Comataidh Sgrùdaidh is Cunnairt VisitScotland air iomchaidheachd agus èifeachdas in-smachd còmhla ri molaidhean airson leasachadh;

- beachdan a thug an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh seachad sna litrichean stiùiridh aca agus aithisgean eile;
- toradh agus beachdan air ais bho luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh rè an sgrùdaidh reachdail bliadhna aca.

COMATAIDH SGRÙDADH AGUS CUNNART

Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Cunnairt a' dèanamh ath-sgrùdadh air na h-aithisgean bho luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh. A bharrachd air sin, bidh iad ag aontachadh a' phlana in-sgrùdaidh bliadhna, a' dèanamh lèirmheas air na h-aithisgean air a' Chlàr Chunnartan Corporra, a bharrachd air a bhith a' dèanamh ath-sgrùdaidhean ad hoc air fo-chlàran Cunnairt roinneil/pròiseactan a tha mar bhunait air a' phrìomh Chlàr Chunnartan Corporra agus a' sreadh dearbhaidhean bhon luchd-stiùiridh mu chùis sam bith a tha ag èirigh.

AITHRISAN DEARBHADH AN LUCHD-STIÙIRIDH

Gach bliadhna, feumaidh an luchd-stiùiridh ath-sgrùdadh a dhèanamh air na siostaman in-smachd tron bhuidhinn air fad, agus barrantasan agus beachdan a thoirt seachad tro bhith a' lìonadh Liosta Sgrùdaidh In-smachd mionaideach.

IN-SGRÙDADH NEO-EISIMEILEACH

Airson 2020/21, chaidh obair in-sgrùdaidh VisitScotland a dhèanamh le seirbheisean fo chùmhnannt aig luchd-sgrùdaidh neo-eisimeileach. 'S e an dleastanas aca aithris a dhèanamh air iomchaidheachd agus èifeachdas siostaman in-smachd VisitScotland agus molaidhean leasachaidh sam bith a dhèanamh.

Airson 2020/21 b' e co-dhùnadh iomlan an in-sgrùdaiche neo-eisimeilich a thaobh nan raointean a chaidh ath-sgrùdadh:

“Nar beachd-ne tha frèam-obrach smachd aig VisitScotland a tha a' toirt barantachadh reusanta a thaobh frèam-obrach riaghlaidh, in-smachd, coileanadh amasan èifeachdach agus riaghladh prìomh chunnartan aig a' bhuidhinn”.

SGRÙDADH REACHDAIL BHON TAOBH A-MUIGH

Rè na bliadhna rinn Sgrùdadh Alba sgrùdadh eadar-amail agus deireadh-bliadhna. Tha Sgrùdadh Alba air beachd sgrùdaidh gun cheist a thoirt seachad air na h-aithrisean ionmhais airson na bliadhna gu 31 Màrt 2021, agus air cunbhalachd nan tar-ghnìomhan a tha air an nochdadh anns na h-aithrisean ionmhais.

CO-DHÙNADH

San aithghearrachd, air bunait nam pròiseasan gu h-àrd, tha mi a' dearbhadh gu bheil mi riarachta le èifeachdas mhodhan-obrach mar seo a leigeas le VisitScotland inbhean riaghlaidh iomchaidh a' leantainn a' chleachdaidh as fheàrr agus stiùireadh cunnairt èifeachdach a chumail suas, agus chan eil an lèirmheas iomlan agam air laigse shusbaint sam bith a thaobh in-smachd a chomharrachadh. Mar thoradh air sin, tha mi air dearbhadh airson 20/21 gun robh, agus gu bheil, smachdan ag obair gu math taobh a-staigh VisitScotland, agus nach eil cùis cudromach sam bith ag èirigh a dh'fheumar a thogail.

Malcolm Roughead OBE

Àrd-oifigear
VisitScotland

Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach

AITHISG AIR TUARASTALAN IS LUCHD-OBACH

AITHISG A' BHÙIRD AGUS AN SGIOBA STIÙIRIDH

POILEASaidH AIR ÌOCADH

Fo chumhachan a' mheòrachan ionmhais le Riaghaltas na h-Alba, tha raon pàighidh bliadhnail airson gach neach-obrach air a chur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba airson aonta. Feumaidh an raon pàighidh a bhith taobh a-staigh teirmean poileasaidh pàighidh roinn phoblaich Riaghaltas na h-Alba.

Buill a' Bhùird: Tha tuarastal a' Chathraiche agus Buill a' Bhùird air a shuidheachadh le Riaghaltas na h-Alba agus air ath-sgrùdadh gach bliadhna. Tha Cathraiche agus Buill Bùird VisitScotland air an cur an dreuchd le Ministearan na h-Alba mar as trice airson trì bliadhna an toiseach, le roghainn an ath-shuidheachadh airson dàrna teirm.

Àrd-oifigear: Bidh coileanadh a' Cheannaird air a mheasadh leis a' Chathraiche ann an co-chomhairle leis a' Bhòrd, ann an seisean mar Chomataidh Tuarastal a' Bhùird ("BRC"). Bidh am BRC a' beachdachadh air an duais-phàighidh bhliadhnail aige agus air pàighidhean coileanaidh neo-dhaingnichte suas ri 10% den tuarastal bunaiteach, agus tha seo air aontachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba airson àrd-dhreuchdan.

Stiùirichean: tha coileanadh air a mheasadh leis a' Cheannard ann an co-chomhairle leis a' BRC. Bidh am BRC a' beachdachadh air an duais pàighidh bliadhnail aca, agus pàighidhean coileanaidh neo-dhaingnichte suas ri 10% den tuarastal bunaiteach, agus tha seo air aontachadh leis a' Cheannard. Bithear a' fastadh a' Cheannaird agus an Stiùiriche a

rèir airidheachd, agus tha na dreuchdan air stèidh maireannach. Is e an ùine fios 12 mìosan airson gach cuid Stiùirichean agus an Ceannard. Nan rachadh an obair a thoirt gu crìch, ach a-mhàin air adhbharan mì-ghiùlain, bhiodh pàighidhean ann fo ullachaidhean cùmhnantail no dealachaidh.

Buidheann Stiùiridh Nas Fharsainghe: tha coileanadh daoine fa leth air am measadh leis an t-Sreath-mhanaidsear. Bidh an Ceannard a' cur dhaoine air a' Bhuidhinn-stiùiridh agus bidh iad gan ath-sgrùdadh gach bliadhna. Tha an t-àrdachadh pàighidh aca a rèir àrdachadh pàighidh VisitScotland dhan luchd-obrach air fad. Airson 20 20/21 bha seo eadar 1%-3% a rèir tuarastail.

Tha tuarastal a' gabhail a-steach làn-thuarastal, sochairean neo-ionmhasail agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre is gu bheil e a' tighinn fo bhuaidh cìsean na Rìoghachd Aonaichte.

Tha an earrann seo le ùmhlachd do sgrùdadh.

Tuarastalan Buill a' Bhùird-stiùiridh	2021 £'000	2020 £'000
Am Morair Inbhir Theòrsa	35-40	35-40
Professor Anne Anderson	5-10	5-10
Rebecca Brooks	5-10	5-10
Catherine Craig	5-10	5-10
Stephen Hagan	5-10	5-10
An Dr Keith Nicholson	5-10	5-10
Caroline Roxburgh	10-15	5-10
Steven Walker	5-10	0-5

Tuarastal na buidhne-stiùiridh

This section is subject to audit.

		20/21	20/21	20/21	20/21	20/21
		Tuarastal	Cuibhreann càir	Sochairean neo-airgid (b)	Sochairean peinnsein (c)	Iomlan
		£'000	£'000	£	£'000	£'000
Malcolm Roughead (a)	Àrd-oifigear	155-160		7,000	49	210-215
Ken Neilson	Ceann nan Seirbheisean Corporra	110-115		5,200	39	150-155
Paul Bush	Stiùiriche nan Tachartasan	105-110	5-10	100	-	110-115
Riddell Graham	Stiùiriche Leasachadh Gnìomhachas is Cinn-ùidhe	100-105	5-10	100	109	215-220
Vicki Miller	Stiùiriche Margaidheachd is Didseatach	100-105		7,200	50	155-160
Ken Massie	Stiùiriche Ceannais is Leasachaidh Roinneil	75-80		100	27	100-105
Lynn Jack	Ceannard HR	75-80		100	43	120-125
Susan Dickie	Ceannard Insights	75-80		100	47	120-125
Michelle Lavery	Ceannard an Ionmhais	70-75		100	27	95-100
Barbara Clark	Ceannard a' Chonaltraidh	75-80		100	35	110-115
Mike Slack	Ceannard IT	75-80		100	35	110-115
Robbie Clyde	Ceannard EventScotland	75-80		100	23	100-105
		19/20	19/20	19/20	19/20	19/20
		Tuarastal	Cuibhreann càir	Sochairean neo-airgid (b)	Sochairean peinnsein (c)	Iomlan
		£'000	£'000	£	£'000	£'000
Malcolm Roughead (a)	Àrd-oifigear	150-155		6,400	0	155-160
Ken Neilson	Ceann nan Seirbheisean Corporra	105-110		4,500	30	140-145
Paul Bush	Stiùiriche nan Tachartasan	100-105	5-10	100	13	120-125
Riddell Graham	Stiùiriche Leasachadh Gnìomhachas is Cinn-ùidhe	95-100	5-10	100	85	185-190
Vicki Miller	Stiùiriche Margaidheachd is Didseatach	95-100		6,400	59	160-165
Ken Massie	Stiùiriche Ceannais is Leasachaidh Roinneil	75-80		100	24	100-105
Lynn Jack	Ceannard HR	70-75		100	32	105-110
Susan Dickie	Ceannard Insights	70-75		100	34	105-110
Michelle Lavery	Ceannard an Ionmhais	65-70		100	22	85-90
Barbara Clark	Ceannard a' Chonaltraidh	75-80		100	23	95-100
Mike Slack	Ceannard IT	70-75		100	30	100-105
Robbie Clyde	Ceannard EventScotland	75-80		100	24	100-105

Còraichean peinnsein

(a) Bho 1.4.14, chan eil Malcolm Roughead air cur ri Sgeama Peinnsein BTB tuilleadh, no ri sgeama sam bith eile aig VS.

(b) Sochairean neo-airgid air am foillseachadh chun an £100 as fhaisge

(c) Tha luach shochairean peinnsein tàrmaichte ann an 2020/21 air a thomhas mar an fhìor àrdachadh ann am peinnseanan agus a' cleachdadh iomadachaidh modh-obrach HMRC de 20, às aonais nan tabhartasan a thug an neach fa leth seachad. Chan eil an t-àrdachadh fìor ann am peinnsean a' gabhail a-steach àrdachaidhean ri linn atmhorachd, no àrdachadh sam bith mar thoradh air gluasad chòraichean peinnsein.

Nòtaichean a bharrachd: Cha deach pàigheadh coileanaidh no bònas sam bith a phàigheadh is cha robh gin rim pàigheadh ann an 2020/21 Sochairean neo-airgid (Buannachdan neo-ionmhasail) air am foillseachadh chun an £100 as fhaisge

A rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba, fhuair an Ceannard agus buill na Bhuidhne-stiùiridh àrdachadh pàighidh ann an 2020/21, a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba ach cha d'fhuair iad duais bònais sam bith.

Tha an earrann seo le ùmhlachd do sgrùdadh.

		Peinnsean tàrmaichte	Àrdachadh fìor ann am peinnsean bliadhnail nòta (d)	CETV fosglaidh	CETV dùnaidh nòta(b)	CETV: Àrdachadh lom de thabhartasan bhall nòta (c) is (e)
		£'000	£'000	£'000	£'000	£'000
Buidheann-stiùiridh						
Malcolm Roughead	Àrd-oifigear	35-40	0-2.5	1,059	1,072	8
Ken Neilson	Ceann nan Seirbheisean Corporra	30-35	0-2.5	861	929	59
Paul Bush (f)	Stiùiriche nan Tachartasan	0-5	0-2.5	1,064	-	-
Riddell Graham	Stiùiriche Leasachadh Gnìomhachas is Cinn-ùidhe	75-80	5-7.5	2,217	2,328	100
Vicki Miller	Stiùiriche Margaidheachd is Didseatach	20-25	2.5-5	391	478	79
Ken Massie	Stiùiriche Ceannais is Leasachaidh Roinneil	10-15	0-2.5	227	262	30
Lynn Jack	Ceannard HR	20-25	0-2.5	435	526	84
Susan Dickie	Ceannard Insights	25-30	0-2.5	687	804	109
Michelle Lavery	Ceannard an Ionmhais	5-10	0-2.5	72	101	25
Barbara Clark	Ceannard a' Chonaltraidh	25-30	0-2.5	768	885	110
Mike Slack	Ceannard IT	15-20	0-2.5	270	314	40
Robbie Clyde	Ceannard EventScotland	0-5	0-2.5	39	64	21

		Peinnsean tàrmaichte	Àrdachadh fior ann am peinnsean bliadhna	CETV fosglaidh	A' dùnadh CETV	CETV: Àrdachadh lom de thabhartasan bhall nòta (c) is (e)
		£'000	£'000	£'000	£'000	£'000
Air 31 Màrt 2020						
Stiùiriche Gnìomhach						
Malcolm Roughead	Àrd-oifigear	30-35	0-2.5	1,151	1,059	(112)
Ken Neilson	Ceann nan Seirbheisean Corporra	25-30	0-2.5	864	861	(24)
Paul Bush	Stiùiriche nan Tachartasan	35-40	0-2.5	1,213	1,064	(172)
Riddell Graham	Stiùiriche Leasachadh Gnìomhachas is Cinn-ùidhe	70-75	2.5-5	2,256	2,217	(77)
Vicki Miller	Stiùiriche Margaidheachd is Didseatach	20-25	2.5-5	398	391	(18)
Ken Massie	Stiùiriche Ceannais is Leasachaidh Roinneil	10-15	0-2.5	200	227	(1)
Lynn Jack	Ceannard HR	15-20	0-2.5	483	435	(59)
Susan Dickie	Ceannard Insights	20-25	0-2.5	715	687	(43)
Michelle Lavery	Ceannard an Ionmhais	5-10	0-2.5	78	72	(11)
Barbara Clark	Ceannard a' Chonaltraidh	25-30	0-2.5	881	768	(61)
Mike Slack	Ceannard IT	10-15	0-2.5	266	270	(5)
Robbie Clyde	Ceannard EventScotland	0-5	0-2.5	17	39	(18)

Nòtaichean:

(a) Tha àireamhachadh peinnsein stèidhichte air an tuarastal ion-pheinnsean air 31 Màrt.

(b) Is e luach cnap airgid a th' ann an **Luach Tar-ghluasaid Co-ionann ri Airgead (Cash Equivalent Transfer Value - CETV)** ann an teirmean an latha an-diugh de na sochairan air an tàrmachadh le ball den sgeama peinnsein. Tha an t-suim air a mheasadh le Clèireach-urrais agus is e seo an t-suim a bhiodh an sgeama a' tabhann gus sochairan a ghluasad gu sgeama eile nuair a dh'fhalbhas am ball. Taobh a-staigh BTPS, tha CETV air a thomhas a rèir feartan a chaidh aontachadh le Urraisrean BTPS.

(c) **CETV: Àrdachadh lom de thabhartasan bhall.** Tha seo a' sealltainn meudachadh sa CETV a tha gu ìre mhòr air a mhaoinachadh leis an fhastaiche tron bhliadhna. Tha e a' toirt aire dhan atharrachadh ann am peinnsean tàrmaichte mar thoradh air tàrmachadh agus fàs tuarastail a bharrachd, às aonais atmhorachd, agus a' cleachdadh factaran margaidh coitcheann airson toiseach is deireadh na h-ùine seo. Chan eil e a' gabhail a-steach àrdachadh sam bith ann an luach a thig bho thabhartasan pàighte leis an neach-obrach no luach shochairan sam bith a chaidh a ghluasad bho sgeama peinnsein eile.

(d) Chan eil an t-àrdachadh fìor ann am peinnsean bliadhna a' gabhail a-steach àrdachadh sam bith san atmhorachd no àrdachadh sam bith mar thoradh air gluasad chòraichean peinnsein.

(e) Tha na barailean a thathar a' cleachdadh a' gabhail a-steach ìrean rèidh agus atmhorachd san àm ri teachd. Faodaidh cuid de bhuill de Sgeama Peinnsein Bùird Turasachd Bhreatainn roghnachadh an dreuchd a leigeil dhiubh aig aois 60.

(f) Ghluais Paul Bush a-mach às an sgeama peinnsein sa Chèitean 2020

Chan eil an Cathraiche agus Buill a' bhùird nam buill de na sgeamaichean peinnsein. Ach, tha peinnsean air am pàigheadh do dhithis Chathraiche a bh' ann roimhe, agus tha ullachadh air a dhèanamh airson seo anns na h-aithrisean ionmhais seo (Nòta 21).

DÌOLADH AGUS PÀIGHIDHEAN IAR-CHOSNAIDH

Feumaidh VisitScotland pàighidhean dìolaidh sam bith a chaidh a dhèanamh nuair a leig daoine dhiubh an dreuchd tràth no airson call dreuchd airson àrd-luchd-obrach fhoillseachadh, cho math ri pàighidhean sam bith a chaidh a thoirt do stiùirichean a bh' ann roimhe. Cha deach pàigheadh sam bith a dhèanamh sa bhliadhna.

19/20

20/21

Air ath-
aithris

A' FOILLSEACHADH FIOS AIR PÀIGHEADH COTHROMACH

B' e an Ceannard am ball den Bhuidhinn-stiùiridh leis an tuarastal a b' àirde. Bha an tuarastal bliadhna aige ro shochairan peinnsein 5.38 uiread na bu mhotha na chosnaidhean meadhanach de £30,216 aig sgioba-obrach na buidhne ann an 2020-21 (2019/20: 5.38 x £29,293).

Tha gabhail ri molaidhean tuarastail bith-beò fhathast a' toirt buaidh air àireamhachadh Tuarastal Iomlan Meadhanach.

Tuarastal an Stiùiriche £160k-£165k £155k-£160k
leis a' phàigheadh as àirde

Tuarastal Meadhanach £30,216 £29,293
Iomlan

Co-mheas 5.38 5.38

ÀIREAMHAN AGUS COSGAISEAN AN LUCHD-OBRACH

	VS		CWC	
	2020/21 £'000	2019/20 £'000	2020/21 £'000	2019/20 £'000
Tuarastalan	17,357	17,725	508	31
Cosgaisean shochairan sòisealta	1,778	1,745	48	3
Cosgaisean fàgail gu saor-thoileach - sa bhliadhna	22	129		
Solarachadh - McCloud*	-	(73)		
Cosgaisean peinnsein - seirbheis làithreach	6,174	6,183	21	1
Cosgaisean Luchd-obrach Iomlan	25,331	25,709	577	35
Tha cosgaisean do bhuidhnean airson luchd-obrach sealach, air an gabhail a-steach gu h-àrd	204	293	-	-

Faic cuideachd nòta 3 de na cunntasan.

*Faic nòta 21

CRUTH AN LUCHD-OBRACH

	VS FTE	VS FTE	CWC FTE	CWC FTE
	(aig 31/3/21)		(aig 31/3/21)	
Buidheann-stiùiridh	12.0	12.0	5.4	0.00
Luchd-obrach gnìomha agus taic:				
Stiùirichean	5.0	5.0	4.0	0.00
Ceannardan roinnean	16.0	15.0	2.0	0.00
A h-uile neach-obrach eile (a' gabhail a-steach Luchd-obrach ràitheil agus Sgeamaichean Fastaich Òigridh)	476.7	498.7	6.6	0.00
Cùmhnant teirm stèidhichte (a' gabhail a-steach sgeamaichean cosnaidh ràitheil is òigridh)	31.7	58.0	12.6	0.00
Cùmhnant teirm stèidhichte (gun a bhith a' gabhail a-steach sgeamaichean cosnaidh ràitheil is òigridh)	22.7	23.5	0	0.00
FTE gu h-iomlan	497.7	518.7	12.6	0.00
Àireamh chuibheasach iomlan de dh'obraichean FTE	510.5	533.6	6.2	0.00

DÀTA NEO-LÀTHAIREACHD TINN AGUS STAITISTIG COSNAIDH

	VS 2020/21	VS 2019/20	CWC 20/21	CWC 19/20
Atharrachadh Luchd-obrach	2.96%	10.56%	0%	-
Luchd-obrach Dheth Tinn	0.94%	2.12%	0%	-
Làithean dheth tinn/gach neach	2.46	5.52	0%	-
Co-mheas Boireann:Fireann - An Luchd-obrach air fad	34:66	33:67	46:54	-
Co-mheas Fireann:Boireann – Buill a' Bhùird	50:50	55:45	50:50	-
Co-mheas Fireann:Boireann - Buidheann-stiùiridh	58:42	58:42	50:50	-
Fireann: Co-mheas Boireann - Ceannardan Roinne	37.5:62.5	40:60	0:100	-
Raon tuarastail luchd-obrach (ach a-mhàin a' Bhuidheann-stiùiridh)	£18k-£80k	£18k-£80k	£18k - £61k	-

CO-IONANNACHD AGUS IOMADACHD

Tha co-ionannachd agus in-ghabhail nam prìomh dràibhear nan dleastanas mar sholaraidhe seirbheis an dà chuid do ghnìomhachasan turasachd agus luchd-tadhail, agus ar dealas fhèin mar fhastaiche, agus bidh sinn a' feuchainn ri libhrigeadh co-ionannachd is iomadachd àbhaisteachadh air feadh na buidhne againn. Tha cur ri ruigsinneachd air turasachd ann an Alba, adhartachadh bhuannachdan sòisealta is eaconamach de dheagh dhàimhean taobh a-staigh gnìomhachas na turasachd agus eadar gnìomhachasan turasachd agus luchd-tadhail, agus a' toirt taic do dheagh chothroman dhan roinn, nam prìomh fheartan de gach tè de na ro-innleachdan againn.

Tha na Builean Co-ionannachd sònraichte againn a' toirt cunntas air fòcas na h-obrach againn gus nan dleastanas againn mar ùghdarras poblach a choileanadh fo dhleastanas cho-ionannachd coitcheann Achd na Co-ionannachd 2010:

- Ann a bhith a' dèanamh ar cuid obrach, gus aire iomchaidh a thoirt do na leanas:
- Gum feumar cur às do leth-bhreith,
- Co-ionannachd chothroman agus deagh dhàimhean a bhrosnachadh.

Gus seo a bhrosnachadh, tha buidheann-obrach ùr Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhail aig VisitScotland, air a stiùireadh leis a' Cheannard Brannd is Susbaint, a' nochdadh ar dìcheall gus co-ionannachd àbhaisteachadh, agus tha grunn bhuill den bhuidheann a' stiùireadh diofar eileamaidean de dh'àbhaisteachadh co-ionannachd is in-ghabhail sa phrìomh obair againn. Tha sinn air Cairt Co-ionannachd ùr a chruthachadh bho chionn ghoirid, agus bidh sinn a' cur sin air bhog a dh'aithghearr le roinnean a' dèanamh ghealltanasan gun na gnìomhan sa Chùmhnant a choileanadh.

Tha Turasachd In-ghabhail a-nis mar phàirt den sgioba Turasachd Chunntachail againn agus tha i a' gabhail uallach airson adhartachadh ruigsinneachd is in-ghabhail dhan ghnìomhachas againn agus do luchd-ùidh air feadh na h-Alba, còmhla ri seasmhachd sòisealta le coimhearsnachdan ionadail agus com-pàirtichean.

Chaidh Aithisg Àbhaisteachadh Co-ionannachd 2021-25 ùr aig VisitScotland leis an tìotal "Our People, Committed to Transformation and Resilience" a chruthachadh gus Builean Co-ionannachd ùr VisitScotland 2021-2025 a thaisbeanadh agus gus mineachadh mar a tha iad a' coileanadh an dleastanas choitcheann agus a' buntainn ris an fheadhainn anns na buidhnean le feartan dìonta. Tha e cuideachd ag aithris air an obair slàinte is sunnd air fad a rinn sinn aig am a' ghlasaidh-sluaigh agus nuair a bha daoine ag obair san dachaigh, a' toirt taic agus fiosrachadh dhan luchd-obrach air fad againn.

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic dhan luchd-obrach againn tro na lìonraidhean taic luchd-obrach againn: buidheann Taic Phàrant, buidheann taic Luchd-cùraim, a bharrachd air buidheann LGBTI+, agus an Lìonra In-ghabhail, buidheann airson a h-uile neach-obrach a' gabhail a-steach an fheadhainn le ciorraman falaichte, suidheachaidhean niùro-iomadach, agus suidheachaidhean slàinte fad-ùine. Cuiridh sinn Lìonra ùr nam Ban air bhog as t-Fhoghar am-bliadhna. Tha VisitScotland air ìre 2 a choileanadh ann an Sgeama Misneachail le Ciorraim aig DWP agus tha iad an-dràsta ag obair a dh'ionnsaigh ìre 3 - Ceannard le Ciorram.

Mar phàirt den ro-innleachd co-ionannachd iomlan againn aig VisitScotland tha sinn air gealltainn a bhith a' toirt air adhart ar n-obair co-ionannachd le cuideam dha-rìribh air "in-ghabhail gun eisgeachd". Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir VisitScotland a bhith adhartach agus tha sinn gu mòr airson 's gum bi an luchd-obrach uile a' faireachdainn gu bheil iad air àbhaisteachadh anns na nì sinn, a' gabhail a-steach aois, ciorram, gnè, taobhadh feise is msaa,

Tha an Aithisg cuideachd a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh mun cho-chomhairle agus mun cho-obrachadh a tha sinn a' dèanamh agus a nì sinn le buidhnean bhon taobh a-muigh agus bhon taobh a-staigh airson gach buil co-ionannachd. Tha sinn a' cur luach mòr air ar luchd-obrach air an taobh a-staigh airson an cuid eòlais, agus lèirsinn ach tha a bhith ag obair le luchd-ùidh bhon taobh a-muigh airson pròiseactan sònraichte deatamach dhan obair a bhios sinn a' dèanamh. Tha seo gu sònraichte buntainneach ann an roinn na turasachd ruigsinnich agus in-ghabhail, agus faodar na toraidhean a thomhas leis an àrdachadh anns na tha margaidh nan daoine air a bheil ciorram agus nas sine air cosg ann an Alba thar nan 10 bliadhna a dh'fhalbh.

Is e an fheallsanachd againn aig VisitScotland nach e co-ionannachd agus iomadachd a' buntainn ri rudan a tha a' tighinn fon lagh a-mhàin, tha e a' toirt a-steach a h-uile duine. Tha an dòigh-obrach a bhios sinn a' cleachdadh gus dèiligeadh ri ar builean co-ionannachd a' cur fòcas air a bhith a' coileanadh nan dleastanas againn fo dhleastanas co-ionannachd san roinn phoblaich. Tha ar clàr-gnothaich co-ionannachdan againn daimeamaig agus thathar ga leasachadh agus a' cur ris gu leantainneach a rèir gnìomhachd na buidhne.

Tha an Aithisg cuideachd a' gabhail a-steach ar n-aithisg pàighidh Co-ionann ùr agus fiosrachadh mu dhealachadh dreuchdail. Tha a' bheàrn pàighidh gnè airson na buidhne gu h-iomlan a-nis aig 16.1% (Sìos bho 21.1% ann an 2019 agus bho 25.9% ann an 2017) stèidhichte air tuarastal cuibheasach iomlan boireann làn-ùine (FTE).

Ach, tha e cudromach toirt fa-near gu bheil an neo-chothromachadh ann an co-mheas luchd-obrach boireann gu fireannaich sa bhuidhinn a' toirt buaidh air an fhigear seo gu ìre. A dh'aindeoin beàrn pàighidh glè bheag no gun bheàrn sam bith anns a' mhòr-chuid de na h-ìrean againn dh'fhaodadh an uiread de bhoireannaich anns na h-ìrean as ìsle, far a bheil a' mhòr-chuid de luchd-obrach air am fastadh, leudachadh a thoirt air a' bheàrn tuarastail iomlan bhon ìre far am biodh e nam biodh sgaradh gnè na buidhne nas fhaisge air 50/50.

Mar bhuidheann, tha sinn ag aithneachadh gu bheil a bhith a' coileanadh ar dleastanas co-ionannachd coitcheann gu soirbheachail chan ann a-mhàin mu bhith ag obair a dh'ionnsaigh builean co-ionannachd sònraichte, ach mu bhith dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan na buidhne nam pàirt riatanach den obair againn.

Tha ar lèirsinn Co-ionannachd stèidhichte air an fhìrinn gun cruthaich a bhith a' cleachdadh eadar-dhealachaidhean àrainneachd toradh anns am bi a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil luach ga chur orra agus gu bheil na tàlant an aca air an aithneachadh, tro bheilear a' coileanadh ar n-amasan gnìomhachais is buidhne.

Gheibhear an làn-aithisg Àbhaisteachadh Co-ionannachd is Iomadachd "Our People, Committed to Transformation & Resilience", An Giblean 2020-2025 agus mion-sgrùdadh mionaideach, còmhla ris na gnìomhan a tha a' bhuidheann a' gabhail, aig www.visitscotland.org/about-us/our-poileasaidhean/co-ionannachd



DÀIMHEAN OBRACH

Chaidh Riaghailtean Aonadh Ciùird (Riatanasan Foillseachaidh Aithris air Ùine airson Dleastanasan nan Aonaidhean-ciùird) 2017 a chur an gnìomh air 1 Giblean 2017. Tha na foillseachaidhean a tha riatanach fo na riaghailtean seo anns na clàran gu h-ìosal:

Àireamh luchd-obrach co-ionann ri làn-ùine	5
An àireamh sa cheud den ùine a thèid a chaitheamh air ùine dleastanasan aonaidhean-ciùird	Àireamh an Luchd-obrach
0%	-
1% - 50%	5
51% -99%	-
100%	-
An àireamh sa cheud den bhile pàighidh iomlan a chaidh a chosg air ùine dleastanasan aonaidhean-ciùird	0.003%
Cosgais ùine iomlan	£681

CAITEACHAS AIR COMHAIRLICHEAN

	2020/21	2019/20
Comhairleachadh	7,128	5,427

PASGANAN FÀGAIL

COSGAISEAN FÀGAIL GU SAOR-THOILEACH

Tha ath-eagrachadh gnòthaich leantainneach tron bhliadhna air ciallachadh gun do ghabh aon neach-obrach ris a' chothrom falbh gu saor-thoileach ann an 20/21 aig cosgais iomlan de £22k (£130k ann an 19/20), a rèir sgeama dealachaidh saor-thoileach aontaichte VisitScotland,

	2020/21	2019/20
£0 - £20,000	0	1
£20,001 - £40,000	1	0
£40,001 - £60,000	0	0
£60,001 - £80,000	0	2
£80,001 - £120,000*	0	0
Àireamh iomlan nan suimeannan pàighte airson fàgail	1	3

Cha robh call-obrach èigneachail sam bith ann (2020: Cha robh gin)

Malcolm Roughead OBE
Àrd-oifigear VisitScotland

Aithisg Cunntachalachd Phàrlamaideach

RIAGHAILTEACHD CAITEACHAIS

Tha VisitScotland cunntachail do Mhinistearan na h-Alba, a rèir riatanasan Earrainn 6(1) de dh'Achd Leasachadh nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006. Is e am prìomh amas ionmhasail airson 2020/21 dèanamh cinnteach gu bheil an toradh ionmhasail airson na bliadhna taobh a-staigh a' Bhuidseit Ghoireasan a tha air a thoirt dhuinn le Ministearan na h-Alba. Airson Tabhartasan Taic Gnìomhachais Covid bha fo-chaitheachas de £2.8m ann a thèid a chur air ais gu Riaghaltas na h-Alba ann an 2021/22. Tha an Aithris air Toradh Ghoireasan air taobh-duilleig 69.

FÈICHEANASAN NEO-CHOSMHAIL A DH'FHAODADH ÈIRIGH

Tha seansa beag ann gum feumar cuid de thabhartasan a fhuairleadh roimhe a phàigheadh air ais. Tha seo an sàs gus an ruith an ùine air clàran-ama a thaobh thabhartasan sònraichte. Tha mion-fhiosrachadh ann an Nòta 24 do na h-Aithrisean Ionmhais.

AITHRIS AIR CALL IS PÀIGHIDHEAN SÒNRAICHTE

Call: Cha robh gin ann an 2020/21 (2019/20: Cha robh gin) ach a-mhàin fiachan malairt air an sgrìobhadh dheth tron bhliadhna (faic Nòta 22 ris na h-aithrisean ionmhasail)

Pàighidhean Sònraichte: Chaidh fàgail saor-thoileach a phàigheadh luach £22k sa bhliadhna (£130k ann an 19/20) (faic nòta nam pasganan fàgail). B' iad sin na h-aon phàighidhean sònraichte a chaidh a dhèanamh tron bhliadhna.

TEACHD A-STEACH BHO CHÌSEAN

	2021 £'000	2020 £'000
Reicean retail		
Teachd a-steach bho bhathar	107	2,627
Cosgais nan reicean	(73)	(1,261)
Prothaid iomlan	34	1,366
Ceudad de phrothaid iomlan	32%	52%
Teachd a-steach bho bhrosnachadh agus sanasachd ghnìomhachasan		
Sanasachd taisbeanaidhean agus brosnachaidh	117	1,131
Co-iomairtean Sanasachd	0	717
	117	1,848
Dearbhadh Càileachd		
Cìsean Sgeama Duais	-	53
Thoir air falbh: Cosgaisean seirbheis dìreach	609	1,061
Cosgais lom airson lìbhrigeadh seirbheis	(609)	(1,008)

- Reicean fiosrachaidh agus bathar luchd-tadhail tro lìonra nan ionadan fiosrachaidh aig VisitScotland
- Taisbeanaidhean/iomairtean sanasachd a fhuair taic tron bhliadhna. Bithear a' cur cosgais air com-pàirtichean air stèidh cosgais fhaighinn air ais
- Co-iomairtean brosnachaidh le com-pàirtichean gnìomhachais
- Tha am prògram Dearbhadh Càileachd ag amas air an iomadh solaraiche àite-fuirich air feadh na h-Alba a bhrosnachadh le bhith a' rangachadh nan àiteachan-fuirich aca a rèir inbhean aontaichte mar a tha BHA air stèidheachadh.
- Bidh VisitScotland a' togail meanbh-ainmichte a rèir meud an ionaid agus àireamh nan seòmraichean. Airson 20/21 cha deach cìsean barantachd càileachd a thogail leis nach deach an t-seirbheis seo a thoirt seachad.

Malcolm Roughead OBE

Àrd-oifigear VisitScotland

AITHISG AN LUCHD-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH DO BHUILL VISITSCOTLAND, ÀRD-NEACH-SGRÙDAIDH NA H-ALBA AGUS PÀRLAMAID NA H-ALBA

AITHISG AIR AN SGRÙDADH A RINNEADH AIR NA H-AITHRISAN IONMHASAIL

Beachd air na h-aithrisean ionmhasail

Tha mi air sgrùdadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail ann an aithisg bhliadhnail agus cunntasan VisitScotland agus a bhuidheann airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021 fo Achd Leasachaidh na Turasachd 1969, mar a chaidh atharrachadh le Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006. Sna h-aithrisean ionmhasail tha Aithris air Caiteachas Lom Iomlan, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Sruthan Airgid, Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean agus nòtaichean airson nan aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach geàrr-iomradh air na prìomh phoileasaidhean cunntasachd. Tha am frèam airson aithrisean ionmhasail a chaidh a chur an sàs ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean seo freagarrach a thaobh an lagha agus Inbhean Eadar-nàiseanta airson Aithrisean Ionmhasail (IFRSan) ris an do ghabh an t-Aonadh Eòrpach, agus mar a chaidh sin a chur an cèill agus atharrachadh ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithisgean Ionmhasail 2020/21 (FReM 2020/21).

Nam bheachd-sa, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- a' toirt sealladh fìor is cothromach a rèir Achd Leasachadh na Turasachd 1969 mar a chaidh atharrachadh le Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006 agus stiùiridhean bho Mhinistearan na h-Alba fon sin, de ghnòthaichean na buidhne mar a bha iad air 31 Màrt 2021 agus de chaiteachas obrachaidh lom na buidhne airson na bliadhna a chrìochnaich an uair sin;
- air an ullachadh gu ceart a rèir IFRSan mar a chaidh aontachadh leis an Aonadh Eòrpach, agus mar a chaidh a chur an cèill agus atharrachadh ann an FReM 2020/21; agus
- air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Leasachadh na Turasachd 1969 mar a chaidh atharrachadh le Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006, agus stiùiridhean co-cheangailte ri sin bho Mhinistearan na h-Alba.

Bun-stèidh ar Beachd

Tha mi air sgrùdadh a dhèanamh a rèir an lagha bhuntainnich agus a rèir Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta a gheibhear san Rìoghachd Aonaichte (ISAs (UK)), mar a tha riatanach a thaobh a' Chòd Cleachdaidh Sgrùdaidh a tha air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Tha tuilleadh mìneachaidh air mo dhleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn den aithisg agam Dleastanasan an Neach-sgrùdaidh ann a bhith Sgrùdadh nan Aithrisean Ionmhasail. Chaidh mo chur an dreuchd leis an Àrd-neach-sgrùdaidh air 20 Faoilleach 2021. 'S e bliadhna an ùine gun bheàrn a tha an dreuchd air mairsinn. Tha mi neo-eisimeileach gun cheangal ris a' bhuidhinn seo no a rèir nan riatanasan beusail a bhuineas ris na sgrùdaidhean a nì mi air aithrisean ionmhasail san RA, a' gabhail a-steach nan Inbhean Beusail do Luchd-sgrùdaidh aig Comhairle airson Aithriseadh Ionmhasail, agus tha mi air mo dhleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Cha deach seirbheisean nach buin dhan sgrùdadh, a tha toirmisgte fon Inbhe Bheusail, a thoirt seachad dhan bhuidhinn. Tha mi den bheachd gu bheil an fhianais a fhuair mi gu leòr agus freagarrach gus taic a thoirt dhan bheachd a ghabh mi.

Co-dhùnaidhean co-cheangailte ri modhan cunntasachd far a bheilear a' gabhail ris gun cum a' bhuidheann a' dol

Tha mi air co-dhùnadh gu bheil e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cum a' bhuidheann a' dol.

Stèidhichte air an obair a rinn mi, chan eil mi air mì-chinnteach susbainteach a chomharrachadh a thaobh tachartasan no suidheachaidhean a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamhan mòra adhbharachadh mun chomas aig a' bhuidhinn gus cumail orra a' cleachdadh mhodhan cunntasachd, a tha a' gabhail ris gun cum a' bhuidheann a' dol, airson co-dhiù dusan mìos bhon cheann-latha air an deach aontachadh na h-aithrisean ionmhasail fhoillseachadh.

Cunnartan a thaobh mhì-aithrisean susbainteach

Nì mi aithris ann an Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail fa leth, a gheibhear air làrach-lìn Sgrùdadh Alba, air na cunnartan as motha a chomharraich sinn a thaobh mhì-aithrisean susbainteach air an deach measadh a dhèanamh agus air na co-dhùnaidhean againn mun deidhinn.

Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail

Mar a chaidh a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail, tha an t-Oifigeir Cunntachail a' gabhail uallach airson ullachadh nan aithrisean ionmhasail agus feumaidh e a bhith riarachtaichte gun toir iad sealladh fìor is cothromach air cùisean a rèir frèam nan aithrisean ionmhasail, agus tha uallach air cuideachd gus na modhan in-smachd a tha an t-Oifigeir Cunntachail a' meas iomchaidh a chur an sàs, a nì cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail ullachadh anns nach eil mì-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

Nuair a tha e ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha uallach air an Oifigeir Chunntachail airson measadh a dhèanamh air comas na buidhne a chumail a' dol, agus airson rùn-phàirteachadh, mar a bhios e iomchaidh, cùisean co-cheangailte ri cleachdadh na dùil gun cum a' bhuidheann a' dol, mura bheil sin iomchaidh.

Dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

'S e a tha fa-near dhomh a choileanadh, gum bi dearbhachd reusanta agam nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus aithisg neach-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir mi seachad mo bheachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann an dearbhachd reusanta, dearbhachd gu math cinnteach; chan eil sin na ghealltanais, ge-tà, ma tha mì-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadh a thèid a chumail a rèir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonnan. Faodaidh mì-aithrisean èirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhì-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean eaconamach a nì luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail seo.

Tha neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill nan eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan is riaghailtean. Dealbhaidh mi na dòighean-obrach agam a rèir nan dleastanasan a tha air am mìneachadh gu h-àrd gus mì-aithrisean susbainteach a lorg a thaobh neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill. Tha dòighean-obrach a' gabhail a-steach:

- a' faighinn tuigse air an fhrèam-obrach laghail is riaghlaidh a tha an sàs agus mar a tha a' bhuidheann a' gèilleadh ris an fhrèam-obrach sin;
- a' comharrachadh dè na laghan agus riaghailtean a tha cudromach ann an co-theacsa na buidhne;
- a' measadh cho buailteach 's a tha mì-aithrisean susbainteach air a bhith anns na h-aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach mar a dh'fhaodadh foill tachairt; agus
- a' beachdachadh a bheil na sgìlean agus na comasan iomchaidh aig an sgioba sgrùdaidh còmhla gus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a chomharrachadh no aithneachadh.

Tha an ìre is gu bheil mo mhodhan-obrach comasach air neo-riaghailteachdan a lorg, a' gabhail a-steach foill, fo bhuaidh an duilgheadais gnèithich ann a bhith a' lorg neo-riaghailteachdan, èifeachdas modhan-smachd na buidhne, agus nàdar, àm agus ìre nam modhan sgrùdaidh a rinneadh.

Tha neo-riaghailteachdan a tha mar thoradh air foill nas duilghe a lorg na neo-riaghailteachdan a tha mar thoradh air mearachd oir faodaidh foill a bhith a' gabhail a-steach co-rùn, dearmad a dh'aona-ghnothach, mì-riochdachadh, no a bhith a' seachnadh in-smachd. Tha comas an sgrùdaidh gus foill is neo-riaghailteachdan eile a lorg an eisimeil factaran leithid sgil a' chiontaiche, tricead agus meud a' bhrath-fhoill, ìre a' chealg-chòrdaidh a bha na lùib, meud nan suimean air leth air an do rinneadh brath-foill, agus ìre nan daoine fa leth a bha an sàs ann.

Gheibhear tuairisgeul a bharrachd air dleastanasan an neach-sgrùdaidh airson aithrisean ionmhasail a sgrùdadh air làrach-lìn Comhairle airson Aithriseadh Ionmhasail www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities. Tha an tuairisgeul seo mar phàirt den aithisg-sgrùdaidh agam.

AITHRIS AIR CHO CUNBHALACH 'S A BHA AM FIOSRACHADH AIR CAITEACHAS IS TEACHD-A-STEACH

Beachd air cunbhalachd

Nam bheachd-sa bha, anns gach dòigh shusbainteach, an caiteachas agus an teachd-a-steach uile a chithear sna h-aithrisean ionmhasail air an giùlain no air an cur an sàs a rèir chumhachan is stiùiridhean iomchaidh sam bith a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Dleastanasan airson cunbhalachd

Tha dleastanas air an Oifigear Chunntachail gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ga cur an sàs a thaobh caiteachas is teachd-a-steach na buidhne. A bharrachd air na dleastanasan agam a bhith a' lorg mì-aithrisean susbainteach anns na h-aithrisean ionmhais a thaobh neo-riaghailteachdan, tha e an urra rium beachd a ghabhail air cho cunbhalach 's a tha an caiteachas agus teachd-a-steach agus sin a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus na Cunntachalachd (Alba) 2000.

AITHRIS AIR RIATANASAN EILE

Beachd air cùisean eile a tha fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air a' phàirt sgrùdaichte den Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach

Tha mi air sgrùdadh a dhèanamh air na pàirtean den Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach a chomharraich sinn mar sgrùdaichte. Nam bheachd-sa, chaidh a' phàirt den Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach a bhios ga sgrùdadh ullachadh gu ceart a rèir Achd Leasachadh na Turasachd 1969 mar a chaidh atharrachadh le Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Fiosrachadh reachdail eile

Tha an t-Oifigeir Cunntachail a' gabhail uallach airson an fhiosrachaidh reachdail eile san aithisg bhliadhnail agus cunntasan. 'S e am fiosrachadh reachdail eile an Aithisg Coileanaidh agus an Aithisg Cunntachalachd ach a-mhàin a' phàirt sgrùdaichte den Aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach.

Tha e mar dhleastanas orm am fiosrachadh reachdail eile a leughadh, agus, ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh sinn beachdachadh feuch a bheil nithean susbainteach san fhiosrachadh reachdail eile nach eil a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail no nach eil ag aontachadh ris an eòlas a fhuair mi bhon sgrùdadh no a bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach san fhiosrachadh. Ma bheir mi an aire do leithid a nithean neo-chunbhalach susbainteach no gu bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach ann, bidh agam ri dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail fhèin mar thoradh air seo. Ma thig mi chun a' cho-dhùnaidh, stèidhichte air an obair a rinn mi, gu bheil mì-aithris shusbainteach den fhiosrachadh reachdail eile seo, tha e mar fhiachaibh orm a bhith ag aithris na cùise sin. Chan eil dad agam ri aithris a thaobh seo.

Chan eil mo bheachd air na h-aithrisean ionmhais a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh reachdail eile agus chan eil mi a' toirt seachad co-dhùnadh barantachaidh sam bith air sin ach air a-mhàin air an Aithisg Coileanaidh agus an Aithris Riaghlaidh chun na h-ìre is gu bheil e air a ràdh gu soilleir anns na beachdan a leanas a fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba.

Beachdan fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air an Aithisg Coileanaidh agus Aithris Riaghlaidh

Nam bheachd-sa, stèidhichte air an obair a rinn mi san sgrùdadh:

- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithisg Coileanaidh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Leasachadh na Turasachd 1969 mar a chaidh atharrachadh le Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithris air Riaghladh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Leasachadh na Turasachd 1969 mar a chaidh atharrachadh le Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Cùisean air am feum mi aithris a dhèanamh mura tachair iad

Tha dleastanas orm, le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, aithris a dhèanamh dhuibh ma tha mi den bheachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus a' phàirt den Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach a bhios ga sgrùdadh ag aontachadh leis na clàran cunntasachd; no
- nach d' fhuair mi am fiosrachadh is na mìneachaidhean uile a dh'fheumas mi airson an sgrùdadh.

Chan eil dad agam ri aithris mu na cùisean seo.

Co-dhùnaidhean a thaobh ar dleastanasan airson sgrùdadh nas fharsainghe

A bharrachd air na h-uallaichean a tha orm airson na h-aithisg is cunntasan bliadhnail, tha na co-dhùnaidhean a rinn mi air na h-uallaichean a thaobh an raoin-obrach nas fharsainghe, mar a chaidh a shònrachadh ann an Còd air Cleachdadh Sgrùdaidh, air an cur an cèill anns an Aithisg Bhliadhnail air Sgrùdadh.

A' CLEACHDADH NA H-AITHISGE AGAM

Tha an aithisg seo dìreach do na daoine dhan deach a sgrìobhadh a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus na Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann airson adhbhar sam bith eile. Ann an co-rèir ri paragraf 120 den Chòd air Cleachdadh Sgrùdaidh, chan eil mi a' gabhail os làimh a bhith fo uallach bhall no oifigearan, nan dreuchdan fa leth, no fo uallach treas-phàrtaidhean.

Carole Grant CPFA
Stiùiriche Sgrùdaidh
Sgrùdadh Alba
4th Floor, South Suite
Athenaeum Building
8 Plàs Nelson Mandela
Glaschu
G2 1BT
9 Dùbhlachd 2021


STIÙIREADH BHO MHNISTEARAN NA H-ALBA

Tha Ministearan na h-Alba, a rèir Paragraf 6(a) de Earrann 1 de dh'Àchd Leasachadh na Turasachd 1969 mar a chaidh atharrachadh le Achd nam Bòrd Turasachd (Alba) 2006, a' foillseachadh an stiùiridh seo.

- i. Cumaidh an aithris air na cunntasan airson na bliadhna ionmhais a chrìochnaich air 31 Màrt 2008, agus gach bliadhna às dèidh sin, ri prionnsapalan cunntasachd agus riatanasan foillseachaidh a gheibhear ann an Leabhran an Rìghaltais airson Aithrisean Ionmhasail (FRem) a tha an gnìomh sa bhliadhna dhan deach an aithris air na cunntasan ullachadh.
- ii. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh fìor is cothromach a thoirt air teachd-a-steach, caiteachas agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais, agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
- iii. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh fìor is cothromach a thoirt air teachd-a-steach, caiteachas agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais, agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais. Tha an stiùireadh a chaidh a thoirt seachad air 1 Màrt 2006 air a chùl-ghairm.



Chaidh làmh a chur ri seo le ùghdarras Mhinistearan na h-Alba
Ceann-latha 30 Iuchar 2008



Aithris air caiteachas lom iomlan VisitScotland agus a Bhuidheann airson na bliadhna gu 31 Màrt 2021

	Nòtaichean	Buidheann		Air ath-aithris		VisitScotland		
		2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000			
Caiteachas Ghoireasan								
Gnìomhachdan margaideachd		33,905	47,294	33,905	47,294			
Aonta com-pàirteachas		4,261	4,516	4,261	4,516			
Seirbheisean taice		8,850	8,467	8,850	8,467			
Tabhartasan Taic Gnìomhachais Covid		77,718	0	77,718	-			
Farpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne 2023		4,400	2,000	3,600	2,000			
		129,134	62,277	129,134	62,277			
Caiteachas nach eil air goireasan								
Cosgaisean Peinnsein - atharraichean IAS 19	19.2	2,287	3,308	2,287	3,308			
Caiteachas iomlan								
	3, 4	131,421	65,585	130,621	65,585			
Teachd a-steach								
Mion-reic agus malairteach	5	(151)	(3,565)	(151)	(3,565)			
Teachd a-steach eile	6	(387)	(729)	(387)	(729)			
Farpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne 2023		(800)	0	0	0			
Caiteachas Lom								
		130,083	61,291	130,088	61,291			
Cosgaisean Ionmhais	7	5	10	5	10			
Teachd-a-steach Ionmhasail		0	-	0	0			
Caiteachas obrachaidh lom ro chìsean								
		130,088	61,301	130,088	61,301			
Caiteachas Obrachaidh Lom								
		130,088	61,301	130,088	61,301			
Caiteachas lomlan Eile/(Teachd a-steach)								
Còrr /(easbhaidh) lom ann an luachadh sgeamaichean sochairean cluaineis a rèir clèireach-urrais	19.2	6,174	(6,909)	6,174	(6,909)			
(Còrr)/easbhaidh ag èirigh às dèidh ath-luachadh air togalaichean, uidheam is acfhainn		(108)		(108)				
Cothromachadh air cùl-stòras ath-luachaidh ag èirigh nuair a thathar a' faighinn cuidhteas de lìos.			(660)		(660)			
Caiteachas Obrachaidh lomlan Eile								
		6,066	(7,569)	6,066	(7,569)			
Caiteachas Lom lomlan uile gu lèir								
		136,154	53,732	136,154	53,732			

Aithisg air suidheachadh ionmhais VisitScotland agus na
Buidhne air 31 Màrt 2021

	Nòtaichean	Buidheann		VisitScotland	
		2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
So-mhaoinean					
Neo-làithreach					
So-mhaoinean susbainteach suidhichte	9	4,708	4,256	4,708	4,256
So-mhaoinean Neo-shusbainteach	8	2,960	1,920	2,960	1,902
So-mhaoinean neo-làithreach iomlan		7,668	6,176	7,668	6,176
Làithreach					
Clàran-seilbhe	12	505	537	505	537
Malairt is nithean eile a gheibhear	13	3,517	1,496	1,892	1,496
Airgead is nithean co-ionann	14	36,207	9,156	35,503	7,156
maoin làithreach iomlan		40,229	11,189	37,900	9,189
So-mhaoinean iomlan		47,897	17,365	45,568	15,365
Fèicheanasan					
Làithreach					
lasadan eile	17	(55)	(94)	(55)	(94)
Malairt is nithean eile a phàighear	16	(43,620)	(14,310)	(41,291)	(12,310)
Fèicheanasan Làithreach iomlan		(43,675)	(14,404)	(41,346)	(12,404)
Fèicheanasan neo-làithreach					
lasadan eile	17	(51)	(106)	(51)	(106)
Ullachaidhean	21	(722)	(628)	(722)	(628)
Nithean eile rim pàigheadh	18				
Uallaichean a thaobh shochairan cluaineis	19.2	(35,165)	(26,704)	(35,165)	(26,704)
Fèicheanas neo-làithreach iomlan		(35,938)	(27,438)	(35,938)	(27,438)
Fèicheanasan iomlan		(79,613)	(41,842)	(77,284)	(39,942)
Fèicheanasan lom		(31,716)	(24,477)	(31,716)	(24,477)
Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean					
Cùl-stòr Coitcheann		2,937	1,769	5,709	1,669
Cùl-stòr nam Peinneanan		(35,165)	(26,704)	(35,165)	(26,704)
Cùl-stòr ath-luachaidh		512	458	540	458
Earrannan uile		(31,716)	(24,477)	(31,716)	(24,477)

Thug an t-Oifigear Cunntachail aonta seachad airson foillseachadh nan aithrisean ionmhasail seo air

Malcolm Roughead OBE

Àrd-oifigear VisitScotland

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 100 gu 143 mar phàirt de na h-aithrisean

Aithris air sruth-airgid VisitScotland agus na
Buidhne airson na bliadhna a chrìochnaich air
31 Màrt 2021

	Buidheann		VisitScotland		
	Nòtaichean	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Sruthan airgid bho ghnìomhan obrachaidh					
Caiteachas obrachaidh lom ro chìsean		130,088	61,301	130,088	61,301
Nitheadh nach eil a' gabhail a-steach sruthadh airgid					
Call luach so-mhaoinean shusbainteach suidhichte		(806)	(1,047)	(806)	(1,047)
Luach-chrìonadh so-mhaoinean shusbainteach suidhichte		0	(433)	0	(433)
Call air faighinn cuidhteas so-mhaoinean		(61)	(219)	(61)	(219)
Luach-chrìonadh de sho-mhaoinean neo-shusbainteach stèidhichte		(636)	(291)	(636)	(291)
Cosgaisean seirbheis peinnsein lom agus toradh lom bho sho-mhaoinean		(2,287)	(3,308)	(2,287)	(3,308)
Measgachadh		37	(1)	37	(1)
Cosgais Obrachaidh Lom		(5)	(10)	(5)	(10)
Gluasadan ann an calpa obrach					
Meudachadh/(Lùghdachadh) ann an clàran-seilbhe		(32)	(67)	(32)	(67)
(Lùghdachadh)/Meudachadh sna nitheadh a gheibhear		2,021	(933)	396	(833)
Lùghdachadh/(Meudachadh) sna nitheadh a phàighear		(29,310)	(2,815)	(29,981)	(915)
Gluasad ann an Solar					
(Meudachadh)/Lùghdachadh ann an solar		(94)	81	(94)	81
Sruth-airgid lom bho obrachaidh		98,915	52,258	(97,619)	54,258
Riadh a chaidh a phàigheadh		5	10	5	10
Sruth-airgid lom bho ghnìomhachdan obrachaidh		98,920	52,268	97,624	54,268
Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan tasgaidh					
Pàighidhean gus so-mhaoinean stèidhichte susbainteach fhaighinn		1,229	716	1,229	716
Pàighidhean gus so-mhaoinean stèidhichte neo-shusbainteach fhaighinn		1,676	1,105	1,676	1,105
Sruthan-airgid lom air an chleachdadh ann an gnìomhachdan airgid-tasgaidh		2,905	1,821	2,905	1,821
Sruthan-airgid bho ghnìomhachdan maoineachaidh					
Tabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba		(128,915)	(57,856)	(128,915)	(57,856)
Lùghdachadh ann an iasadan eile - dleastanasan fo lìosan ionmhais		39	332	39	332
Cuidhteasan airgid ri ath-thasgadh					
Sruthan-airgid lom bho ghnìomhachdan maoineachaidh		(128,876)	(57,524)	(128,876)	(57,524)
Meudachadh/(lùghdachadh) lom ann an airgead is suimeannan co-ionann ri airgead		(27,051)	(3,435)	(28,347)	(1,435)
Airgead is nitheadh co-ionann air 1 Giblean		9,156	5,721	7,156	5,721
Airgead is nitheadh co-ionann air 31 Màrt		36,207	9,156	35,503	7,156

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 100 gu 144 mar phàirt de na h-aithrisean ionmhasail seo.

Aithris aig VisitScotland agus na Buidhne air atharraichean ann an earrainnean luchd-pàighidh chìsean airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021

	Buidheann			Iomlan £'000
	Cùl-stòr Coitcheann £'000	Cùl-stòr nam Peinneanan £'000	Cùl-stòr Ath- luachaidh £'000	
Cothromachadh air 1 Giblean 2019	1,246	(30,305)	1,151	(27,908)
Caiteachas Obrachaidh Lom	(61,301)	-	-	(61,301)
Gluasad eadar cùl-stòran	3,308	(3,308)	-	0
Tar-chur air cuidhteas	660	-	(660)	0
Gluasad ann an Cùl-stòr Ath-luachaidh air Ath-luachadh	-	-	(33)	(33)
Buannachdan/(call) lom ann an sgeamaichean sochairean cluaineis a rèir clèireach-urrais	-	6,909	-	6,909
Teachd-a-steach is cosgais aithnichte iomlan	(57,333)	3,601	(693)	(54,425)
Tabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba	57,856	-	-	57,856
Cothromachadh air 31 Màrt 2020	1,769	(26,704)	458	(24,477)
Caiteachas Obrachaidh Lom	(130,088)	-	-	(130,088)
Gluasad eadar cùl-stòran	2,287	(2,287)	-	-
Tar-chur air cuidhteas	54	-	(54)	-
Còrr/(easbhaidh) ag èirigh às dèidh ath-luachadh air togalaichean, uidheam agus acfhainn	-	-	108	108
Buannachdan/(call) lom ann an sgeamaichean sochairean cluaineis a rèir clèireach-urrais	-	(6,174)	-	(6,174)
Teachd-a-steach is cosgais aithnichte iomlan	(127,747)	(8,461)	54	(136,154)
Tabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba	128,915	-	-	128,915
Cothromachadh air 31 Màrt 2021	2,937	(35,165)	512	(31,716)

Tha an Aithris gu h-àrd air a shealltainn mar shuidheachadh na buidhne iomlan. Tha seo cuideachd a' nochdadh suidheachadh VisitScotland

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 100 gu 144 mar phàirt de na h-aithrisean ionmhasail seo.

Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

1

Poileasaidhean cunntasachd

MODH ULLACHAIDH

Chaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh a rèir Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh Ionmhasail 2020/2021 (FRem) a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba. Tha na poileasaidhean cunntasachd anns an FRem a' cur an sàs Inbhean Aithris Ionmhais Eadar-nàiseanta (IFRS) mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh airson co-theacs na roinne poblaich, agus gun a bhith a' cuingealachadh an fhiosrachaidh a chaidh a thoirt seachad, tha na h-aithrisean ionmhais a' coinneachadh ris na riathanasan foillseachaidh iomchaidh, cho fad 's a tha na riathanasan sin iomchaidh, agus a rèir an Stiùireadh Cunntasachd a thug Ministearan na h-Alba seachad.

Far a bheil AM FRem a' ceadachadh roghainn a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar a' taghadh a' phoileasaidh a b' fheàrr nar beachd mar am fear as freagarraiche do shuidheachadh sònraichte VisitScotland gus sealladh a thoirt a tha fìor is ceart.

Air 28 Gearran 2020 chorporraich VisitScotland fo-bhuidheann ùr fo a làn shealbh, Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta. Tha Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta na chompanaidh prìobhaideach earranta le barantas gun chalpa earrannan. Tha na fèicheanasan cuibhrichte ri £1. Tha a h-uile gnothach sa bhliadhna ionmhais air a chur còmhla ris an t-seata aithrisean ionmhais seo. Tha na poileasaidhean cunntasachd airson Farpaisean Rothaireachd na Cruinne Earranta 2023 air an co-thaobhadh ri VisitScotland.

Tha na poileasaidhean sònraichte ris an do ghabh VisitScotland airson nan aithrisean ionmhais seo airson na bliadhna gu 31 Màrt 2021 air am mìneachadh gu h-ìosal. Chaidh an cur an gnìomh gu cunbhalach ann a bhith a' dèiligeadh ri nithean a bhuineas, nar beachd, ris na cunntasan.

MODH CUNNTASACHD

Fo Earrann 6(1) de dh'Achd Leasachadh na Turasachd 1969, feumaidh VisitScotland Aithris Cunntasan bliadhna ullachadh ann an cruth, agus le mion-fhiosrachadh mar a dh'òrdaicheas Ministearan na h-Alba bho àm gu àm. Tha lethbhreac den Stiùireadh Cunntasan, a tha an sàs aig an àm seo, ri fhaicinn air taobh-duilleig 95.

Tha na h-aithrisean ionmhais seo air an taisbeanadh ann an £ sterling, is e sin airgead gnìomh na buidhne. Chaidh a h-uile suim an uair sin a cruinneachadh chun na mìle as fhaig, mura deach an caochladh a chur an cèile.

BUIDHEANN A THA A' CUMAIL A' DOL

Tha cumhachan na h-aithris riaghlaidh eadar Ministearan na h-Alba agus VisitScotland ag ràdh gum feumar Buidheann VisitScotland an gnothaichean a ruith gus am bi iad comasach air pàigheadh taobh a-staigh nan goireasan iomlan a gheibh iad bho bhuidhnean maoineachaidh. Chaidh na h-aithrisean ionmhais seo ullachadh air an tuigse seo. Tha fèicheanasan lom aig Buidheann VisitScotland Group aig ceann-latha na h-aithris air an t-suidheachadh ionmhasail de £31.67m (2020: fèicheanas lom de £24.48m), ag èirigh bho a dhleastanasan a thaobh a bhith a' toirt a-steach dleastanasan sochairean cluaineis a thig an lùib nam bliadhnaichean ri teachd, a rèir an làimhseachadh cunntasachd a tha riatanach fo IAS 19 'Sochairean Luchd-obrach'.

Chun na h-ìre is nach tèid iad a choileanadh bho thùsan teachd a-steach eile aig VisitScotland, chan ghabh na fèicheanasan a choileanadh ach le tabhartasan san àm ri teachd neo Tabhartas-gus-Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Tha sin air sàilleibh, fo mhodhan-obrach àbhaisteach far a bheil smachd aig a' Phàrlamaid air teachd-a-steach is caiteachas, chan fhaodar leithid a thabhartasan a phàigheadh mus bi feum orra.

Ann an 2019/20, fhuair VisitScotland barantas foirmeil bho Riaghaltas na h-Alba airson sgeama peinnsein BTB. Thuirt seo mura biodh e comasach do Mhaoin Peinnsein BTB agus VisitScotland na cosgaisean peinnsean a chaidh a ghealltainn do bhuill a phàigheadh, gum biodh an riaghaltas a' cumail taic ris a' Mhaoin agus gun coinnich iad ris na dleastanasan sin.

Tha Tabhartas-gus-Cuideachadh airson an dà chuid VisitScotland agus Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 Earranta ann an 2021-22, a' gabhail a-steach nan suimean a dh'fheumar gus coinneachadh ri fèicheanasan VisitScotland a tha rim pàigheadh, air an gabhail a-steach mar-thà ann am tuairmsean Riaghaltas na h-Alba a chaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba. Chan eil adhbhar sam bith ann a bhith a' creidsinn nach bi sponsaireachd agus aonta pàrlamaid ann san àm ri teachd. Mar sin, chaidh a mheasadh gun robh e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cum a' bhuidheann a' dol. Tha mion-fhiosrachadh mu shuidheachadh so-mhaoineachas VisitScotland air a thoirt seachad ann an Nòta 20.

AM MODH CUNNTASACHD

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh a rèir modh na cosgais eachdraidheil, air atharrachadh gus cunntas a thoirt air an ath-luachadh air seilbh, uidheam is acfhainn, so-mhaoin do-bheantainn, clàran-seilbhe agus air so-mhaoin air an cumail airson reic.

MAOINEACHADH

Tha tòrr den chaiteachas aig VisitScotland a' tighinn bho mhaoin a thug Riaghaltas na h-Alba seachad taobh a-staigh riarachadh aontaichte de Thabhartas-gus-Cuideachadh ("GIA"). Tha airgead air a tharraing a-nuas gus caiteachas a mhaoineachadh taobh a-staigh an riarachaidh aontaichte seo air a chomharrachadh dhan mhaoin choitcheann.

TEACHD A-STEACH

Thathar a' toirt cunntas air teachd-a-steach a rèir riatanasan IFRS 15: tha teachd a-steach air aithneachadh nuair (no mar) a tha e a' coileanadh dleastanas coileanaidh, nuair a chaidh smachd air a' bhathar no an t-seirbheis a chaidh a ghealltainn a thoirt seachad.

Far a bheil e buntainneach, tha teachd a-steach air a shealltainn às aonais Cìs Luach-Leasaichte (VAT).

TABHARTASAN RIAGHALTAIS

Far a bheil so-mhaoinean air am maoineachadh le tabhartas bhon riaghaltas, tha an eileamaid maoineachaidh air aithneachadh mar theachd a-steach agus air a chur dhan aithris air caiteachas lom iomlan. Cha chuirear dàil air an teachd-a-steach seo ach nuair a chaidh cumha a chur a-steach leis an neach-maoineachaidh chun na h-ìre is gum feum e a bhith na riatanas gum bi na buannachdan eaconamach san àm ri teachd air an gabhail a-steach san tabhartas air an caitheamh mar a chaidh a shònrachadh leis an tabhartais no gum feumar an toirt air ais dhaibh.

Bithear a' dèiligeadh ri Tabhartasan-gus-Cuideachadh, co-dhiù tha iad airson adhbharan teachd-a-steach no calpa, mar thabhartasan bho phàrtaidhean smachd a dh'adhbharraicheas com-pàirt ionmhasail ann an riadh iarmadaich na buidhne aithris, agus tha iad air an riarachadh dhan chùl-stòr choitcheann.

CAITEACHAS

GNÌOMHACHDAN MARGAIDEACHD

Tha gnìomhan margaidheachd a' gabhail a-steach caiteachas, dìreach agus neo-dhìreach, co-cheangailte ri margaidheachd, reic, taic, agus lìbhrigeadh prìomh dhleastanas VisitScotland, i.e. leasachadh turasachd ann an Alba.

Tha an caiteachas air a chlàradh anns an ùine anns am faighear am bathar, no anns an tèid na seirbheisean a thoirt seachad.

AONTA COM-PÀIRTEACHAS

Tha conaltradh le com-pàirtichean a' gabhail a-steach a h-uile cosgais co-cheangailte ri bhith a' cruthachadh rèiteachaidhean com-pàirteachais gus turasachd a bhrosnachadh ann an Alba. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach a h-uile cosgais co-cheangailte ri bhith a' toirt seachad taic dhìreach ann an cumail suas, agus sgrùdadh, inbhean càileachd taobh a-staigh lìonra sholaraichean àiteachan-fuirich agus goireasan turasachd air feadh na h-Alba.

Tha an caiteachas air a chlàradh anns an ùine anns am faighear am bathar, no anns an tèid na seirbheisean a thoirt seachad.

SEIRBHEISEAN TAICE

Tha seirbheisean taice a' gabhail a-steach an còrr de na cosgaisean rianachd gus a' bhuidheann a ruith.

Far a bheil e buntainneach, tha a h-uile seòrsa de chaiteachas air a shealltainn às aonais Cìs Luach-Leasaichte (VAT).

TABHARTASAN AIR AM PÀIGHEADH

Bithear a' toirt cunntas air tabhartasan a bheirear do threas phàrtaidhean air stèidh tàrmachaidh, le ùmhlachd dhan neach-tabhartais a bhith a' coileanadh teirmichean is cumhaichean sònraichte a tha ceangailte ri gach tabhartas.

TABHARTASAN TAIC GNÌOMHACHAIS COVID

Thathar a' toirt cunntas air caiteachas air stèidh tàrmaichte. Tha tabhartasan a tha rim pàigheadh no air am pàigheadh do threas phàrtaidhean air an clàradh mar chaiteachas san ùine a tha an tachartas no an gnìomhachd co-cheangailte ris an tabhartas a' tachairt. Far a bheil sin riatanach, tha uallachaidhean a thaobh tabhartasan tabhartais air an aithneachadh mar fèicheanasan. Tha caiteachas bathair is sheirbheisean air aithneachadh san ùine ris a bheil e a' buntainn.

CLÀRAN-SEILBHE

Tha clàran-seilbhe air foillseachaidhean a ghabhas a reic agus air rudan ri reic agus rudan sanasachd air an aithris aig a' chosgais as ìsle eadar cosgais agus luach lom ri fhaighinn. Bithear a' sgrìobhadh dheth na cosgaisean airson a bhith a' cur a-mach bhileagan an-asgaidh, agus a' faighinn stuthan sanasachd air nach eil prìs reic, chun aithris air caiteachas lom iomlan sa bhliadhna ceannaich.

IOMLAID AIRGID CHÈIN

Tha so-mhaoinean agus fèicheanasan ann an airgeadan cèin air an cur ann an luachan co-ionann ri Sterling aig an ìre iomlaid a tha ann aig ceann-latha na h-aithris air an t-suidheachadh ionmhais. Bithear a' cur caochlaidhean reata iomlaid sam bith a-steach dhan aithris air caiteachas lom iomlan.

SO-MHAOINEAN NEO-SHUSBAINTEACH

Ann an co-rèir ri IFRS 3 thathar a' meas gu bheil so-mhaoinean neo-shusbainteach a chaidh fhaighinn ann am measgachadh gnìomhachais a' toirt cosgais do VisitScotland de a luach cothromach aig a' cheann-latha togail. Tha so-mhaoinean neo-shusbainteach, ag èirigh nuair a thèid an ceannach, air an aithneachadh fa leth bho goodwill.

Fo IAS 38 "So-mhaoinean Neo-shusbainteach", às dèidh aithneachadh tùsail, tha so-mhaoinean neo-shusbainteach air an giùlain aig na suimean ath-luachaidh aca, is e sin an luach cothromach air ceann-latha an ath-luachaidh, às aonais luach-crìonaidh cruinnichte sam bith às dèidh sin, agus call cruinnichte sam bith às dèidh sin, ach a-mhàin mur eil margaidh ghnìomhach ann airson na so-mhaoinean sin, agus san t-suidheachadh seo tha a' mhaoine air a ghiùlain aig an ìre as ìsle den chosgais ath-nuadhachaidh ìslichte agus luach cleachdaidh airson so-mhaoinean nì airgead, agus cosgais ath-nuadhachaidh ìslichte airson so-mhaoinean nach dèan airgead.

Tha so-mhaoinean neo-shusbainteach eile air an clàradh aig luach cothromach a chaidh obrachadh a-mach air ceann-latha faighinn a' ghnìomhachais bhunasach co-cheangailte, no aig cosgais ma tha iad air an sealbhachadh air leth no mas e bathar-bog a th' anna a chaidh a leasachadh air an taobh a-staigh, às aonais luach-crìonaidh is ìos-sgrìobhadh cruinnichte agus call.

Tha cosgaisean dìreach co-cheangailte ri leasachadh bathair-bog airson cleachdadh air an taobh a-staigh air an calpachadh a-mhàin ma ghabhas na cosgaisean a thomhas gu h-earbsach, gu bheil

ion-dhèantachd teicneòlais air a dhearbhadh, agus gu bheil e buailteach gum bi buannachdan eaconamach ann agus gu bheil VisitScotland an dùil am bathar-bog a chleachdadh. Tha a h-uile cosgais eile air an cosg nuair a dh'èireas iad.

Tha luach-crìonadh air a thomhas, agus air a chur chun na h-aithris air caiteachas lom iomlan, a' cleachdadh na dòigh loidhne-dhìreach a tha stèidhichte air a' bheatha fheumail a thathar a' meas, a tha mar a leanas:

Teicneòlas Fiosrachaidh 2-4 bliadhna

Ceadachasan bathar-bog 4-6 bliadhna

Leasachadh làrach-lìn 1-6 bliadhna

Tha ceadan bathar-bog air an calpachadh nuair a ghabhas an cleachdadh ann an gnìomhachd VisitScotland airson còrr is bliadhna, far am faodar an luachadh, agus far a bheil cosgais de co-dhiù £2,000 orra.

Bithear ag ath-sgrùdadh na beatha fheumail aca, agus thèid an atharrachadh ma tha sin iomchaidh, aig ceann-latha gach aithris air an t-suidheachadh ionmhais.

Nì luchd-stiùiridh ath-sgrùdadh luach-chrìonadh air so-mhaoinean neo-shusbainteach eile gach bliadhna, agus tha luach-chrìonadh sam bith air a chur ris an aithris air caiteachas lom iomlan.

LUACH-CHRÌONADH

Bithear ag ath-sgrùdadh luach giùlain so-mhaoinean VisitScotland aig ceann-latha gach aithris air an t-suidheachadh ionmhasail gus faighinn a-mach a bheil comharradh sam bith air lùghdachadh. Ma tha an leithid de chomharradh ann, thathar a' tomhas suim na so-mhaoinean a ghabhas fhaighinn air ais. 'S e an t-suim a ghabhas faighinn air ais aig so-mhaoinean an luach as motha de na leanas: an luach cothromach aice a' toirt air falbh cosgaisean airson a reic, agus a luach ann an cleachdadh.

SO-MHAOINEAN NEO-LÀITHREACH

Bithear a' measadh so-mhaoinean neo-làithreach aig luach cothromach. Tha call ìos-sgrìobhaidh air aithneachadh anns an aithris air caiteachas lom iomlan airson na sùim is gu bheil suim giùlain na so-mhaoinean nas àirde na an t-suim a ghabhas fhaighinn air ais.

Sna bliadhnaichean às dèidh sin, faodar call ìos-sgrìobhaidh a chaidh aithneachadh a thaobh so-mhaoinean neo-làithreach a bharrachd air goodwill a thionndadh air ais, agus aithneachadh sa bhad anns an aithris air caiteachas lom iomlan. Thèid an t-suim giùlain àrdachadh chun tuairmse ath-sgrùdaichte den t-suim a ghabhas fhaighinn air ais.

SEILBH, UIDHEAM IS ACFHAINN

SEILBH - FEARANN IS TOGALAICHEAN

THA FEARANN AGUS TOGALAICHEAN AIR AN GIÙLAN AIG LUACH COTHROMACH.

Bithear a' measadh luach cothromach an fhearainn agus nan togalaichean gu lèir le bhith a' dèanamh luachadh iomlan co-dhiù a h-uile còig bliadhna, agus luachadh eadar-amail ann am bliadhna a trì. Bithear a' dèanamh luachaidhean eadar-amail ann am bliadhnaichean a h-aon, a dhà agus a ceithir ma tha coltas ann gun robh atharrachadh susbainteach air luach. Thèid an luachadh a dhèanamh le Luchd-luachaidh le teisteanas proifeasanta, a rèir Inbhean Measaidh is Luachaidh Institiud Rìoghail an Luchd-tomhais Chlàraichte, cho fad 's a tha na h-Inbhean sin a rèir riatanasan aontaichte an FReM.

Thathar den bheachd gu bheil beatha fheumail gun chrìoch aig fearann agus mar sin chan eil e air a lùghdachadh.

Tha luach nan togalaichean air ìsleachadh air stèidh loidhne dhìreach thar am beatha fheumail ris a bheil dùil de eadar 30 is 50 bliadhna.

Tha togalaichean a tha gan togail air an luachadh a rèir cosgais làithreach. Aig a' chiad luachadh às dèidh a bhith air a chleachdadh an tòiseach, bithear a' dèiligeadh ri sgrìobhadh sìos sam bith den chosgais mar luach-chrìonadh, agus bidh e air a chur chun na h-aithris air caiteachas lom iomlan.

Às dèidh ath-luachadh tha buannachdan air an cur dhan aithris air caiteachas lom iomlan chun na h-ìre is gu bheil iad a' tionndadh luach-ìsleachadh air a' mhaoin sin roimhe. Tha a h-uile buannachd eile air a chreidsinn dhan chùl-stòr ath-luachaidh.

Bithear a' cur call air ath-luachadh ris a' chòrr a chaidh a chomharrachadh roimhe mar chùl-stòras airson an t-seilbh sin, le cothromachadh call sam bith ga chur ris an aithris air caiteachas lom iomlan.

Tha ath-sgrùdadh bliadhna a' gabhail àite gus beachdachadh air call ann an luach (luach-chrìonadh) ri linn atharrachadh ann an caitheamh bhuanachdan eaconamach, agus thèid call a chur ris an aithris air Caiteachas Lom iomlan.

Chaidh an aithisg luachaidh a chleachdadh gus cuideachadh le tomhas nan so-mhaoin anns na h-aithrisean ionmhais seo.

SEILBH LÌOSA - AIR A CHOMHARRACHADH MAR LÌOSAN IONMHAIS

Thathar a' toirt cunntas air fearann lìosa mar lìos obrachaidh.

A thaobh togalaichean lìosa, a tha fo lìosa ionmhasail, tha iad air an aithneachadh aig an luach cothromach aca, no ma tha e nas ìsle, aig luach làithreach nam pàighidhean lìosa as ìsle, aig na luachan a chaidh a stèidheachadh aig toiseach an lìosa.

Aig a' chiad luachadh às dèidh a bhith air a chleachdadh an tòiseach, bithear a' dèiligeadh ri sgrìobhadh sìos sam bith den chosgais mar luach-chrìonadh agus bidh e air a chur chun na h-aithris air caiteachas lom iomlan.

Bithear a' dèanamh luachaidhean às dèidh sin air stèidh luach cothromach aig com-pàirt oighreachail a tha air fhàgail aig VisitScotland san togalach lìosaichte, san aon dòigh ri rudan a tha fo a shealbh.

Bithear a' cur buannachdan a thig mar thoradh air ath-luachadh a chur ris a' chùl-stòr ath-luachaidh, agus thèid call a sònrachadh ris a' chòrr a tha air fhàgail, a bha air a chur ris a' chùl-stòras roimhe, airson an t-seilbh sin, le cothromachadh call sam bith ga chur ris an aithris air caiteachas lom iomlan.

Nuair a thig lìos gu crìch gu tràth thèid còrr sam bith a tha air fhàgail sa chùl-stòr ath-luachaidh a thaobh togalach lìosa a ghluasad chun aithris air caiteachas lom iomlan sa bhliadhna crìochnachaidh.

NEO-SEILBH

LEASACHAIDHEAN AIR TOGALAICHEAN LÌOSA

Bithear a' giùlan ath-sgeadachaidhean aig luach cothromach a' cleachdadh clàran-amais iomchaidh, agus tha iad air ìsleachadh air stèidh loidhne-dhìreach thairis air a' bheatha ris a bheil dùil aig an togalach, no teirm an lìosa iomchaidh, far a bheil sin nas giorra.

UIDHEAMAN, ACFHAINN, ÀIRNEISEAN AGUS SGEADACHADH

Tha nithean a tha a' tighinn fo uidheaman, acfhainn, àirneisean agus sgeadachadh air an ainmeachadh aig cosgais, no luachadh, às aonais ìsleachadh cruinnichte agus call luach-crìonaidh.

Tha cosgais a' gabhail a-steach caiteachas a tha dìreach mar thoradh air faighinn no togail so-mhaoin, agus a' gabhail a-steach cosgaisean iasaid a thàinig orra aig àm togail.

Tha ìsleachadh air a thomhas, agus air a chur ris an aithris air caiteachas lom iomlan, a' cleachdadh na dòigh loidhne-dhìreach stèidhichte air tuairmse air a' bheatha fheumail, a' gabhail a-steach an luach iarmadach a thathar a' meas, còmhla ri ullachadh sam bith airson lùghdachadh maireannach ann an luach.

Tha a h-uile cosgais eile às dèidh sin ga chomharrachadh mar chàradh is cumail suas, agus tha e air a chlàradh nuair a dh'èiricheas e.

Is e beatha fheumail tuairmseach aig uidheam, acfhainn, àirneisean agus sgeadachadh:

Seann charbad rèile 25 bliadhna

Àirneisean agus sgeadachadh 5-10 bliadhna

Uidheamachd is Acfhainn 4-6 bliadhna

Uidheamachd coimpiutair 2-6 bliadhna

Leasachaidhean lìosa 5-10 bliadhna

Chan eil ach uidheam agus bathar-cruaidh coimpiutair a chosgais còrr is £2,000 air an calpachadh.

Bithear ag ath-sgrùdadh beatha fheumail nan so-mhaoinean, agus bithear gan atharrachadh ma tha sin iomchaidh, aig gach ceann-latha duilleag cothromachaidh.

SO-MHAOINEAN NEO-LÀTHAIREACH AIR AN CUMAIL AIRSON A REIC

Bithear ag ath-sgrùdadh so-mhaoin neo-làthaireach gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad fhathast a' cur gu math ri amasan poileasaidh is gnìomhachais. Bidh àrd-luchd-stiùiridh a' beachdachadh air cuidhteas fhaighinn de sho-mhaoinean nach eil a' cur ris a' bhuidhinn chun na h-ìre a tha a dhìth tuilleadh.

Tha so-mhaoinean neo-làthaireach air an seòrsachadh mar sho-mhaoinean a tha air an cumail airson an reic nuair a tha an t-suim giùlain aca gu bhith air fhaighinn air ais gu ìre mhòr tro bhith ga reic, far a bheil an t-so-mhaoin ga margaidheachd gu gnìomhach airson a reic, agus gu bheil e gu math coltach gun tèid a reic taobh a-staigh 12 mìosan.

Tha so-mhaoin neo-làthaireach a tha air a chumail airson a reic air a chur an cèill aig an ìre as ìsle den t-suim giùlain agus luach cothromach às aonais cosgaisean làimhseachaidh.

Chan eil so-mhaoin neo-làthaireach a tha gan chumail airson a reic air a luach-chrìonadh, ach tha ìos-sgrìobhaidh sam bith air a chur ris an aithris air caiteachas lom iomlan.

LÌOSAN

VISITSCOTLAND MAR LÌOSAICHE

Tha seilbh, acfhainn agus uidheamachd a gheibhear tro rèiteachaidhean lìos ionmhais no rèiteachaidhean màil fad-ùine a ghluaiseas gu mòr na cunnartan agus na buannachdan uile a tha an cois seilbh air an calpachadh.

Tha iad air an aithneachadh aig an luach cothromach aca nuair a thòisich an lìos, no ma tha e nas ìsle, aig luach làithreach nam pàighidhean lìosa as ìsle. Tha am fèicheanas co-fhreagarrach ris an lìosair air a gabhail a-steach san aithris air an t-suidheachadh ionmhais mar uallach maoineachaidh. Tha pàighidhean lìosa air an roinn eadar cosgaisean ionmhais agus pàigheadh air ais uallachaidhean an lìosa ionmhais. Tha cosgaisean ionmhais gan cur gu dìreach ris an aithris air caiteachas lom iomlan.

Tha nach fhaighear air ais san Aithris air Caiteachas Lom Iomlan mar chosgais san ùine san robh a' chosgais.

Tha so-mhaoin a tha air an cumail fo lìosan ionmhais air an ìsleachadh thairis air a' bheatha fheumail ris a bheil dùil, air an aon bhunait ri so-mhaoinean sealbhaichte, no ùine an lìosa iomchaidh, ge b' e dè as giorra.

Tha seilbh lìosa - Fearann is Togalaichean - air an cleachdadh air màl tocair air am meas a bhith 'fo shealbh' VisitScotland, agus tha iad air an clàradh aig luach cothromach san aithris air an t-suidheachadh ionmhasail, agus air an ìsleachadh thairis air a' bheatha fheumail no teirm an lìosa iomchaidh aca, ge bith dè as giorra.

Tha lìosan nach bi a' tar-glusad a h-uile cunnart agus duais co-cheangailte ri seilbh air an seòrsachadh mar lìosan obrachaidh. Bithear a' cur màil a tha ri pàigheadh air an aithris air caiteachas lom iomlan air bunait loidhne-dhìreach thar teirm an lìosa iomchaidh.

Tha sochairean a fhuaradh agus a gheibhear mar bhrosnachadh airson lìos obrachaidh a thoirt a-mach air an aithneachadh mar lùghdachadh ann an cosgais màil air stèidh loidhne-dhìreach thar teirm an lìosa.

VISITSCOTLAND MAR LÌOSAIR

Tha so-mhaoinean a tha air an toirt a-mach air lìos obrachaidh air an gabhail a-steach taobh a-staigh an sònrachaidh so-mhaoin aca fhèin, agus air an ìsleachadh thar am beatha fheumail. Tha teachd a-steach bho mhàl, a' gabhail a-steach buaidh culaidhean-brosnachaidhean màil, air aithneachadh air stèidh loidhne dhìreach thar teirm an aonta-màil.

Bithear a' pàigheadh brosnachaidhean lìosa sam bith do lìosaiche airson a dhol an sàs ann an lìos obrachaidh, tha brosnachaidhean mar sin air an clàradh an toiseach mar sho-mhaoinean agus air an aithneachadh mar lùghdachadh ann an teachd-a-steach màl anns an aithris air caiteachas lom coileanta air bunait loidhne-dhìreach thairis air an teirm.

Far a bheil VisitScotland a' gluasad a' mhòr-chuid de chunnartan is buannachdan aig an t-so-mhaoin, tha an rèiteachadh air a sheòrsachadh mar lìosa ionmhasail agus tha nì ri fhaighinn air aithneachadh airson cosgaisean dìreach tùsail an lìosa agus luach làithreach nam pàighidhean lìosa as ìsle.

Nuair a tha an t-àm ann pàighidhean a phàigheadh, tha teachd a-steach ionmhais air aithneachadh anns an aithris air caiteachas lom iomlan.

CÌSEACHAS

Tha cosgais na cìse airson na h-ùine seo a' gabhail a-steach cìs làithreach cìs agus dhàilichte. Tha cìs air aithneachadh anns an aithris air caiteachas lom iomlan ach a-mhàin chun na h-ìre is gu bheil i a' buntainn ri nithean a tha air an aithneachadh gu dìreach ann an cùl-stòran. Anns an t-suidheachadh seo, tha a' chis cuideachd air aithneachadh ann an cùl-stòran.

Tha a' chosgais cìs chorporra làithreach air a thomhas a rèir nan laghan cìse a chaidh a chur an gnìomh, no a chaidh a chur an gnìomh gu susbainteach, aig ceann-latha a' chunntais cothromachaidh, agus a rèir atharrachaidhean airson cìsean làithreach a tha rim pàigheadh (rim faighinn) airson bliadhnaichean roimhe sin.

Tha VisitScotland buailteach cìs chorporra a phàigheadh air riadh banca a gheibhear aig an ìre fon reachdas làithreach, a chaidh a chur an gnìomh, no a chaidh a chur an gnìomh gu susbainteach aig ceann-latha aithris an t-suidheachaidh ionmhais.

CÌS DHÀILICHTE

A rèir IAS 12 'Cìsean Teachd-a-steach', tha làn ullachadh air a dhèanamh airson so-mhaoin agus fiachan cìse, ag èirigh bho eadar-dhealachaidhean ùineail eadar aithneachadh buannachdan is call anns na h-aithrisean ionmhais agus an aithneachadh ann an àireamhachadh na cìse.

Thathar ag aithneachadh cìsean air an cur dheth, a' cleachdadh na dòigh fèicheanais, air eadar-dhealachaidhean sealach ag èirigh eadar bunaithean cìse so-mhaoin is fèicheanasan agus na suimean giùlain aca anns na h-aithrisean ionmhais.

Bithear a' tomhas cìs air a chur dheth aig na h-ìrean cìse cuibheasaich a thathar an dùil a bhios an sàs anns na h-amannan anns a bheil dùil gun tionndaidh eadar-dhealachaidhean tìm air ais, stèidhichte air ìrean cìse agus laghan a chaidh a chur an gnìomh, no a chaidh a chur an gnìomh gu susbainteach, aig ceann-latha aithris an t-suidheachaidh ionmhais. Tha cìs air a chur dheth air a thomhas air stèidh neo-lasaichte.

Tha so-mhaoinean neo-làthaireach air an seòrsachadh mar sho-mhaoinean a tha air an cumail airson an reic nuair a tha an t-suim giùlain aca gu bhith air fhaighinn air ais gu ìre mhòr tro bhith ga reic, far a bheil an t-so-mhaoin ga margaidheachd gu gnìomhach airson a reic, agus gu bheil e gu math coltach gun tèid a reic taobh a-staigh 12 mìosan.

IONNSRAMAIDEAN IONMHASAIL

FÈICHEANASAN IONMHASAIL

Tha VisitScotland air na h-ionnstramaidean ionmhais aige a sheòrsachadh a rèir IFRS 9.

MALAIRT IS NITHEAN EILE A PHÀIGHEAR

Bithear ag aithneachadh nithean malairt rim pàigheadh agus nithean eile rim pàigheadh an toiseach aig luach cothromach, a tha a' riochdachadh nan suimean air an deach fàirdeal a dhèanamh, a' toirt air falbh atharrachadh airson lùghdachaidhean tuairmseach bho theachd-a-steach agus an uair sin tha iad air an tomhas aig cosgais luach-chrìonte

SO-MHAOINEAN IONMHASAIL

AIRGEAD IS NITHEAN CO-IONANN

Tha airgead agus nithean co-ionann ri airgead a thaobh GIA agus caiteachas uile air an cumail taobh a-staigh cunntasan ainmichte Seirbheis Bancaidh an Riaghaltais (“GBS”), agus tha nithean measgaichte rim faighinn taobh a-staigh cothromachaidhean banca coimeirsealta eile.

Aig aithneachadh tùsail, tha VisitScotland a’ comharrachadh a h-uile so-mhaoin ionmhasail eile aig luach cothromach tron aithris air caiteachas lom iomlan. Tha so-mhaoin ionmhasail air an aithneachadh an toiseach aig luach cothromach (le/gun de chosgaisean gnìomh-malairt).

NITHEAN A GHEIBHEAR

Tha an roinn seo a’ gabhail a-steach nithean malairt a gheibhear agus nithean eile a gheibhear eile aig a bheil pàighidhean suidhichte no a ghabhas obrachadh a-mach nach eil air an ainmeachadh ann am margadh gnìomhach.

Thathar ag aithneachadh nithean malairt a gheibhear an toiseach aig luach cothromach a tha a’ riochdachadh nan suimean air an deach cunntas a thoirt, a’ toirt air falbh atharrachaidhean airson lùghdachaidhean teachd-a-steach tuairmseach leithid ìsleachaidhean agus lasachaidhean airgid.

Bithear a’ giùlan nithean eile a tha rim faighinn aig cosgais luach-chrìonate (a bharrachd air / cosgaisean tar-ghnìomh lom) a’ cleachdadh na dòigh rèidh èifeachdaich, às aonais call ìos-sgrìobhaidh sam bith. Tha iad sin air an gabhail a-steach ann an so-mhaoinean làithreach, ach a-mhàin nithean rim faighinn le abaidheachdan nas fhaide na 12 mìosan às dèidh ceann-latha aithris an t-suidheachaidh ionmhais.

TUAIMSEAN AGUS BREITHEAN CUDROMACH

Gus na h-aithrisean ionmhais ullachadh, feumaidh am Bòrd agus an t-Oifigear Cunntachail breithneachaidhean, tuairmsean agus barailean a dhèanamh a bheir buaidh air cur an gnìomh phoileasaidhean cunntasachd agus air an uiread de mhaoin, fèicheanasan, teachd-a-steach agus cosgaisean a thèid aithris.

Bithear a’ measadh tuairmsean agus breithneachaidhean gu leantainneach agus tha iad stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus nithean eile, a’ gabhail a-steach na thathar an dùil a thachras san àm ri teachd - stèidhichte air na thathar a’ creidsinn a tha reusanta san t-suidheachadh.

Breithean

Tha fiosrachadh mu bhreithneachaidhean cudromach ann an cur an gnìomh phoileasaidhean cunntasachd aig a bheil a’ bhuidh as cudromaiche air na suimean a tha aithnichte sna h-aithrisean ionmhais mar a leanas:

UALLAICHEAN A THAOBH SHOCHAIREAN CLUAINEIS

Tha luach làithreach dhleastanasan sochair cluaineis an urra ri grunn nithean a tha air an suidheachadh le clèirich-urrais a’ cleachdadh grunn bharailean.

Tha na barailean a thathar a’ cleachdadh ann a bhith a’ dearbhadh cosgais lom no teachd a-steach airson peinnsean a’ gabhail a-steach ìre lasachaidh, fàs tuarastail, ìre na h-atmhorachd, is msaa.

Bidh VisitScotland a’ co-dhùnadh na h-ìre lasachaidh iomchaidh aig deireadh gach bliadhna. Is e seo an ìre rèidh a bu chòir cleachdadh gus luach làithreach às-sruthan airgid tuairmseach san àm ri teachd obrachadh a-mach a thathar an dùil a dh’fheumar gus dleastanasan sochairean cluaineis a rèiteach.

Ann a bhith a’ dearbhadh na h-ìre lasachaidh iomchaidh, bidh VisitScotland a’ beachdachadh air na h-ìrean rèidh aig bannan corporra àrd-inbhe a tha air an ainmeachadh san airgead anns am bi na sochairean air am pàigheadh, agus aig a bheil cumhachan abaidheachd a’ tighinn faisg air cumhachan nan dleastanasan sochairean cluaineis co-cheangailte.

Bidh VisitScotland a’ dearbhadh an ìre iomchaidh airson atmhorachd tuarastail stèidhichte air beachdachadh air atmhorachd agus barailean fad-ùine a thaobh àrdachadh tuarastail.

Tha prìomh bharailean eile airson dleastanasan sochair cluaineis stèidhichte, gu ìre, air suidheachadh làithreach na margaidh.

Tha fiosrachadh a bharrachd ann am nòtaichean 19.1 agus 19.2.

LUACHADH SO-MHAOINEAN

So-mhaoin neo-shusbainteach

Airson a h-uile so-maoin neo-shusbainteach, tha cosgaisean dìreach co-cheangailte ri leasachadh na so-mhaoin air an calpachadh a-mhàin ma ghabhas na cosgaisean a thomhas gu h-earbsach, gu bheil ion-dhèantachd teicneòlais air a stèidheachadh, agus gu bheil e buailteach gum bi buannachdan eaconamach ann. Bidh an luchd-stiùiridh a’ measadh na cùis gnìomhachais mus tòisich am pròiseact, aig ìrean tron phròiseact, agus nuair a bhios iad deiseil gus dèanamh cinnteach gun deach an slat-tomhais seo a choileanadh.

Tha am modail sruth-airgid lasaichte a thathar a' cleachdadh gus measadh a dhèanamh air luach-chrìonadh so-mhaoin neo-susbainteach agus susbainteach a' gabhail a-steach grunn bharailean, a' gabhail a-steach tuairmsean air sruthan airgid san àm ri teachd, ìre lasachaidh, agus nithean caochlaideach eile.

Bidh VisitScotland a' suidheachadh na h-ìre lasachaidh iomchaidh aig deireadh gach bliadhna a tha a' nochdadh mheasaidhean margaidh làithreach air luach ùine an airgid, agus na cunnartan a tha sònraichte dhan t-so-mhaoin.

Luachadh seilbh

Bithear a' measadh luach cothromach an fhearainn agus nan togalaichean gu lèir le bhith a' dèanamh luachadh iomlan co-dhiù a h-uile còig bliadhna, agus luachadh eadar-amail ann am bliadhna a trì. Bithear a' dèanamh luachaidhean eadar-amail ann am bliadhnaichean a h-aon, a dhà agus a ceithir ma tha coltas ann gun robh atharrachadh susbainteach air luach. Thèid an luachadh a dhèanamh le Luchd-luachaidh le teisteanas proifeasanta, a rèir Inbhean Measaidh is Luachaidh Institiud Rìoghail an Luchd-tomhais Chlàraichte, cho fad 's a tha na h-Inbhean sin a rèir riatanasan aontaichte an FReM.

Tha ath-sgrùdadh bliadhna a' gabhail àite gus beachdachadh air call ann an luach (luach-chrìonadh) ri linn atharrachadh ann an caitheamh bhuannachdan eaconamach.

SUIMEAN COIMEASACH

Tha suimean coimeasach air an toirt seachad a rèir IAS 1 'Taisbeanadh Aithrisean Ionmhais', ach a-mhàin far a bheil Inbhe no Mìneachadh a' ceadachadh an caochladh agus tha iad a' gabhail a-steach aithris agus fiosrachadh tuairisgeulach nuair a tha seo buntainneach do thuigse nan aithrisean ionmhais.

Ma dh'fheumar suimean coimeasach ath-sheòrsachadh, ach ma tha e meas neo-iomchaidh sin a dhèanamh, chan eilear a' gabhail ri ath-sheòrsachadh a rèir IAS 1, agus tha nòta air a shealltainn anns na h-aithrisean ionmhais ag innse sin.

ATHARRACHAIDHEAN ANN AM POILEASAIDH CUNNTASACHD, TUAIMSEAN CUNNTASACHD AGUS MÌ-AITHRISAN

Tha atharraichean ann am poileasaidh cunntasachd, tuairmsean cunntasachd agus mì-aithrisean, air an aithneachadh a rèir riatanasan IAS 8 'Poileasaidhean Cunntasachd, Atharrachaidhean ann am Measaidhean Cunntasachd agus Mearachdan'.

ULLACHAIDHEAN

Thathar ag aithneachadh ullachaidhean nuair;

- i. Dleastanas làithreach (laghail no cuideachail) aig VisitScotland mar thoradh air tachartasan san àm a dh'fhalbh;
- ii. tha e nas coltaiche gum bi feum air às-sruth ghoireasan gus am fèicheanas a rèiteachadh, agus
- iii. gun gabh an t-suim a thomhas gu earbsach.

Is e an t-suim a chaidh aithneachadh an tuairmse as fheàrr air a' chaiteachas a bhios a dhìth gus am fèicheanas a rèiteach. Tha lasachadh air ullachaidhean (aig ìre a chaidh òrdachadh le Roinn Ionmhais na Banrigh) nuair a tha buaidh luach ùine an airgid cudromach.

TAR-GHNIOMHAN LE PÀRTAIDHEAN CEANGAILTE

Tha tar-ghnìomhan le pàrtaidhean co-cheangailte air an comharrachadh, air am beachdachadh orra agus air am foillseachadh a rèir riatanasan IAS 24 'Foillseachaidhean Pàrtaidh Co-cheangailte' (Nòta 26).

SOCHAIREAN LUCHD-COSNAIDH

Sochairean cluaineis Tha luchd-obrach VisitScotland

nam buill de Sgeama Peinnsein Riaghaltas Ionadail na h-Alba ("LGPS") neo Sgeama Peinnsein Bùird Turasachd Bhreatainn ("BTBPS"). Tha roghainn aig a h-uile neach-obrach làithreach agus ùr a dhol an sàs ann an sgeama peinnsein riaghaltas ionadail Lodainn no ann am BTBPS.

Sgeama Peinnsein Riaghaltas Ionadail, agus Sgeama Peinnsein Bùird Turasachd Bhreatainn ("na Sgeamaichean")

Tha na Sgeamaichean nan sgeamaichean peinnsein le sochairean suidhichte a tha a' toirt seachad sochairean stèidhichte air pàigheadh ion-pheinnsein deireannach, a tha air tighinn a-mach à Maoin Peinnsein na Stàite Co-cheangailte ri Cosnadh. Tha maoin agus uallaichean nan Sgeamaichean air an cumail air leth bhon fheadhainn aig VisitScotland..

Tha uallachaidhean sochairean stèidhichte air an tomhas le Clèireach-urrais co-dhiù turas gach bliadhna aig ceann-latha aithris an t-suidheachaidh ionmhais a' cleachdadh a' mhodh far an dèanar ro-thomhas air na h-aonadan creideis. Tha luach làithreach nan dleastanasan sochairean stèidhichte air obrachadh a-mach le bhith a' lasachadh nan sruthan airgid measta san àm ri teachd a' cleachdadh ìrean rèidh aig bannan corporra àrd-inbhe san airgead anns am bi na sochairean air am pàigheadh, agus aig a bheil fad cuibheasach coltach ris an ùine a thathar an dùil a mhaireas fèicheanasan peinnsein co-cheangailte.

Tha tabhartasan do na Sgeamaichean air an tomhas gus cosgais pheinnseanan a sgaoileadh thairis air beatha-obrach luchd-obrach VisitScotland. Tha na tabhartasan air an co-dhùnadh le Clèirich-urrais neo-eisimeileach air bunait luachadh trì-bhliadhnail a' cleachdadh Modh an Aois a Ruigear. Bidh clèireach-urrais cuideachd a' dèanamh lèirmheas air adhartas nan Sgeamaichean anns gach tè de na bliadhnaichean eadar-amail. Tha atharrachaidhean bhon chosgais chunbhalach air an sgaoileadh thairis air a' bheatha obrach chuibheasaich a tha air fhàgail aig buill nan Sgeamaichean às dèidh feart a thoirt air na thèid a tharraing a-mach san àm ri teachd.

Tha a' chosgais ris a bheil dùil gus peinnseanan a thoirt do luchd-obrach a tha a' cur ris na Sgeamaichean air an aithneachadh anns an aithris air caiteachas lom coileanta air stèidh siosamach thairis air a' bheatha chuibheasaich a tha air fhàgail aig buill de na maoinean a rèir IAS 19 'Sochairean Luchd-obrach' agus ag aithneachadh shochairean cluaineis nuair a tha na sochairean air an cosnadh agus chan ann nuair a tha iad rim pàigheadh.

Bithear a' nochdadh a h-uile buannachd is call, a tha a rèir na thomhais clèireach-urrais, sa bhad san aithris air caiteachas lom iomlan.

d. Sochairean aig luchd-obrach geàrr-ùine

Tha uallach agus cosgais air aithneachadh airson làithean-saora, pàigheadh saor-làithean, bònasan agus sochairean geàrr-ùine eile nuair a bheir an luchd-obrach seirbheis seachad a tha ag àrdachadh na còir aca air na sochairean sin. Mar thoradh air sin chaidh tàrmachadh a dhèanamh airson saor-làithean a chaidh a chosnadh, ach nach deach a ghabhail. Thathar ag aithneachadh suimean

tàrmaichte a thaobh làithean-saora, pàigheadh saor-làithean, bònasan agus sochairean geàrr-ùine eile air an cosnadh ach nach deach a ghabhail no a phàigheadh aig ceann-latha aithris an t-suidheachaidh ionmhais.

CALL IS PÀIGHIDHEAN SÒNRAICHTE

Tha cosgais obrachaidh lom a' gabhail a-steach cuid de chall a bhiodh air a dhèanamh math tro àrachas mura biodh VisitScotland a' giùlan a chunnartan fhèin. Tha call agus pàighidhean sònraichte air am foillseachadh ann an Nòta 22 aig na h-aithrisean ionmhais.

INBHEAN A CHAIDH FHOILLSEACHADH ACH NACH EIL AN GNÌOMH FHATHAST

Thathar air gabhail ri Inbhean Aithris Ionmhais Eadar-nàiseanta, Mìneachaidhean agus Atharrachadh air inbhean foillsichte, a bha èifeachdach air 31 Màrt 2021, far a bheil sin iomchaidh do VisitScotland.

Tha grunn inbhean cunntasachd ùra air am foillseachadh, ach nach deach a chur an sàs le VisitScotland fhathast anns na h-aithrisean ionmhais seo. Tha na h-inbhean a thathar a' meas buntainneach do VisitScotland agus a' bhuidhe ris a bheil dùil air na h-aithrisean ionmhais mar a leanas:

IFRS 16 - LÌOSAN

Le ùmhlachd do phròiseas gabhail ris an Aonaidh Eòrpaich agus Dreach Taisbeanaidh bidh an inbhe seo air a ghabhail a-steach dhan FReM bho 22/23. Bheir gabhail ris an inbhe seo buaidh air VisitScotland, mar lìosaiche seilbh, charbadan agus uidheamachd. Fon inbhe ùir, tha modal cunntasachd lìosaiche singilte, a' cur às dhan eadar-dhealachadh eadar lìosan obrachaidh is ionmhais, far am feum lìosan so-mhaoin agus fèicheanasan aithneachadh airson a h-uile lìos mura h-eil teirm an lìosa 12 mhìos no nas lugha, no ma tha luach ìosal aig an t-so-mhaoin bhunasaich.

Chaidh buaidh nan aithrisean ionmhais a thuairmseachadh mar phàirt de dh'eacarsaich airson Riaghaltas na h-Alba. Is e a' bhuidhe a thathar a' meas:

CDEL - £6.3m air aithneachadh tùsail
Ringfence RDEL - ìsleachadh de £0.8m

2

Aithris Roinneil

Tha IFRS 8 ag iarraidh gum bi roinnean obrachaidh air an comharrachadh a rèir aithisgean bhon taobh a-staigh a bhios air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach leis a' phrìomh neach-co-dhùnaidh obrachaidh gus goireasan a riarachadh. Tha an luchd-riaghlaidh air caiteachas mionaideach Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 a chur ann mar loidhne air leth anns an aithris air caiteachas lom iomlan. Chaidh chur ann ri chunntasan na chompanaidh gus briseadh sìos a bharrachd a thoirt seachad air caiteachas. Tha an caiteachas lom taobh a-staigh na h-Aithris air caiteachas lom iomlan stèidhichte air aithris air an taobh a-staigh. Cha bhi a' bhuidheann ag aithris air roinneadh nithean air a' chlàr cothromachaidh air an taobh a-staigh.

3

Cosgaisean luchd-obrach (air a ghabhail a-steach mar phàirt de chaiteachas iomlan)

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Tuarastalan, Tèarainteachd Shòisealta is Fàgail gu Saor-thoileach	19,734	19,599	19,157	19,564
Cosgaisean peinnsein - seirbheis làithreach	6,174	6,183	6,174	6,174
Solarachadh (atharrachadh peinnsein)	-	(73)	-	
Cosgaisean Luchd-obrach Iomlan	25,908	25,709	25,331	25,738

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu Chosgaisean Luchd-obrach Iomlan san aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach (faic td 87).

4

Cosgaisean rianachd (air a ghabhail a-steach mar phàirt de chaiteachas iomlan)

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Siubhal is aoigheachd	68	1,254	66	1,254
Cosgaisean seilbh, teicneòlas fiosrachaidh agus oifis	5,728	5,085	5,722	5,085
Call luach so-mhaoinean shusbainteach suidhichte	806	1,047	806	1,047
Luach-chrìonadh de sho-mhaoinean neo-shusbainteach	636	291	636	291
Luach-chrìonadh so-mhaoinean shusbainteach suidhichte	-	433	-	433
Cosgaisean atmhorachd lom agus toradh lom bho sho-mhaoinean peinnsein	622	836	622	836
Call air reic Seilbh	61	219	61	219
Droch fhiachan malairt				
Air a sgrìobhadh dheth	25	25	25	25
Meudachadh/(lùghdachadh) ann an solar		74		74
(Lùghdachadh)/àrdachadh ann an solar peinnsein san àm ri teachd	-	(5)	-	(5)
(Lùghdachadh)/àrdachadh ann an solar ath-sgeadachaidh	94	(3)	94	(3)
(Lùghdachadh)/àrdachadh ann an solar Mccloud		(73)		(73)
Cosgaisean rianachd iomlan	8,040	9,183	8,032	9,183
Tha cosgaisean rianachd cuideachd a' gabhail a-steach:				
Cìsean rim pàigheadh airson sgrùdadh agus barantachadh nan aithrisean ionmhais seo	85	73	75	72
Cìsean sgrùdaidh iomlan	85	73	75	72



5

Teachd a-steach reic is malairteach

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Bùth				
Teachd a-steach bho bhathar	107	2,627	107	2,627
Cosgais nan reicean	(73)	(1,261)	(73)	(1,261)
Còrr iomlan	34	1,366	34	1,366
Teachd a-steach coinsiumair eile	0	25		25
	34	1,391	34	1,391
Coimeirsealta				
Sanasachd agus brosnachadh gnìomhachais	117	1,848	117	1,848
Barantachd càileachd	0	53	0	53
Teachd a-steach eile	0	273	0	273
	117	2,174	117	2,174
Teachd a-steach reic is malairteach iomlan	151	3,565	151	3,565

6

Teachd a-steach eile

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Teachd a-steach bho ùghdarrasan ionadail	84	128	84	128
Maoineachadh Eile	800	0	0	0
Teachd a-steach mheasgaichte	303	601	303	601
Teachd-a-steach iomlan eile	1,187	729	387	729

7

Cosgaisean Ionmhais

	Buidheann	
	2021 £'000	2020 £'000
Cosgaisean Ionmhais		
Cosgais riadh - uallachaidhean lìosa ionmhais	5	10
Cosgais ionmhais iomlan	5	10
Teachd-a-steach Ionmhasail		
Riadh banca ri fhaighinn (bha an t-suim a fhuaradh fo £250)		
Cosgais ionmhais iomlan		
Cosgais Obrachaidh Lom	5	10



8

So-mhaoinean Neo-shusbainteach

BUIDHEANN	Cosgaisean Leasachaidh £'000	Teicneòlas a fhuaradh £'000	Ceadan Bathar-bog £'000	Iomlan £'000
Air 1 Giblean 2019	2,868	1,704	1,023	5,595
Nithean ùra	927		178	1,105
Air 31 Màrt 2020	3,795	1,704	1,201	6,700
Air 1 Giblean 2020	3,795	1,704	1,201	6,700
Nithean ùra	1,607		69	1,676
Air 31 Màrt 2021	5,402	1,704	1,270	8,376
Ìsleachadh Luach				
Air 1 Giblean 2019	2,393	1,319	777	4,489
Cosgais airson na bliadhna	119	99	73	291
Air 31 Màrt 2020	2,512	1,418	850	4,780
Air 1 Giblean 2020	2,512	1,418	850	4,780
Cosgais airson na bliadhna	416	99	121	636
Air 31 Màrt 2021	2,928	1,517	971	5,416
Luach Leabhair Lom				
Air 31 Màrt 2021	2,474	187	299	2,960
Air 31 Màrt 2020	1,283	286	351	1,920
Ionmhas airson So-mhaoinean				
Fo shealbh/fo shealbh buannachdail	2,474	187	299	2,960
Lìos ionmhasail	-	-	-	-
Luach Leabhair Lom Air 31 Màrt 2021	2,474	187	299	2,960

9

So-mhaoinean neo-làithreach

SAOR-SHEALBH

Chaidh luach a chur air a h-uile Fearann is Togalach Saor-shealbh, agus air an fheadhainn a tha fo shealbh buannachdail, aig 31 Màrt 2021 le Graham & Sibbald - Luchd-tomhais Clàraichte, air bunait luach cothromach mar a tha air a mhìneachadh ann an Inbhean Luachaidh 2014 (an Leabhar Dearg) a dh'fhoillsich Institiud Rìoghail an Luchd-tomhais Chlàraichte.

SEALBH LÌOSA IONMHASAIL

Chaidh na toglaichean lìos Ionmhais uile a luachadh air 31 Màrt 2021 le Graham Sibbald - Luchd-tomhais Clàraichte air stèidh luach cothromach a thaobh na com-pàirt eachdraidheil air fhàgail aig VisitScotland.



AITHISG BHLIADHNAIL VISITSCOTLAND

BUIDHEANN	So- mhaoinean gan thogail £'000	Fearann is togalaichean £'000	Leasaichean liosa £'000	Uidheam is Àirneis & Acainn £'000	Uidheam Coimpiutaireachd £'000	Seann Charbad Rèile £'000	Iomlan £'000
Aig cosgais no luachadh							
Air 1 Giblean 2019	800	1,900	5,707	4,803	3,190	497	16,897
Nithean ùra		4	501		211		716
Tar-ghluasad	(800)	544	256				0
Ath-luachadh		(640)					(640)
Cuidhteasan		(408)			(173)		(581)
Air 31 Màrt 2020	0	1,400	6,464	4,803	3,228	497	16,392
Air 1 Giblean 1 2020	0	1,400	6,464	4,803	3,228	497	16,392
Nithean ùra			385	393	451		1,229
Tar-ghluasad							0
Ath-luachadh		21					21
Cuidhteasan		(109)					(109)
Air 31 Màrt 2021	0	1,312	6,849	5,196	3,679	497	17,533
Call Luach							
Air 1 Giblean 2019		0	4,520	4,703	2,180	220	11,623
Atharrachaidhean tron bhliadhna		365	275	43	344	20	1,047
Tar-ghluasad							0
Ath-luachadh		(172)					(172)
Air cuidhteas		(193)			(169)		(362)
Air 31 Màrt 2020		0	4,795	4,746	2,355	240	12,136
Air 1 Giblean 1 2020		0	4,795	4,746	2,355	240	12,136
Cosgais airson na bliadhna		117	262	23	384	20	806
Tar-ghluasad							0
Ath-luachadh		(87)					(87)
Air cuidhteas		(30)					(30)
Air 31 Màrt 2021		0	5,057	4,769	2,739	260	12,825
Luach Leabhair Lom							
Air 31 Màrt 2021		1,312	1,792	427	940	237	4,708
Air 31 Màrt 2020		1,400	1,669	57	873	257	4,256
Ionmhas airson So- mhaoinean							
Fo shealbh/fo shealbh buannachdail		1,087	1,792	427	940	237	4,708
Lìos ionmhasail		225					0
Luach Leabhair Lom Air 31 Màrt 2021		1,312	1,792	427	940	237	4,708

10 atharrachaidhean ri bliadhna an-uiridh

Ann an aithris 2020/2021 chaidh teachd-a-steach agus caiteachas Farpaisean Rothaireachd na Cruinne 2023 a chur san Aithris air Caiteachas Lom lomlan mar loidhnichean fa leth gus cur ri follaiseachd a thaobh tar-ghnòmhnan na fo-chompanaidh. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha figearan 2019/20 air an atharrachadh gus na figearan coimeasach iomchaidh a nochdadh.

Caiteachas Ghoireasan	Buidheann VS 2020 (tùsail)	Buidheann VS 2020 (ath-aithris)
Gnìomhachdan margaideachd	49,294	47,294
Com-pàirteachas	4,516	4,516
Seirbheisean taice	8,467	8,467
Tabhartasan Taic Gnìomhachais Covid	-	-
Farpaisean Rothaireachd UCI na Cruinne 2023	-	2,000
	62,277	62,277

A bharrachd air na nithean gu h-àrd, chaidh atharrachadh a chomharrachadh air an àireamh tuarastal meadhanach a tha air a chomharrachadh air duilleag 86 den aithisg. Chaidh seo atharrachadh gus sochairean neo-airgid a ghabhail a-steach a rèir an FReM

	Buidheann VS 2020 (tùsail)	Buidheann VS 2020 (ath-aithris)
Tuarastal an Stiùiriche leis a' phàigheadh as àirde	£150k-£155k	£155k-£160k
Tuarastal Meadhanach Iomlan	£27,245	£29,293
Co-mheas	5.63	5.38

11

Structar Buidheann VisitScotland

FO-CHOMPANAIDHEAN

Tha seachd fo-chompanaidhean aig VisitScotland. Air 31 Màrt 2021, is e an aon fho-bhuidheann gnìomhach againn Farpaisean Rothaireachd na Cruinne Earranta 2023. Tha na fo-chompanaidhean eile fo ar làn-shealbh, air an liostadh gu h-ìosal, air an seòrsachadh mar neo-mhalairteach agus nan tàmh:

- Bòrd Turasachd na h-Alba Earranta
- Etourism Earranta
- TourCo Earranta
- Trèanadh Bòrd Turasachd Earranta - Earranta le barantas
- VisitScotland Earranta
- Visit Shetland Earranta

Is e cosgais iomlan nan earrainnean a tha aig VisitScotland anns na fo-bhuidhnean air 31 Màrt 2021 £100 (2020: £100).

12

Clàran-seilbhe

BUIDHEANN	2021 £'000	2020 £'000
Stoc mion-reic	505	537
Air 31 Màrt	505	537

13

Malairt is nithean eile a gheibhear

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Làithreach				
Nithean malairt a gheibhear	2,350	952	600	952
thoir air falbh: Ullachadh airson luach-chrìonadh (faic nòta 16)	(196)	(173)	(196)	(173)
Nithean malairt a gheibhear - chan eil gin	2,154	779	404	779
Ro-phàigheadh	783	623	783	623
Teachd a-steach tàrmaichte	219	80	0	80
Nithean eile a gheibhear ann am malairt	361	14	69	14
Eadar-chompanaidh	0		636	
Air 31 Màrt	3,517	1,496	1,892	1,496

Tha nithean malairt agus nithean eile a gheibhear gu h-àrd a' gabhail a-steach:

Nithean a gheibhear - Co-chothroman san roinn phoblaich

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Làithreach				
Ùghdarrasan Ionadail	1,816	30	66	30
Buidhnean Riaghaltais Nàiseanta eile	121	160	121	160
Air 31 Màrt	1,937	190	187	190

14

Airgead is nithean co-ionann

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
Cothromachadh air 1 Giblean	9,156	5,721	7,156	5,721
Atharrachadh lom ann an cothromachaidhean airson airgid is suimeannan co-ionann ri airgead	27,051	3,435	28,347	1,435
Air 31 Màrt	36,207	9,156	35,503	7,156
Air 31 Màrt, bha na suimeannan a leanas air an cumail aig:				
Bancaichean coimeirsealta agus airgead làimhe.	5,643	3,998	5,643	3,998
Seirbheis Bancaireachd an Rìghaltais	30,564	5,024	29,860	3,024
Cuidhteasan calpa gun a bhith air an cur an sàs		134		134
Air 31 Màrt	36,207	9,156	35,503	7,156

Tha àrdachadh mòr anns a' chothromachadh airgid air 31 Màrt 2021 an taca ri bliadhnaichean roimhe mar thoradh air pàigheadh maoin taic gnìomhachais Covid. An uair sin, chaidh na pàigheadh sin a phàigheadh thairis air a' Ghiblean agus sa Chèitean.

15

Nithean a gheibhear - ullachadh airson luach-chrìonadh

Bithear a' cleachdadh ullachaidhean ìos-sgrìobhaidh gus call a chlàradh mura h-eil VisitScotland riarachta nach eil e comasach an t-suim a tha ri phàigheadh fhaighinn air ais; aig an àm sin thathar den bheachd nach gabh an t-suim fhaighinn air ais agus gun tèid a sgrìobhadh dheth gu dìreach mu choinneamh na so-mhaoin ionmhasail:

Tha ullachadh airson luach-chrìonadh mar a leanas:

BUIDHEANN	Nithean malairt a gheibhear	
	£'000	lomlan £'000
Air 1 Giblean 2019		
Air a chleachdadh rè na bliadhna	(25)	(25)
Gluasad ann an Solar	99	99
Air 31 Màrt 2020	173	173
Air 1 Giblean 2020	173	173
Air a chleachdadh rè na bliadhna	(25)	(25)
Gluasad ann an Solar	48	48
Air 31 Màrt 2021	196	196

A bharrachd air na suimean a bha ri phàigheadh bho fho-chompanaidhean, bha na nithean a bha air am meas ìos-sgrìobhte gu ìre mhòr mar thoradh air grunn ionadan leabaidh is bracaist, agus taighean-òsta, a chaidh a-steach do rianachd, leaghadh, msaa.

16

Malairt is nithean eile a phàighear

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
a. Làithreach				
Nithean malairt rim pàigheadh	2,777	5,053	2,745	5,053
Tèarainteachd shòisealta agus cìsean eile	577	404	504	404
Nithean Cruinnichte*	36,881	7,918	35,357	6,018
Teachd a-steach dàilichte	3,338	145	1,138	145
Nithean eile rim pàigheadh	-	743		743
Eadar-chompanaidh	47	47	1,547	47
	43,620	14,310	41,291	12,410
Cìs chorporra		-		
Air 31 Màrt	43,620	14,310	41,291	12,410

Tha àrdachadh mòr anns an ìre tàrmachaidh aig 31 Màrt 2021 ri linn mar a chaidh pàighidhean maoin taic gnìomhachais a chruinneachadh a chaidh a phàigheadh do ghnìomhachasan thairis air a' Ghiblean agus sa Chèitean.

	Buidheann		VisitScotland	
	2021 £'000	2020 £'000	2021 £'000	2020 £'000
b. Co-chothroman san roinn phoblaich				
Làithreach				
Ùghdarrasan Ionadail	84	238	84	238
Buidhnean Riaghaltais Nàiseanta eile	504	404	504	404
Air 31 Màrt	588	642	588	642

17

Iasadan eile

BUIDHEANN	Pàighidhean	Cosgaisean	Luach làithreach
	lìosan as lugha	ionmhais san àm	air uallaichean
	£'000	ri teachd	lìosa
	£'000	£'000	£'000
Taobh a-staigh bliadhna	99	(5)	94
Eadar dà is còig bliadhna	109	(3)	106
Às dèidh còig bliadhna	-	-	-
Air 31 Màrt 2020	208	(8)	200
Taobh a-staigh bliadhna	57	(2)	55
Eadar dà is còig bliadhna	52	(1)	51
Às dèidh còig bliadhna			
Air 31 Màrt 2021	109	(3)	106

Tha uallachaidhean lìosan ionmhais gu sònraichte airson togalaichean. Tha teirmean a' dol bho 20 gu 25 bliadhna agus a' gabhail a-steach roghainnean ath-nuadhachaidh ma tha e reusanta cinnteach, aig toiseach an lìosa, gun tèid an cleachdadh.

Aig an àm a thèid aontaidhean lìosa ionmhasail a dhèanamh, tha na geallaidhean air an clàradh aig suimean co-ionann ri luach cothromach an togalaich lìosaichte, no, ma tha e nas ìsle, luach làithreach luach nam pàighidhean màil as ìsle, a' cleachdadh na h-ìre rèidh a tha an lùib a' mhàil, ma e comasach seo obrachadh a-mach; mura h-eil, chomhairlich Riaghaltas gum bu chòir ìre rèidh airson iasadan fad-ùine a chleachdadh.

Air 31 Màrt 2021, tha uallachaidhean lìosa ionmhais air an clàradh aig an luach làithreach aig ìre rèidh cuibheasach de 6% (2020: 6.0%).

18

Liosan obrachaidh

Aontaidhean lìosa obrachaidh far a bheil VisitScotland na lìosaiche

Tha VisitScotland air liosan coimeirsealta a thoirt a-mach air togalaichean, carbadan motair, agus stuthan oifis. Mairidh na liosan eadar 1 agus 15 bliadhna.

Pàighidhean màil as ìsle ri phàigheadh san àm ri teachd fo liosan obrachaidh nach gabh a chur dheth mar a leanas:

BUIDHEANN	2021 £'000	2020 £'000
Toglaichean lìosa		
Gun a bhith nas fhaide na aon bhliadhna	1,433	1,659
Às dèidh aon bhliadhna agus gun a bhith nas fhaide na còig bliadhna	2,166	2,355
Às dèidh còig bliadhna	1,389	1,139
Air 31 Màrt	4,988	5,153
	2021 £'000	2020 £'000
Uidheam is acfhainn lìosa		
Gun a bhith nas fhaide na aon bhliadhna	57	100
Às dèidh bhliadhna agus gun a bhith nas fhaide na còig bliadhna	5	70
Às dèidh còig bliadhna		
Air 31 Màrt	62	170

19.1

Sochairean Cluaineis


SGEAMA PEINNSEIN BHÙIRD TURASACHD BHREATAINN

Tha VisitScotland na chom-pàirtiche ann an Sgeama Peinnsein Bùird Turasachd Bhreatainn (“BTBPS”) a tha a’ toirt shochoirean agus àrachas beatha do luchd-obrach stèidhichte air an tuarastal peinnsein deireannach aca. Is e sgeama shochoirean comharraichte ioma-fhastaiche a th’ anns an sgeama, a tha air tighinn a-mach à Sgeama Dàrna Peinnsein na Stàite, leis a’ phrìomh fhastaiche (cuideachd na fhastaiche com-pàirteach) VisitBritain is VisitEngland còmhla ris an luchd-fastaidh eile a tha an sàs ann, is iad sin VisitScotland, agus Riaghaltas na Cuimrigh (sguir tàrmachadh le èifeachd bho 1 Gearran 2009) (sguir VisitLondon a bhith na fhastaiche com-pàirteach ann an 2011/12). Anns a’ Ghiblean 2017, chaidh Sgeama BTB a dhùnadh do luchd-obrach ùra aig VisitEngland agus VisitBritain agus bhon Ghiblean 2020 bha e dùinte gu h-iomlan airson tàrmachadh san àm ri teachd, a’ gluasad a h-uile ball làithreach gu inbhe ball dàilichte. ’S e VisitScotland an aon fhastaiche san sgeama a tha fhathast fosgailte do luchd-obrach ùra.

